

Càileachd agus leasachadh ann am foghlam an Alba 2012-2016

Ro-ràdh



Fàilte chun na h-aithisg seo mu chàileachd agus leasachadh ann am foghlam ann an Alba.

Tha an aithisg seo a' toirt geàrr-chunntas air na nithean a chaidh fhaighinn a-mach bho sgrùdaidhean agus gnìomhan luachaidh eile a chaidh a dhèanamh le Foghlam Alba rè an ama Faoilleach 2012 chun an Ògmhios 2016. Tha i ag amas air tarraing a-mach cuid de na prìomh fheartan agus gluasadan a tha sinn air fhaicinn mar a tha solaraichean foghlaim a' feuchainn ri bhith ag adhartachadh agus a' leasachadh nan seirbheisean aca thairis air an àm sin.

Tha an aithisg a' tarraing ri chèile fiosan bho air feadh nan raointean air fad anns a bheil sinn a' dèanamh sgrùdaidhean is lèirmheasan, bho thràth-ionnsachadh agus cùram chloinne gu ionnsachadh inbheach. Tha i a' comharrachadh cuid de phrìomh raointean sa bheil neart. Tha i cuideachd a' comharrachadh cuid de phrìomh raointean far a bheil feum air cuimseachadh nas motha air oidhirp gus tuilleadh leasachaidhean a choileanadh.

Is e ar n-amas ann a bhith a' foillseachadh na h-aithisg seo fios a thoirt air ais mun tuigse a tha sinn air a thogail bhon phrògram sgrùdaidh agus gnìomhan luachaidh farsaing, nàiseanta againn gus am faigh na solaraichean seirbheise, agus an fheadhainn a bhios a' stiùireadh agus a' rianachd nan seirbheisean sin, buannachd bho na nithean a fhuair sinn a-mach an uair a bhios iad a' planadh nan ath cheumannan aca ann an leasachadh leantainneach.

Mar am buidheann leasachaidh nàiseanta airson foghlam ann an Alba, tha Foghlam Alba a' tarraing fianais bho raon farsaing de sgrùdaidhean agus gnìomhan luachaidh eile. Tha sin a' gabhail a-steach sgrùdadh de dh'ùghdarrasan ionadail agus lèirmheasan cuspaireil de chuspairean sònraichte a bharrachd air na sgrùdaidhean gnàth-chùrsa air stèidhean agus seirbheisean. Bidh sinn a' cleachdadh na fianais seo air fad gus aithris phoblach a thoirt air càileachd an fhoghlaim. Bidh an luchd-sgrùdaidh againn a' toirt fios seachad air a' bhuaidh a tha aig a' phoileasaidh nàiseanta agus an stiùireadh air stèidhean agus seirbheisean air feadh na dùthcha, agus bidh iad a' dèanamh bhreithneachaidhean proifeiseanta air càileachd a thaobh ionnsachadh, buileachadh agus coileanadh ann an ionnsachadh chloinne agus dhaoine òga.

Tha farsaingeachd nan gnìomhan againn a' toirt dhuinn stèidh fianais air leth air a tharraing bho bhith a' faicinn air ar son fhèin nithean a tha a' tachairt air feadh na dùthcha air fad. Tha an stèidh fianais bheirteach seo a' toirt a' chothruim dhuinn a thighinn gu co-dhùnaidhean air na nithean a tha ag obair gu math agus na nithean a dh'fheumas a bhith air an leasachadh. Tha e comasach dhuinn an sealladh seo a chleachdadh gus cumadh a thoirt air a' chomhairle a bhios sinn a' toirt do Mhinistearan na h-Alba agus an oifigearan gus leasachadh a bhrosnachadh ann am foghlam ann an Alba.

Rè an ama a thathar a' dèiligeadh ris san aithisg seo, tha foghlam ann an Alba air a dhol tro àm anns a bheil ath-leasachadh glè mhòr air tachairt a tha air buaidh a thoirt air a h-uile pàirt den t-siostam. Thairis air na raointean air fad, tha stèidhean agus seirbheisean air cuimseachadh gu làidir air a bhith a' leasachadh an solair gus a bhith a' gabhail a-steach prìomh phoileasaidhean nàiseanta agus na ro-innleachdan a tha nan cois. Tha *Ga Fhaighinn Ceart airson Gach Pàiste, An Curraicealam airson Sàr-mhathais* agus *Leasachadh an Sgioba-obrach Òg* air a thighinn gu bhith mar phrìomh dhràibhear airson ath-leasachadh, agus tha raon de phrograman nàiseanta amasaichte eile an sàs ann a bhith a' dèiligeadh ri cùisean eile a tha nas speisealaichte.

A thaobh tràth-ionnsachadh agus cùram chloinne chuir *Achd Clann agus Daoine Òga (Alba) 2014* an sàs còir ùr, sùbailte an àite na còrach a bha ann roimhe a thaobh 'foghlam ro-sgoile'. Libhrig seo leudachadh ann an uairean air am maoinneachadh gu poblach gu 600 airson gach leanabh gach bliadhna mar phàirt de leudachadh ann an solar ùr, sùbailte. Ann an stèidheachdan tràth-ionnsachaidh agus cùram chloinne, sgoiltean agus colaistean, chunnaic sinn an leasachadh leantainneach agus cur an sàs den Churraicealam airson Sàr-mhathais, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt a-steach nan Teisteanas Nàiseanta ùra mean air mhean. On chaidh Leasachadh an Sgioba-obrach Òg, Ro-innleachd Fastadh Òigridh na h-Alba, fhoillseachadh san Ògmhios 2014, tha cuideachd cuimseachd nas motha air a bhith ann air leasachadh sgilean comais-obrach thar nan raointean air fad. Tha leasachaidhean air a bhith air an dèanamh air foghlam tidseir agus air leasachadh leantainneach proifeiseanta mar thoradh air an aithisg Teagasg an Alba san Àm ri Teachd agus air leasachadh nan ro-innleachdan ùra airson nan raointean obair òigridh agus ionnsachadh inbheach. Tha cuideachd reachdas ùr ann a tha a' cur dleastanas a bharrachd air gach com-pàirtiche san raon phoblach gu bhith ag adhartachadh cumhachdachadh coimhearsnachd.

Tha colaistean na h-Alba air a dhol tro àm de dh'atharrachadh structarail mòr a tha air a bhith a' gabhail a-steach mòran de na colaistean ionadail gu bhith a' tighinn còmhla mar cholaistean roinneil. Thug reachdas thar-16 atharrachadh air inbhe cholaistean, a' ciallachadh atharrachadh ann an riaghlachas cholaistean. Tha an gluasad gu rèiteachas roinneil a' gabhail a-steach colaistean mòra ioma-àrainn, còmhla ri aonta builean roinneil agus bacaidhean stòrais leantainneach, air dùbhlain mòra adhbharachadh cho math ri cothroman susbainteach do raon nan colaistean.

Bho 2015, tha foghlam ann an Alba air meudachadh mòr fhaicinn sa chuideam a thathar a' cur gu nàiseanta air dèiligeadh ris a' bheàrn ann an coileanadh eadar clann agus daoine òga a tha a' fuireach ann an ceàrnaidhean leis na h-ìrean as motha agus as ìsle de bhochdainn sòiseo-eaconamach. Tha dùnadh na beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn air a bhith air àrdachadh gu fìor mhullach clàr-obrach Riaghaltas na h-Alba. Gus luaths a chur ann an adhartas agus ann an dòigh-obrach èifeachdach, tha Riaghaltas na h-Alba air stòrasan susbainteach a chur ris an obair tro Dhùbhlain Coileanaidh na h-Alba, le gealltanais gum bi £750 millean ri fhaotainn thar còig bliadhna gus taic a thoirt do eadar-theachdan, a rèir feum, a bhios is dòcha a' gabhail a-steach an ìre mhath a h-uile sgoil san dùthaich.

Thachair na h-atharrachaidhean sin air fad ann an co-theacsa de bhacaidhean leantainneach air cosgais phoblach. Thathar gu nàdarrach air a bhith a' faireachdainn buaidh nam bacaidhean sin aig a h-uile ìre den t-siostam foghlaim ged a tha àireamh nan tidsearan air a bhith air an dìon tro aonta eadar Riaghaltas na h-Alba agus ùghdarrasan ionadail. Tha an comas aig diofar ùghdarrasan ionadail agus sgoiltean a dhèiligeadh ri buaidh bhacaidhean stòrais air a bhith air leth atharrachail. Mar fhreagairt ri buidseatan air a bheil bacadh agus ris an fheum a tha ann a bhith a' dèanamh sàbhalaidhean, tha mòran ùghdarrasan ionadail air èifeachdasan susbainteach a dhèanamh sa mheadhan seach sa chlasrum agus sna seirbheisean aghaidh. Tha sin air adhbharachadh gu bheil comas nas lùghdaichte aig mòran ùghdarrasan gus prìomh dhleastanasan a ghabhail os làimh mar a bhith a' toirt taic do leasachadh càileachd, sgrùdadh agus a' toirt dùbhlain do choileanadh sgoile agus a' stiùireadh agus a' co-òrdanachadh ionnsachadh proifeiseanta. Tha a-nis mar sin cuideam eadhoin nas motha air luchd-stiùiridh agus luchd-cleachdaidh ann an stèidheachdan foghlaim agus seirbheisean gu bhith a' stiùireadh an cuid leasachaidh fhèin tro fhèin-luachadh agus modhan-leasachaidh làidir.

Rè an ama 2012 gu 2016 lean na prògraman sgrùdaidh agus lèirmheas againn orra a' leasachadh agus a' fàs. Thug sinn a-steach prògram ùr de luachadh leithid na lèirmheasan on taobh a-muigh air fiosrachadh dreuchd, seirbheisean comhairle agus stiùireadh a tha sinn a-nis a' coileanadh ann an com-pàirteachas le Leasachadh Sgìlean na h-Alba agus ar modh-obrach ùr airson a bhith a' sgrùdadh seirbheisean saidhgeòlais foghlaim. Nas fharsainge, mheudaich sinn an cuideam a thathar a' cur air Leasachadh an Sgioba-obrach Òg agus air sgìlean comas-obrach sna gnìomhan luachaidh againn.

Gus taic a thoirt do chur an sàs gu soirbheachail den Churraicealam airson Sàr-mhathais, rinn sinn atharrachaidhean bliadhna air bhliadhna ris na slatan-tomhais a bha luchd-sgrùdaidh a' cleachdadh an uair a bha iad a' luachadh a' churraicealaim agus ullachaidhean airson fhèin-luachadh agus leasachadh. Dh'ullaich sinn na h-atharrachaidhean sin gu bhith dlùth ri plana nàiseanta cur an sàs a' Churraicealam airson Sàr-mhathais, gu cuideachadh le adhartas a bhrosnachadh agus gus fios air ais a thoirt air mar a bha an cur an sàs a' dol. Sa cho-theacsa a tha seo de dh'ath-leasachadh curraicealaim domhainn agus farsaing, tha an luchd-sgrùdaidh againn air faighinn a-mach gun robh e dùbhlannach do stèidheachdan agus seirbheisean a dhol air adhart ann an aon cheum gus clàr-teagaisg a stèidheachadh a libhrigeadh miannan uile a' Churraicealam airson Sàr-mhathais. Tha seo air a chomharrachadh ann an ìre gu math àrd de chaochlaideachd sna measaidhean comharran càileachd a bhuilich luchd-stiùiridh airson 'curraicealam' agus 'leasachadh tro fhèin-luachadh' rè àm na h-aithisg seo.

A' coimhead thairis air an fhianais a tha air a tharraing ri chèile san aithisg seo, tha mi a' creidsinn gu bheil e soilleir gu bheil iomadh neart sa chàileachd de chleachdadh phroifeiseanta agus solar ann am foghlam ann an Alba. Tha an luchd-sgrùdaidh againn air iomadh eisimpleir de chleachdadh air leth agus ùr-ghnàthach fhaicinn a tha a' daingneachadh builean deimhinneach do chlànn agus daoine òga. Tha e a' cheart cho soilleir, ge-tà, gu bheil raointean cudromach ann cuideachd far am feum na h-oidhirpean a tha ceannardan agus luchd-cleachdaidh a' dèanamh a bhith nas cuimsichte.

Tha an aithisg seo mar sgàthan air an astar a tha foghlam ann an Alba air a shiubhal bho 2012, stèidhichte air an raon de dh'ath-leasachaidhean a tha air a bhith a' tachairt. Tha i cuideachd a' sealltainn gu soilleir gu bheil tuilleadh slighe ri dhol air an turas sin ma tha sinn a' dol a ruighinn ar n-amais choitichinn nàiseanta ann a bhith a' coileanadh sàr-mhathas agus co-ionannachd don h-uile neach-ionnsachaidh Albannach.

Sna bliadhnaichean a tha romhainn is cinnteach nach tig ceann air an fheum a bhios ann do luchd-cleachdaidh an fhoghlaim a bhith a' rianachd atharrachadh agus a' sireadh leasachadh, ach tha an t-slighe air adhart nas soilleire. Tha am Frèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta, a chaidh fhoillseachadh aig toiseach 2016 agus ùrachadh a-rithist airson 2017, don chiad uair a' toirt ìre ùr de shoilleireachd mu dheidhinn nan tùs-amasan coitcheann nàiseanta againn airson solar foghlaim a leasachadh. Tha e a' cur an cèill sealladh soilleir de na prìomh dhràibhearann a tha sinn a' creidsinn a tha nam prìomhachas airson an leasachadh sin a dhaingneachadh. Tha Riaghaltas na h-Alba a' tasgadh shuimeannan mòra, a tha air an gealltainn airson teirm na Pàrlamaid air fad, agus tha sin a' ciallachadh gum faigh an ìre mhath a h-uile sgoil anns an dùthaich stòras agus taic amasaichte a dhèiligeadh ri prìomh thùs-amas nàiseanta: briseadh a' chearcaill de fo-choileanadh co-cheangailte ri bochdainn am measg ar cloinne is ar daoine òga.

An dèidh na stiùir a chaidh a thoirt leis a' Bhuidheann airson Co-obrachaidh agus Leasachaidh Eaconamaich (OECD) san aithisg aca san Dùbhlachd 2015, tha feum ann a-nis an làn Churraicealam airson Sàr-mhathais a chur an sàs gu dàna, gus dèanamh cinnteach gu bheil na buannachdan a tha na chois air an làn bhuileachadh. Tha feum ann air an aon dànachd ann an raointean eile cuideachd, mar na h-ath-leasachaidhean a thathar a' dèanamh ann an tràth-ionnsachadh agus cùram chloinne agus ag adhartachadh slàinte agus sunnd dhaoine òga, agus na h-ath-leasachaidhean a tha a' tachairt gus foghlam an dèidh sgoile agus solar trèanaidh a leasachadh.

Mar a bhios stèidheachdan agus seirbheisean foghlaim a' dèiligeadh ris an ath ìre seo den t-slighe leasachaidh, bidh sinn ag atharrachadh ar modhan-obrach sgrùdaidh agus lèirmheas. Rinn sinn lèirmheas mòr air na modalan sgrùdaidh sna raointean tràth-ionnsachaidh agus cùram chloinne tro 2015/16 agus lean seo air adhart gu na h-atharrachaidhean a thug sinn a-steach bhon Lùnastal 2016. Tha na h-atharrachaidhean sin air an deilbh gus na sgrùdaidhean againn a thoirt nas dlùithe air tùs-amasan an Fhrèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta agus na prìomh dhràibhearann a tha ann. Mar an ceudna, ann an raon nan colaistean, tha sinn air co-obrachadh le Comhairle Maoineachaidh na h-Alba agus colaistean gus ath-dheilbh gu tur a dhèanamh air an dòigh sam bi sinn a' lèirmheas càileachd sna colaistean san t-suidheachadh ùr de cholaistean roinneil. Tha sinn cuideachd a' planadh barrachd feum a dhèanamh de chuid de na modalan sgrùdaidh ùr-ghnàthach a chaidh fheuchainn a-mach mar phàirt den lèirmheas sgrùdaidh, leithid na sgrùdaidhean amalaichte de na solaraichean air fad airson cothroman ionnsachaidh aig an ìre as sine ann an sgìre ionadail agus lèirmheasan a chaidh a dhèanamh le buidhnean sgrùdaidh de na seirbheisean poblach air fad ann an sgìre.

Mar sin, an ath thuras a dh'fhoillsicheas sinn aon de na h-aithisgean gearr-iomraidh seo, bidh fianais ùr agus eadar-dhealaichte ri fhaotainn a bhios air a mhaidseadh ris a' cho-theacsa ath-leasachadh foghlaim a tha dìreach air toiseach oirnn.

San eadar-ama, tha mi an dòchas gum bi an aithisg feumail dhuibh ann a bhith a' soilleireachadh nam prìomh cheumannan den t-slighe a ghabh foghlam ann an Alba thar nan ceithir bliadhnaichean a chaidh seachad. Mas e neach-solair foghlaim no neach-cleachdaidh a tha annaibh, tha mi an dòchas gun toir seo adhbhar smaoineachaidh dhuibh air mar a bhios sibh a' planadh nan ath cheumannan san t-slighe air adhart a chum leasachaidh gus dèanamh cinnteach gun tèid aig an luchd-ionnsachaidh a tha sibh a' frithealadh air an làn chomas aca a ruighinn.

Bill Maxwell

An t-Oll Bill Maxwell
Àrd-Neach-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlaim

Clàr-innse

Ro-ràdh	1
Geàrr-chunntas gnìomha	5
Stèidheachdan tràth-ionnsachaidh agus cùram chloinne	10
Bun-sgoiltean	14
Àrd-sgoiltean	20
Sgoiltean speisealta agus sgoiltean speisealta còmhnaidheach	25
Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig	29
Sgoiltean neo-eisimeileach	32
Ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd	35
Fiosrachadh mu dhreuchdan, seirbheisean comhairleachaidh is stiùiridh	39
Colaistean	43
Seirbheisean saidhg-eòlais foghlaim	47
Ionnsachadh prìosain	50
Prìomh dhùbhlain is chothroman thar nan raointean	53
Pàipear-taic 1: Bunait fianais agus briathrachas	57
Pàipear-taic 2: Clàr de aithisgean sgrùdaidh agus lèirmheas air cuspair	58

Geàrr-chunntas gnìomha

Tha an aithisg seo a' tabhann anailis air prìomh neartan agus air na raointean leasachaidh ann an solar an fhoghlaim agus cleachdadh proifeiseanta stèidhichte air na sgrùdaidhean, lèirmheasan agus gnìomhan luachaidh eile a ghabh an luchd-sgrùdaidh againn os làimh rè an ama Faoilleach 2012 gu Ogmhios 2016.

Rè an ama a thathar a' dèiligeadh ris san aithisg seo, tha ath-leasachadh cudromach air tachairt thar nan raointean air fad de dh'fhoghlam ann an Alba. Aig an aon àm, tha bacaidhean susbainteach air a bhith ann air maoinachadh poblach. Taobh a-staigh na co-theacsa dhùbhланаich seo, tha luchd-solair foghlaim air leantainn orra a' leasachadh agus ag adhartachadh càileachd an fhoghlaim airson clann agus daoine òga ann an iomadh seagh cudromach. Fhuair an luchd-sgrùdaidh a-mach gun robh iomadh neart thar nan raointean air fad de dh'fhoghlam agus lorg iad eisimpleirean de chleachdadh sàr-mhath agus ùr-ghnàthaichte. Ach fhuair an luchd-sgrùdaidh a-mach cuideachd gun robh pàirtean cudromach de sholar agus cleachdadh a dh'fheumadh a bhith air a leasachadh gus an t-amas nàiseanta a choileanadh a thaobh sàr-mhathais agus co-ionannachd airson gach neach-ionnsachaidh ann an Alba.

Stèidheachdan tràth-ionnsachaidh agus cùram chloinne

Fhuair an luchd-sgrùdaidh a-mach gun robh a' mhòr chuid de na stèidheachdan tràth-ionnsachaidh agus cùram chloinne ag obair gu math gus eòlas a thoirt a tha a' toirt taic don chloinn gu bhith air am brosnachadh, misneachail agus a' gabhail pàirt sa chuid ionnsachaidh aca. Dh'obraich na stèidheachdan gu h-èifeachdach ann an com-pàirteachas le pàrantan, buidhnean phàrantan agus proifeiseantaich eile gus cuideachadh ann a bhith a' daingneachadh builean deimhinneach do chlann agus teaghlaicean.

San fharsaingeachd, fhuaras gun robh an luchd-obrach air stiùireadh nàiseanta a leantainn gu deimhinneach, a' gabhail a-steach a' Churraicealam airson Sàr-mhathais agus Togail Miann Adhartais. Tha cothroman nas fheàrr aig clann a bhith a' leasachadh an cuid sgilean litearra agus matamataig tro chluich agus co-theacsan beatha brioghmhor.

Ach, feumar barrachd a dhèanamh gus coinneachadh ri miannan a' Churraicealam airson Sàr-mhathais agus gus an t-adhartas a tha clann a' dèanamh sa chuid ionnsachaidh aca a leasachadh. Feumaidh stèidheachdan modhan-obrach a leasachadh a thaobh fèin-luachadh, a' gabhail a-steach tracadh agus sgrùdadh adhartas na cloinne. Feumaidh luchd-obrach cuideachd dèanamh cinnteach gu bheil iad a' solar eòlasan ionnsachaidh de dh'àrd-chàileachd, gu h-àraidh dhan chloinn fo aois trì bliadhna, mar a bhios iad a' cur an cèill leudachadh tràth-ionnsachaidh agus cùram chloinne.

Bun-sgoiltean

Thairis air na bun-sgoiltean, fhuair luchd-sgrùdaidh a-mach gun robh luchd-obrach a' sìor fhàs nas sgileil ann a bhith a' cleachdadh raon farsaing de mhodhan-obrach ionnsachaidh agus teagaisg gus leigeil le clann pàirt nas èasgaidh a ghabhail sa chuid ionnsachaidh aca. Mar thoradh air sin, nochd clann ìrean àrda de bhrosnachadh agus de chom-pàirteachadh. Fhuair sinn a-mach cuideachd gu bheil sgoiltean air com-pàirteachadh nam pàrantan a mheudachadh ann an ionnsachadh an cuid chloinne agus gu bheil iad ag obair nas motha le luchd-ùidh agus luchd com-pàirt.

Tha sgoiltean air mòran cheumannan deimhinneach a ghabhail gus an curraicealam a leasachadh agus a thoirt air adhart. Bu chòir togail air na ceumannan dheimhinneach sin gus dèanamh cinnteach gu bheil an curraicealam air a lèirmheas is air ùrachadh gus coinneachadh ri feumalachdan na cloinne air fad agus gus cunntas gu leòr a ghabhail den cho-theacsa ionadail.

San fharsaingeachd, fhuair sinn a-mach gun robh buileachadh agus coileanadh na cloinne ro chaochlaideach. Feumaidh sgoiltean dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh mu dheidhinn buileachadh agus coileanadh chloinne làidir agus air a chleachdadh gu h-èifeachdach gus leasachaidhean a dhèanamh ann an ionnsachadh na cloinne. Feumaidh luchd-obrach obair còmhla gu leasachadh tuigse cho-roinnte nas fheàrr fhaighinn air na nithean air am bu chòir fios a bhith aig luchd-ionnsachaidh agus air am bu chòir dhaibh a bhith comasach a dhèanamh gus ìrean a' Churraicealam airson Sàr-mhathais a choileanadh.

Àrd-sgoiltean

Sna h-àrd-sgoiltean fhuair luchd-sgrùdaidh nan sgoiltean a-mach gun robh na daoine òga gu coitcheann air an deagh bhrosnachadh gu bhith ag ionnsachadh, a' coileanadh agus a' soirbheachadh. Bha e soilleir gun robh an luchd-obrach èifeachdach ann a bhith a' cruthachadh àrainn dheimhinneach a bha a' toirt taic do dhaoine òga deagh chàirdeasan a bhith aca le luchd-obrach agus an co-aoisean. Chunnaic sinn ceumannan a bha sgoiltean air a ghabhail ann a bhith a' leasachadh chom-pàirteachasan le feadhainn eile, a' gabhail a-steach pàrantan, oilthighean, colaistean agus a' choimhearsnachd ionadail, le buaidh làidir dheimhinneach. Ach fhuaras gun robh càileachd an ionnsachaidh agus an teagaisg gu coitcheann ro chaochlaideach sna sgoiltean. Feumaidh mòran sgoiltean barrachd obair a dhèanamh gus modh-obrach èifeachdach a sgoileadh agus cunbhalachd a leasachadh.

Eadar 2012-16, bha planadh is structairean curraicealaim ann an àrd-sgoiltean a' sìor-leasachadh ceum air cheum agus teisteanas ùra a' tighinn gu bith. Fhad 's a tha an curraicealam air a bhith a' leasachadh, mhothaich an luchd-sgrùdaidh gu bheil na sgoiltean a-nis a' toirt seachad barrachd chothroman airson òigridh a bhith soirbheachail thar raon de chuspairean. Tha feum leantainneach ann a bhith a' cur fòcas air piseach a thoirt air coileanadh is soirbheachas na h-òigridh, a' dèanamh cinnteach, mar eisimpleir, gu bheil an curraicealam a' toirt seachad slighean a tha sùbailteach gu leòr airson freagairt air feumalachdan ionnsachaidh fa leth na h-òigridh. Feumaidh iomadh sgoil barrachd a dhèanamh airson piseach a thoirt air càileachd an fhoghlaim choitcheann fharsaing a tha iad a' tairgse sna ciad trì bliadhnaichean den àrd-sgoil, airson dèanamh cinnteach gu bheil e a' solarachadh doimhneachd gu leòr agus dùbhlann gu leigeil leis an luchd-ionnsachaidh uile coileanadh nas urrainn dhaibh.

Bu chòir do sgoiltean cuideachd feum nas fheàrr a dhèanamh de fhianais a chaidh a chruinneachadh tro fhèin-luachadh gus cuimseachadh air eadar-theachdan aig am bi a' bhuidh as fheàrr air leasachadh ionnsachaidh.

Sgoiltean sònraichte agus sgoiltean sònraichte còmhnaidheach

Fhuair an luchd-sgrùdaidh a-mach gun robh a' mhòr chuid de sgoiltean sònraichte agus sgoiltean sònraichte còmhnaidheach air an do rinn sinn luachadh gu coitcheann a' coileanadh gu math. Ann an sgoiltean sònraichte agus sgoiltean sònraichte còmhnaidheach bha neartan sònraichte a' gabhail a-steach nan càirdeasan de dh'àrd-chàileachd eadar clann, daoine òga agus luchd-obrach, agus an dleastanas làidir a tha aig luchd-obrach ann a bhith a' leasachadh cùram agus sochair chloinne agus dhaoine òga.

Chunnaic sinn eisimpleirean de chleachdadh àrd-èifeachdach ann a bhith a' cleachdadh teicneòlas gus taic a thoirt do chonaltradh do luchd-ionnsachaidh le feumalachdan nas toinnte. Ach fhuair sinn cuideachd nach robh càileachd an ionnsachaidh agus an teagaisg cunbhalach thar an raoin agus mar thoradh air sin bha cuid de chloinn agus dhaoine òga a bha air an dealachadh bho ionnsachadh.

Fhuair sinn a-mach gun robh sgoiltean a' gabhail cuid de cheumannan gus an curraicealam a leasachadh agus, mar thoradh air sin, gun robh clann agus daoine òga a' cur eòlas air cothroman nas dùbhланаich agus nas iomchaidh gus sgilean a leasachadh airson ionnsachadh, beatha agus obair. Ach bha an t-astar aig an robh an curraicealam ag atharrachadh ro shlaodach ann an cuid de sgoiltean agus chan eil a' chlann agus na daoine òga fhathast a' faighinn a làn bhuannachdan.

Bha luchd-sgrùdaidh cuideachd a' breithneachadh gun robh feum aig mòran sgoiltean cuimseachadh air a bhith a' dèanamh tuilleadh àrdachaidh air coileanadh agus a bhith a' meudachadh sùileachaidhean air na nithean as urrainn do chlann agus do dhaoine òga a choileanadh. Gus taic a thoirt dhan seo, feumaidh luchd-obrach sgrùdadh agus tracadh nas mionaidich a dhèanamh air buileachadh agus coileanadh chloinne agus dhaoine òga agus ceumannan a ghabhail gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh a' dèanamh adhartas iomchaidh.

Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig

San fharsaingeachd, fhuair luchd-sgrùdaidh a-mach gun robh a' mhòr chuid de chloinn agus daoine òga ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG) a' dèanamh deagh adhartas ann a bhith a' leasachadh am fileantais sa Ghàidhlig tron fhoghlam fharsaing choitcheann. Mun àm a ruigeadh iad an ìre a bu shine, bha buileachadh sa Ghàidhlig mar chuspair làidir.

Ann an stèidheachdan tràth-ionnsachaidh agus cùram chloinne, bhreithnich luchd-sgrùdaidh gum faodadh clann a bhith a' dèanamh adhartas na b' fheàrr nam biodh iad a' faighinn eòlas air modhan-obrach nas cunbhalaich a thaobh làn bhogadh sa chànan.¹ Aig ìrean na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile, bu chòir do na sgoiltean dèanamh cinnteach gu bheil iad a' toirt chothroman gu leòr do chloinn agus do dhaoine òga a bhith ag ionnsachadh tron Ghàidhlig. Tha feum leantainneach ann a bhith a' deilbh shlighean gus coinneachadh ri feumalachdan dhaoine òga ann am FMG.

Tha an ùidh a' fàs ann an Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) mar chànan a bharrachd agus ann an leasachadh FMG ann an cuid de cheàrnaidhean de dh'Alba. Gus taic a thoirt don iarrtas seo a tha a' sìor-fhàs, tha feum leantainneach ann gus dèanamh cinnteach gu bheil àireamhan gu leòr ann de luchd-cleachdaidh as urrainn a bhith ag oideachadh tro mheadhan na Gàidhlig. Tha cuideachd feum ann a dhèanamh cinnteach gu bheil gu leòr chothroman ionnsachadh proifeiseanta tùsail agus fad dhreachd ann agus gu leòr ghoireasan teagaisg a tha freagarrach airson FMG.

Sgoiltean neo-eisimeileach

Fhuair luchd-sgrùdaidh a-mach gun robh luchd-ionnsachaidh ann an sgoiltean neo-eisimeileach gu coitcheann àrd-bhosnaichte agus dleasanach, le beachd deimhinneach mu ionnsachadh. Fhuair sinn cuideachd gun robh na stèidheachdan tràth-ionnsachaidh agus cùram chloinne ann an raon nan sgoiltean neo-eisimeileach sa choitcheannas a' tabhann eòlasan de dh'àrd-chàileachd don chloinn as òige.

Cha mhòr nach robh a h-uile sgoil neo-eisimeileach a bha sinn air a luachadh air cultar de fhèin-luachadh agus cnuasachadh a chur an sàs thar sgiobaidhean an luchd-obrach. Bha na modhan-obrach èifeachdach sin a' leantainn air adhart gu builean glè dheimhinneach do luchd-ionnsachaidh, gu h-àraidh ann an toraidhean dheuchainnean agus ann a bhith a' daingneachadh cinn-uidhe dheimhinneach. Tha a-nis feum ann do sgoiltean a bhith a' tracadh ann an dòigh nas rianail na sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair a bhios clann agus daoine òga a' faighinn tro ghnìomhan farsaing agus eadar-dhealaichte taobh a-muigh a' chlas.

Ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd

Shònraich an luchd-sgrùdaidh grunn phrìomh neartan ann an obair seirbheisean ionnsachadh coimhearsnachd agus leasachaidh. Bha buaidh dheimhinneach aig luchd-saor-thoileach òga sna coimhearsnachdan ionadail aca. Bha seirbheisean a' sìor-thoirt taic do dh'ionnsachadh teaglaich agus pàrantachadh ann an com-pàirteachas le sgoiltean.

Ged a tha modhan-obrach a thaobh fèin-luachadh thar chom-pàirtichean ionnsachadh coimhearsnachd agus leasachaidh a' tighinn air adhart, fhuair luchd-sgrùdaidh a-mach gun robh feum ann air tuilleadh leasachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil iad èifeachdach. Chomharraich luchd-sgrùdaidh cuideachd feum air a bhith a' leasachadh dhòighean nas èifeachdaich a thaobh a bhith a' glacadh agus a' tomhas na buaidh a tha aig obair shaor-thoileach air daoine fa leth agus air coimhearsnachdan.

Fhuair sinn gun robh com-pàirteachas ann an ionnsachadh proifeiseanta de dh'àrd-chàileachd ro chaochlaideach. Feumaidh barrachd a bhith air a dhèanamh gus taic a thoirt do leasachadh proifeiseanta agus trèanadh sgioba-obrach leasachadh agus ionnsachadh coimhearsnachd.

¹ An tràth ìre de dh'ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig, agus far nach eil cànan eile air a chleachdadh, a tha air ainmeachadh mar 'làn bhogadh'.

Fiosrachadh mu dhreuchdan, seirbheisean comhairleachaidh is stiùiridh

Anns a' phrògram ùr de làirmheasan a chaidh a dhèanamh san raon seo, fhuair an luchd-sgrùdaidh a-mach gun robh obair com-pàirteachais eadar fiosrachadh agus comhairle dhreuchd agus seirbheisean stiùiridh agus sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus buidhnean coimhearsnachd làidir. Fhuair sinn a-mach gun robh luchd-obrach Leasachadh Sgìlean na h-Alba (SDS) sa choitcheannas a' toirt chom-pàirtichean an sàs gu math ann an co-phlanadh agus libhrigeadh sheirbheisean. Bha seo a' dèanamh cinnteach gun robh seirbheisean air am maidseadh ris na feumalachdan a chaidh a chomharrachadh a bha aig luchd-dèilig, coimhearsnachdan agus prìomh luchd-ùidh.

A' dol air adhart, bu chòir gum biodh cuimseachd a' leantainn air com-pàirtichean, a' gabhail a-steach sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail, ag obair gu co-obrachail le SDS gu taic a thoirt do leasachadh.

Colaistean

Fhuair luchd-sgrùdaidh a-mach gun robh grunnan neartan follaiseach ann an raon nan colaistean. Gu sònraichte, bha ullachaidhean air an deagh leasachadh aig colaistean airson fios air ais fhaighinn bho na h-oileanaich a thaobh càileachd an t-solair a bha iad a' faighinn. Bha oileanaich air an deagh riochdachadh aig a h-uile ìre sna colaistean agus bha iad a' cleachdadh raon de chothroman gus cur gu h-èifeachdach ri bhith a' tighinn gu co-dhùnaidhean agus leasachadh ro-innleachd na colaiste.

Ged a tha colaistean air beagan adhartais a dhèanamh a thaobh a bhith a' cur an sàs a' Churraicealam airson Sàr-mhathais, tha tuilleadh ri dhèanamh gus dèanamh cinnteach à làn bhuannachdan den ìre as sine airson nan oileanach air fad.

Tha an seòrsa de dh'oileanach a tha a' frithealadh colaiste air atharrachadh, le gluasad gu prògraman làn-ùine agus meudachadh san àireamh de dh'oileanaich eadar 15-18 bliadhna a dh'aois. San fharsaingeachd, tha na reataichean buileachaidh air prògraman colaiste làn-ùine air a thighinn air adhart. Chrìochnaich a' mhòr chuid de dh'oileanaich làn-ùine an cùrsa colaiste.

Tha feum aig na colaistean cuimseachadh air a bhith a' leasachadh bhuilean do dh'oileanaich aois 15-18 a tha air cùrsaichean làn-ùine, oir tha na reataichean soirbheachais acasan am measg an fheadhainn as ìsle.

Seirbheisean saidhgeòlais foghlaim

Thar an ama a thathar a' dèiligeadh ris san aithisg seo, fhuair luchd-sgrùdaidh a-mach gu bheil ceannardas seirbheisean saidhgeòlais (EPS) air thighinn air adhart. Tha a-nis lèirsinn nas soilleir ann airson seirbheisean stèidhichte air prìomhachasan nàiseanta agus ionadail. Lorg luchd-sgrùdaidh eisimpleirean de fhìor dheagh chleachdadh a thaobh ionnsachadh agus teagasg agus co-obrachadh chom-pàirteachail thairis air a' mhòr chuid de EPS. Bha EPS cuideachd a' leasachadh dreuchd a bha a' sìor-fhàs nas motha ann am bacadh agus eadar-theachd tràth ann an cùisean slàinte inntinn a thaobh clann agus daoine òga. Feumaidh seirbheisean a-nis a bhith a' cuimseachadh nas motha air a bhith a' tomhas buaidh agus builean eadar-theachdan an uair a bhithear a' leasachadh am modhan-obrach a thaobh fèin-mheasadh.

Ionnsachadh prìosain

San fharsaingeachd, bha luchd-sgrùdaidh a' meas gun robh na prìosain a' tabhann raon math de ghnìomhan ionnsachaidh seaghail a bha a' freagairt ri comas, ùidh agus aois na mòr chuid de phrìosanaich. Bha ionnsachadh air fhèin-stiùireadh le taic iomchaidh bho thaoitearan far an robh feum air sin. Lorg sinn gun robh feum ann airson leasachadh chothroman do phrìosanaich gu bhith a' dol air adhart gu teisteanasan dreuchdail agus airson mhodhan-obrach nas adhartaich a thaobh cruinneachadh fios air ais bho phrìosanaich mu chàileachd agus planadh ghnìomhan clàraichte. Bha Seirbheis Phrìosain na h-Alba a' dèanamh deagh fheum de mheasadh on taobh a-muigh agus rannsachadh gus cuideachadh ann a bhith a' cur ris an ionnsachadh thar nan 13 stèidheachdan aca.

Prìomh dhùbhlain is chothroman thar nan raointean

Tha an fhianais againn a' sealltainn gu bheil mòran neartan ann an càileachd an t-solair agus modh-obrach proifeiseanta foghlam ann an Alba. Ach fhathast, tha càileachd an fhoghlaim a tha clann agus daoine òga a' faighinn taobh a-staigh agus thairis air na raointean ro chaochlaideach. Chan eil foghlam ann an Alba fhathast a' toirt don chloinn agus daoine òga air fad eòlasan ionnsachaidh de dh'àrd-chàileachd chunbhalach. Mur a tèid dèiligeadh ris a' chaochlaideachd seo, cha choilean sinn an t-amas nàiseanta de shàr-mhathais agus co-ionannachd airson gach neach-ionnsachaidh. Tha sinn a' cur cuideim air còig prìomh thaobhan de fhoghlam a dh'fheumas a bhith air an leasachadh. Feumaidh solaraichean foghlaim:

- brath a ghabhail air sùbailteachd a' Churraicealam airson Sàr-mhathais gus coinneachadh nas fheàrr ri feumalachdan an luchd-ionnsachaidh air fad;
- ullachaidhean airson measadh agus tracadh a leasachadh gus stiùireadh agus taic nas pearsanta a thabhann tron t-slighe ionnsachaidh;
- meudachadh gu làn ìre tabhartas nan com-pàirteachasan agus seirbheisean eile, pàrantan agus a' choimhearsnachd nas fharsainge gus cur ri eòlasan ionnsachaidh na cloinne agus nan daoine òga;
- tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air fèin-luachadh agus air modhan-obrach leasachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil solar cunbhalach de dh'àrd-chàileachd ann; agus
- fàs a thoirt air cultar de cho-obrachadh taobh a-staigh agus thar stèidheachdan agus seirbheisean gus ùr-ghnàthachas, co-roinn cleachdaidh agus leasachadh coitcheann a bhrosnachadh.

Bidh e deatamach a dhèanamh cinnteach gu bheil an ìre càileachd de cheannardas ann aig a h-uile ìre den t-siostam foghlaim ma tha sinn gu bhith cinnteach gum bi na leasachaidhean riatanach air an coileanadh gu soirbheachail thar nan roinnean cudromach sin air fad.



Stèidheachdan tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne

Thar an raoin tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne shònraich an luchd-sgrùdaidh mòran neartan. B' e càileachd eòlasan ionnsachaidh na cloinne aon de na neartan a bu chumanta air an deach cuideam a chur ann an sgrùdaidhean. Sa choitcheannas bha an luchd-obrach ag adhartachadh dol an sàs na cloinne agus am brosnachadh nan ionnsachadh fhèin gu h-èifeachdach. Bha seo a' toirt taic do chlann a bhith misneachail. Tha deagh chàirdeasan aig an luchd-obrach le clann agus teaghlaichean. Tha iad eòlach air a' chloinn agus bidh iad a' cleachdadh an eòlais seo gus taic a thoirt don chloinn a bhith a' dèanamh adhartas nan ionnsachadh.

San fharsaingeachd, tha an luchd-obrach air dèiligeadh gu math ri stiùireadh nàiseanta, a' gabhail a-steach a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais. Mar a tha sinn a' coimhead air adhart ris an ath ìre de leudachadh de thràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne, tha e deatamach gu bheil an luchd-obrach a' leantainn orra ag obair gus dèanamh cinnteach à eòlasan ionnsachaidh de dh'àrd-chàileachd, gu sònraichte do chlann a tha fo aois trì bliadhna. Tha feum ann cuideachd modhan-obrach airson fèin-luchadh a leasachadh, a' gabhail a-steach buaidh a' churraicealaim, ann a bhith a' leasachadh sgilean na cloinne a thaobh ionnsachadh, beatha agus obair.

Dè cho math 's a tha clann ag ionnsachadh agus a' coileanadh?

Rè àm na n-aithisg seo, bha an luchd-sgrùdaidh a' sìor-mhothachadh gun robh clann a' gabhail uallach airson an ionnsachadh fhèin. Lorg iad gun robh luchd-obrach sa choitcheannas sgileil ann a bhith a' leasachadh chàirdeasan blàth, taiceil le clann. Bha luchd-obrach ag èisteachd ri beachdan na cloinne agus dhèilig iad ris na h-ùidhean aca an uair a bha iad a' planadh ionnsachadh. Mar thoradh air sin, bha clann air am brosnachadh agus bha iad a' dol an sàs nas motha. Tha sinn air faicinn clann a' fàs nas misneachail ann a bhith a' bruidhinn mun ionnsachadh. Chunnaic an luchd-sgrùdaidh gun robh clann nas motha an sàs nan ionnsachadh an uair a bha na gnìomhan a' freagairt air an ìre leasachaidh agus thug an luchd-obrach taic dhaibh gu bhith a' leudachadh am beachdan agus am breithneachadh fhèin a' cleachdadh ceasnachadh agus conaltradh de dh'àrd-chàileachd.

Ann an stèidheachdan far nach robh a' chlann, chun na h-aon ìre, an sàs no air am brosnachadh, fhuair an luchd-sgrùdaidh a-mach gun robh na gnìomhan ro-structaraichte agus nach robh an luchd-obrach sgileil gu leòr ann a bhith a' cumail conaltradh ionnsachaidh leis a' chloinn. Feumaidh an luchd-obrach a-nis dèanamh cinnteach gu bheil a' chlann air fad, a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha fo trì bliadhna a dh'aois, a' faighinn eòlasan ionnsachaidh de dh'àrd-chàileachd.

San fharsaingeachd, fhuair an luchd-sgrùdaidh a-mach gun robh an luchd-obrach a' tabhann taic iomchaidh gus leigeil le clann a bhith ag ionnsachadh agus a' cleachdadh briathrachas ùr, a' gabhail a-steach cànan matamataigeach ann an co-theacsan inntinneach. Bha a' chlann ag èisteachd agus a' còmhradh gu math airson grunnan adhbhair. Nochd iad deagh ùidh ann an leabhraichean agus bha e còrdadh riutha a bhith a' co-roinn sgeulachdan le inbhich. Bha seo gu h-àraidh follaiseach ann an stèidheachdan far an robhar a' toirt prìomhachas do bhith ag innse sgeulachdan gu cunbhalach. Chunnaic sinn clann a' leasachadh an tràth sgilean sgrìobhaidh ann an raon de cho-theacsan iomchaidh agus brioghmhor. Aig amannan, bha clann air am brosnachadh gus facail a sgrìobhadh mus robh iad deiseil airson sin a dhèanamh. Tha e cudromach do luchd-obrach tuigse shoilleir a bhith aca mu adhartas leasachadh sgrìobhadh aig ìre thràth. Fhuair sinn a-mach gun robh a' mhòr chuid de chlann a' leasachadh an sgilean cunntaidh gu math tro raon de eòlasan ionnsachaidh. Thar àm na h-aithisg seo, bha na h-eòlasan sin a' sìor-thabhann chothroman ann a bhith a' leasachadh tràth sgilean àireamhachd na cloinne. Tha tuilleadh ri dhèanamh gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach a' leasachadh sgilean agus misneachd na cloinne anns gach raon de àireamhachd agus matamataig.

San fharsaingeachd, bha a' chlann a' leasachadh an sgilean rannsachaidh agus sgrùdaidh gu math. Sa chleachdadh a b' èifeachdaich, chunnaic an luchd-sgrùdaidh gum b' urrainn dhan chloinn na sgilean sin a chleachdadh an uair a bha iad a' sgrùdadh agus a' coimhead air stuthan is nithean fìor-bheatha. Ann a bhith a' dèanamh seo, bhiodh clann a' bruidhinn mu dheidhinn nan nithean a fhuair iad a-mach, a' comharrachadh choltasan agus eadar-dhealachaidhean agus a' dèanamh ro-innse. Bha an seòrsa ionnsachadh a bha seo a' cuideachadh na cloinne a bhith a' dèanamh adhartas nan ionnsachadh mu shaidheansan tro chothroman fìor-bheatha.

Dè cho math 's a tha stèidheachdan tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne a' toirt taic do chlann a bhith a' leasachadh agus ag ionnsachadh?

San fharsaingeachd, fhuair an luchd-sgrùdaidh a-mach gun robh luchd-obrach an sàs gu math ann a bhith a' cur an cèill a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais. Mar a tha stèidheachdan a' dèanamh lèirmheas agus ag ùrachadh a' churraicealaim, tha an luchd-obrach air fàs nas misneachail ann a bhith a' cleachdadh prionnsabalan, eòlasan agus builean a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais gus ionnsachadh na cloinne a phlanadh ann a bhith a' leasachadh nan ceithir comasan. Ann a bhith a' dèanamh seo, tha iad air obrachadh gu math le clann, pàrantan agus coimhearsnachdan ionadail gus cur ri agus beartachadh a' churraicealaim. Bu chòir do stèidheachdan a-nis dèanamh cinnteach gu bheil an curraicealam iomchaidh don cho-theacsa ionadail agus a' coinneachadh ri feumalachdan ionnsachaidh na cloinne. Chunnaic luchd-sgrùdaidh gu bheil, aig an àm a tha an làthair, fhathast cus shuidheachaidhean ann far nach eil feallsanachd a' churraicealaim air a mhìneachadh gu soilleir no air a thuigsinn math gu leòr le luchd-obrach. Feumaidh luchd-obrach dèanamh cinnteach gum bi an curraicealam a' leasachadh sgilean cloinne airson ionnsachadh, beatha agus obair agus a' toirt irean iomchaidh de roghainn, doimhneachd agus dùbhlàn thairis air gach raon ionnsachaidh.

Tha sinn air faicinn an luchd-obrach a' meudachadh chothroman de dh'àrd-chàileachd do chloinn a bhith a' gabhail pàirt ann an cluich a-muigh. Sa chleachdadh as èifeachdaich, bha an àrainneachd a-muigh air a cleachdadh mar phàirt bhunaiteach den àrainn ionnsachaidh. Mar thoradh air an luchd-obrach a bhith a' cuimseachadh air mar a leasaicheadh iad litearras, àireamhachd agus slàinte agus sunnd chloinne thar ionnsachadh, tha a' mhòr-chuid a-nis a' planadh agus a' solar àrainn a tha beairteach ann an litearras gus taic a thoirt do ionnsachadh cloinne. Far an robh cleachdadh làidir, chunnaic luchd-sgrùdaidh gun robh luchd-obrach a' tabhann chothroman cluiche a bha fosgailte agus a' brosnachadh cloinne gu bhith ùr-ghnàthach agus cruthachail.

Tha luchd-sgrùdaidh air faicinn clann an sàs ann an raon nas fharsainge de dh'eòlasan, a' gabhail a-steach teicneòlasan agus teicneòlasan didseatach. Bha seo air adhbharachadh gun robh mòran chothroman aig clann a bhith a' cleachdadh choimpiutairean agus taibleatan gus cuideachadh a bhith a' daingneachadh nan sgilean litearra agus àireamhachd a bha a' tighinn am bàrr. Far an robh clann a' faighinn buannachd bho àrd-chàileachd ionnsachaidh ann an teicneòlasan, chunnaic luchd-sgrùdaidh gun robh buaidh dheimhinneach chudromach air leasachadh eòlas agus sgilean na cloinne.

Ann an stèidheachdan far a bheil feumalachdan ionnsachaidh na cloinne air an coinneachadh gu h-èifeachdach, shònraich an luchd-sgrùdaidh gun robh an luchd-obrach a' tuigsinn suidheachaidhean fa leth na cloinne a bha a' frithealadh an stèidheachadh agus gun robh ìrean àrda de dh'urram aca airson na cloinne agus an teaghlaichean. Bha iad sgileil ann a bhith ag aithneachadh agus a' toirt taic do chlann aig an robh bacaidhean a thaobh ionnsachadh, a' gabhail a-steach feadhainn a bha so-leònte. Bha an luchd-obrach a' dèanamh feum èifeachdach de chom-pàirteachasan le teaghlaichean agus le buidhnean eile gus fios a thoirt air taic sam bith no eadar-mheadhanachdan a dheigheadh a chur an sàs.

Tha fhathast cothrom ann do luchd-obrach leasachadh a dhèanamh air an dòigh sam bi iad a' cleachdadh sgrùdaidhean ionnsachaidh gus tracadh agus sgrùdadh adhartas cloinne. Chunnaic an luchd-sgrùdaidh far an robh seo aig an ìre a b' èifeachdaich, gun robh luchd-obrach sgileil ann a bhith a' cumail sùil air a' chlann an uair a bhiodh iad a' cluich agus a' cleachdadh an fhiosrachaidh seo gus comharrachadh agus planadh nan ath cheumannan ann an ionnsachadh na cloinne. Ann a bhith a' dèanamh seo, bha iad a' tabhann gnìomhan ionnsachaidh aig an ìre de dhuilgheadas cheart. Ach chunnaic sinn cus stèidheachdan far nach robh am fiosrachadh a bhathar a' cruinneachadh air a chleachdadh math gu leòr gus gnìomhan a phlanadh aig an ìre de dhuilgheadas cheart.


San fharsaingeachd, sna stèidheachdan a chaidh an sgrùdadh, lean an luchd-obrach orra a' toirt taic làidir aoghaireil don chloinn an uair a bha iad a' gluasad bho thràth-ionnsachadh air adhart dhan bhun-sgoil. Bha iad sùbailte nam modhan-obrach gus taic a thoirt do chlann a bhith a' gluasad gu deimhinneach bhon dachaigh no bho shuidheachadh eile. Feumaidh an luchd-obrach a-nis leantainn orra a' leasachadh an dòigh anns am bi iad a' dèanamh cinnteach gu bheil adhartas leantainneach aig a' chloinn nan ionnsachadh tro phrìomh ìrean adhartais.

Dè cho math 's a tha stèidheachdan tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne a' leasachadh càileachd an cuid obrach?

Fhuair sinn a-mach gun robh a' mhòr-chuid de stèidheachdan air an deagh stiùireadh. Sna stèidheachdan a b' èifeachdaich, bha an luchd-obrach a' gabhail orra fhèin dreuchdan ceannardais gus an cleachdadh fhèin agus taobhan den àrainn ionnsachaidh a leasachadh. Sna stèidheachdan sin, bha stiùireadh nàiseanta leithid [Togail Miann Adhartais](#), air a dheagh chleachdadh gus taic a thoirt do leasachadh.

Tha an fhianais a chaidh a thional le luchd-sgrùdaidh a' sealltainn gu bheil cleachdadh fèin-luachadh gus taic a thoirt do leasachadh na phrìomh fheum leasachaidh airson na roinne. Bha an luchd-obrach a' sìor-fhàs mothachail gum bi fèin-luachadh gan cuideachadh ann a bhith a' tighinn air adhart. Tha iad air fàs nas misneachail ann a bhith a' comharrachadh nan nithean a tha an stèidheachd aca a' dèanamh math agus na dh'fheumas a dhèanamh gus tuilleadh leasachaidh a dhèanamh. Far an robh seo na b' èifeachdaich, ghabh daoine fa leth uallach airson a bhith a' cur ri agus a bhith a' stiùireadh prìomhachasan leasachaidh a bha air an comharrachadh. Ach, san fharsaingeachd, bha modhan-obrach a thaobh fèin-luachadh caochlaideach. Gu sònraichte, cha robh modhan-obrach a thaobh a bhith a' tracadh agus a' sgrùdadh adhartas cloinne gu cunbhalach làidir.

Ged a tha ullachaidhean gus taic a thoirt do leasachadh proifeiseanta am measg luchd-obrach tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne air a thighinn air adhart, chunnaic an luchd-sgrùdaidh nach robh seo cunbhalach thar an raoin. Ann an cuid de chùisean, bha e na dhùbhlán do luchd-obrach tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne faighinn gu cothroman ionnsachaidh proifeiseanta gus an cuideachadh ann a bhith a' toirt air adhart raointean a chaidh a chomharrachadh airson an leasachadh. Far an robh seo ag obair gu math, chunnaic sinn luchd-obrach fa leth a bha na bu ghnìomhaich agus a bha air an cuideachadh gus an comas agus an tuigse phroifeiseanta a leasachadh. Mar thoradh air seo, bha an luchd-obrach a' cur na bu mhòtha ri adhartas agus leasachadh co-obrachail taobh a-staigh nan stèidheachdan. Feumaidh cuimseachadh leantainneach a bhith air leasachadh proifeiseanta luchd-obrach gus taic a thoirt do leudachadh nan uairean airson tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne. Tha seo a' gabhail a-steach a' dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-obrach air an deagh ullachadh gus coinneachadh ri feumalachdan cloinne aois dà bhliadhna le còraichean gu h-èifeachdach agus a' toirt ionnsachadh agus leasachadh de dh'àrd-chàileachd do chloinn thar seiseanan nas fhaide gu làitheil agus gu seachdaineach.



Bho 1 Am Faoilleach 2012 gu 30 An t-Ògmhios 2016, rinn sinn sgrùdadh air 709 suidheachadh tràth ionnsachaidh is cùram cloinne, agus am measg sin suidheachaidhean a tha air an ruith le ùghdarrasan ionadail leithid clasaichean sgoil-àraich, sgoiltean-àraich, agus ionadan teaghlach. Bha seo a' toirt a-steach suidheachaidhean a bha air an ruith le solaraidhean prìobhaideach is saor-thoileach cuideachd, agus clasaichean sgoil-àraich neo-eisimeileach.

Cha mhòr nach d' fhuair gach suidheachadh tràth ionnsachaidh is cùram cloinne toradh riarachail².

² Riarachail no nas fheàrr anns gach comharra-càileachd a leanas: leasachaidhean ann an coileanadh, eòlasan an luchd-ionnsachaidh agus a' freagairt air feumalachdan ionnsachaidh ann an suidheachaidhean a chaidh an sgrùdadh eadar Am Faoilleach 2012 is an t-Ògmhios 2016

A' deilbh a' churraicealaim

Aig Sgoil-àraich Tynecastle, Comhairle Baile Dhùn Èideann, obraichidh clann, luchd-obrach, pàrantan agus a' choimhearsnachd nas fharsainge ann an co-bhonn airson taic a chumail ri ionnsachadh cloinne. Còmhla leasaich iad tuigse cho-roinnte air coltas ionnsachadh cloinne san t-suidheachadh aca. Dh'ullaich iad 'mapa' soilleir faicsinneach air a' churraicealam aca. Tha e mar sgàthan air an lèirsinn aca gu bheil ionnsachadh gu bhith leis a' phàiste sa mheadhan. Tha an curraicealam air a dheilbh gus leigeil le luchd-obrach a bhith so-fhreagrach do bheachdan agus ùidhean cloinne. Mar eisimpleir, stiùir iongantach cloinne mu dheidhinn chreagan air an lorg sa ghàrradh gu rannsachadh mu sheòrsaichean eile de chreagan agus beanntan-teine. Chuir luchd-obrach cuairt gu taigh-tasgaidh air dòigh gus eòlas na cloinne a leudachadh agus a dhoimhneachadh. Tha am modh-obrach seo a' cuideachadh ann a bhith a' dèanamh ionnsachadh cloinne brioghmhor agus dùbhlanaich agus bheir e taic do chlann fàs nas misneachail ann a bhith a' co-roinn an ionnsachaidh. Tha pàrantan air leth deimhinneach mu obair an t-suidheachaidh a' toirt tuairisgeul air mar 'teampall ionnsachaidh agus ionad trèanaidh airson nan saoranach ri teachd'.

A' leasachadh guth an neach-ionnsachaidh

Ann an Ionad Ro-chòig Ferguslie, Comhairle Siorrachd Rinn Friù, tha targaidean aig a' chloinn a tha pearsanta, so-ruigseach agus sònraichte airson litearrachd, àireamhachd agus slàinte is sunnd.



Obraichidh pàrantan agus clann còmhla ri luchd-obrach gus cuideachadh ann an comharrachadh nan ath-cheuman cuimsichte agus iomchaidh ann an ionnsachadh. Gabhaidh luchd-obrach tìde gus èisteachd gu furachail gu beachdan phàrantan agus cloinne, uaireannan a' cleachdadh an eòlais air leasachadh cloinne gus amasan nas lugha agus nas so-ruigsich a chur air bhog. Bruidhnidh, cha mhòr, gach pàiste gu saorsnail mu na h-ùidhean aca agus mu dè chòrdadh riutha ionnsachadh a-nis. Mar thoradh air sin, bruidhnidh clann gu misneachail air na chòrdas riutha ionnsachadh agus mu mar a leasaicheadh cuid de na sgilean aca, leithid tarraing dhealbhan no cunntadh.

Coinnichidh luchd-obrach ri pàrantan gu cunbhalach gus bruidhinn air adhartas an cuid chloinne ann an coileanadh an targaidean. Tha a h-uile duine a' co-roinn dleastanas ann, agus tuigse air, adhartas cloinne ann an ionnsachadh.

Bun-sgoiltean

Ann am bun-sgoiltean, fhuair luchd-sgrùdaidh a-mach gun robh luchd-obrach gu coitcheann a' cleachdadh deagh raon de mhodhan-obrach ionnsachaidh agus teagaisg a bha a' leigeil le clann a bhith nas gnìomhaich an sàs nan ionnsachadh. Mar thoradh air sin, bha a' chlann a' nochdadh ìrean àrda de bhrosnachadh agus dol an sàs. Chunnaic an luchd-sgrùdaidh gun robh na sgoiltean air mòran cheumannan deimhinneach a ghabhail gus a bhith a' leasachadh agus a' toirt air adhart a' churraicealaim. Gu sònraichte, tha leasachadh modhan-obrach eadar-chuspaireil a thaobh ionnsachadh air a thighinn air adhart. Bu chòir do sgoiltean togail air seo agus dèanamh cinnteach gum bi iad a' sìor-dhèanamh lèirmheas agus ùrachadh air a' churraicealam gus coinneachadh ri feumalachdan na cloinne air fad.

Tha fianais bho sgrùdaidhean a chaidh a chruinneachadh a' sealltainn gum feum sgoiltean ullachaidhean nas fheàrr a chur ann an àite airson a bhith a' measadh agus a' tracadh adhartas cloinne, a' gabhail a-steach tuigse cho-roinnte mu inbhean ann an ìrean a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais. Mar thùs-amas, bu chòir dhaibh comharrachadh agus dèiligeadh ri beàrnan sam bith ann am buileachadh agus coileanadh sa chloinn as motha cothrom agus as lugha cothrom agus ceumannan a ghabhail gus buileachadh agus coileanadh àrdachadh, a' dèanamh cinnteach à cothromas don luchd-ionnsachaidh air fad.

Dè cho math 's a tha clann ag ionnsachadh agus a' coileanadh?

Ann an fharsaingeachd, bha a' chlann air am brosnachadh agus misneachail mu dheidhinn ionnsachadh. Chunnaic an luchd-sgrùdaidh clann a bha a' fàs nas gnìomhaich mun ionnsachadh agus, mar thoradh air sin, bha iad a' sìor-fhàs nas mothachail orra fhèin mar luchd-ionnsachaidh. Bha barrachd cloinne a' cleachdadh modhan-obrach leithid logaichean ionnsachaidh pearsanta gus targaidean a shuidheachadh airson an ath cheumannan ann an ionnsachadh. Thar àm na h-aithisg seo, chunnaic sinn barrachd is barrachd cloinne a' bruidhinn air na neartan aca agus na feuman leasachaidh a bha aca. Sa chleachdadh a b' èifeachdaich, bha a' chlann a' leasachadh tuigse mu dheidhinn nan nithean a dh'fheumadh iad ionnsachadh. Gus an cuideachadh a bhith a' meòrachadh air an ionnsachadh aca fhèin, bha a' chlann a' faighinn buannachd bho fhios air ais air a dheagh bhreithneachadh bho luchd-obrach agus bho chàch a chèile.

Nas motha agus nas motha, tha sinn air a bhith a' faicinn clann a' doimhneachadh an ionnsachaidh tro bhith a' conaltradh ri chèile. Chunnaic an luchd-sgrùdaidh, far an robh seo ag obair gu math gun robh a' chlann a' conaltradh ri chèile agus a' mìneachadh bheachdan, fuasglaidhean agus fiosrachadh agus, mar thoradh air sin, gun do dh'fhàs iad na bu mhisneachail. Feumaidh an luchd-obrach a-nis dèanamh cinnteach gu bheil iad a' tabhann eòlasan ionnsachaidh a tha gu cunbhalach de dh'àrd-chàileachd a tha dùbhlanaich, taitneach agus a' toirt taic don chloinn air fad a bhith air thoiseach san ionnsachadh aca fhèin.

Bha mòran sgoiltean a' cleachdadh modhan-obrach ionnsachaidh stèidhichte air còraichean gu h-èifeachdach gus cuimseachadh nas motha air cùisean co-ionannachd. Tha an luchd-obrach air fàs nas mothachail air dè cho cudromach 's a tha còraichean cloinne agus thuirt a' mhòr-chuid de chloinn gun robh iad a' faireachdainn deimhinneach mu dheidhinn nan dòighean anns an robh cothrom aca a bhith an sàs ann a bhith a' leasachadh na sgoile³, a' gabhail a-steach tro chomhairlean sgoileir.

Ged a tha leasachaidhean air tachairt ann an adhartas na cloinne ann an litearras agus àireamhachd, tha e fhathast ro chaochlaideach.

A thaobh litearras fhuair an luchd-sgrùdaidh gun robh clann ag èisteachd agus a' còmhradh le misneachd ann an raon de cho-theacsan. Far an robh sgoiltean a' dèanamh cinnteach gun robh èisteachd agus còmhradh air a leasachadh ann an dòigh adhartach, bha a' chlann a' dèanamh adhartas na b' fheàrr. Cha mhòr nach robh prògraman structaraichte aig na bun-sgoiltean air fad gus taic a thoirt do dh'adhartas. Far an robh seo ag obair aig an ìre a b' fheàrr, bha a' chlann a' leasachadh sgilean tro bhith a' leughadh theacsaichean le ìre iomchaidh de dhùbhlanaich. Gus buileachadh na cloinne ann an leughadh a leasachadh, feumaidh luchd-obrach cuimseachadh air a bhith a' leasachadh àrd-sgilean leughaidh agus a bhith a' toirt taic do chloinn a bhith nas anailitigich an uair a bhios iad an sàs ann an teacsaichean. Chunnaic sinn gun robh clann a' sgrìobhadh gu cunbhalach agus airson grunn adhbharan. Tha e cudromach gun lean sgoiltean orra a bhith a' toirt chothroman tric do chloinn gu bhith a' leudachadh an sgrìobhadh thar raointean eile den churraicealam agus a bhith a' toirt àrd phrìomhachas do bhith neo-mhearachdach gu teicnigeach.

³ Stèidhichte air na freagairtean gu ceisteachain ro-sgrùdadh Foghlam Alba thairis air an àm 1 Faoilleach 2012 gu 30 Ògmhios 2016

Tha sinn air leasachaidhean fhaicinn ann an càileachd eòlasan cloinne ann an àireamhachd agus matamataig. Tha sinn air sìor fhaicinn clann a' leasachadh an tuigse mu chon-cheapan matamataigeach tro bhith gan cur an cèill ann an co-theacsan buntainneach. Tha iad air fàs nas misneachail ann a bhith a' mìneachadh nan ro-innleachdan a chleachd iad ann a bhith a' fuasgladh cheistean nan cinn agus ann an sgrìobhadh. Ach feumaidh barrachd a bhith air a dhèanamh gus buileachadh na cloinne a leasachadh. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' comharrachadh taobhan de dh'àireamhachd agus matamataig far nach eil sgilean na cloinne air an leasachadh math gu leòr agus a bhith gnìomhach ann an dòigh iomchaidh. Ged a tha clann a' leasachadh raon de sgilean gus ceistean fuasgladh, chomharraich luchd-sgrùdaidh gu bheil cothrom ann sgilean na cloinne a leasachadh ann a bhith a' fuasgladh cheistean nas iom-fhillte. Feumaidh an luchd-obrach dèanamh cinnteach gu bheil iad a' tabhann raon cothromach de dh'eòlasan ann an àireamhachd agus matamataig a bhios a' leigeil le clann a bhith a' dol air ais gu bun-bheachdan gus ionnsachadh a dhaingneachadh thar ùine, agus togail air ro-ionnsachadh gus a bhith cinnteach à adhartas gu leòr.

Dè cho math 's a tha bun-sgoiltean a' toirt taic do chloinn a bhith a' leasachadh agus ag ionnsachadh?

Fhuair sinn gu bheil bun-sgoiltean gu coitcheann air a bhith ag obair gu cruaidh gus a bhith a' leasachadh agus a' toirt air adhart a' churraicealaim aca thairis air àm na h-aithisg seo. Mar thoradh air sin, chunnaic an luchd-sgrùdaidh gun robh càileachd eòlasan ionnsachaidh na cloinne a' tighinn air adhart. Nas motha agus nas motha, bha na sgoiltean ag obair le luchd-ùidh agus com-pàirtichean. Sna h-eisimpleirean a b' èifeachdaich a chunnacas, bha iad a' cleachdadh luchd-ùidh ann a bhith a' deilbh agus a' cumadh a' churraicealaim. Bha a' mhòr-chuid a' tòiseachadh a bhith a' gabhail sùim air an fheum a bha ann a bhith a' leasachadh sgilean comais-obrach na cloinne an uair a bha iad a' dèanamh lèirmheas air a' churraicealaim. Ach a thaobh cuid de sgoiltean chan eil na modhan-obrach aca a thaobh a bhith ag ath-dheilbh a' churraicealaim gus a' chlann a chuideachadh ann a bhith a' faighinn eòlas air foghlam farsaing coitcheann a tha dùbhlach agus brosnachail, fhathast èifeachdach no ann an cuid de shuidheachaidhean a rèir na thathar a' sùileachadh. Anns na sgoiltean sin tha cus cudrom air a bhith 'a' dèiligeadh' ri eòlasan agus builean an àite a bhith a' cur cudeim air doimhneachd agus dùbhlach. Mar thoradh air sin, chan eil cothroman gu leòr aig a' chloinn a bhith a' leasachadh an àrd-sgilean breithneachaidh math gu leòr no sgilean agus eòlas a chur an cèill ann an co-theacsan ùra agus air nach robh iad eòlach. Ged a chunnaic luchd-sgrùdaidh eisimpleirean de sgoiltean a' tabhann chothroman iomchaidh airson pearsanachadh agus roghainn gus taic a thoirt do dh'adhartas ann an ionnsachadh cloinne, bha seo ro eadar-dhealaichte taobh a-staigh agus thar sgoiltean.

Tha frèam-obrach a-nis ann an àite aig a' mhòr-chuid de sgoiltean a chaidh a sgrùdadh airson ionnsachadh eadar-chuspaireil a tha a' toirt taic do leasachadh eòlas, tuigse agus sgilean do chlann mar a bhios iad a' gluasad air adhart tro ìrean na bun-sgoile. Mar eisimpleir, far an robh saidheans air a theagasg a' cleachdadh prògram planaichte agus adhartach, a bha a' gabhail a-steach cuspairean air leth cho math ri cuspairean ionnsachadh eadar-chuspaireil, bha eòlas, tuigse agus sgilean na cloinne air an deagh leasachadh. An uair a bhithear a' libhrigeadh saidheans a-mhàin tro ionnsachadh eadar-chuspaireil, bu chòir don luchd-obrach dèanamh cinnteach gu bheil doimhneachd gu leòr san ionnsachadh.

Tha feum leantainneach ann misneachd an luchd-obrach a leasachadh ann a bhith a' dèanamh breithneachaidhean proifeiseanta mun àm a bhios a' chlann a' coileanadh ìrean a' Curraicealaim airson Sàr-mhathais. Ged a chunnaic sinn eisimpleirean de dh'obair èifeachdach ann a bhith a' measadh agus a' co-mheasadh inbhean, san fharsaingeachd bha e soilleir gun robh feum air barrachd obair dhen t-seòrsa seo.

Thar na roinne, fhuair sinn gun robh an luchd-obrach a' leasachadh eòlas agus tuigse nas fheàrr air Ga Fhaighinn Ceart airson Gach Pàiste agus bha iad a' sìor-chleachdadh nan comharran sunnd gus measadh, planadh agus taic iomchaidh a thoirt seachad. Bha iad na b' fheàrr air a bhith a' comharrachadh cloinne aig a bheil feum air taic a bharrachd, agus air na bha a dhìth orra de thaic. Anns a' chleachdadh a b' èifeachdaich, bha clann agus pàrantan gu mòr an sàs ann a bhith a' seatadh agus a' dèanamh lèirmheas air targaidean iomchaidh airson ionnsachadh gus cuideachadh ann a bhith cinnteach gun robh taic phearsanta èifeachdach. Bha seo a' cuideachadh cloinne a bhith a' dèanamh deagh ìrean de dh'adhartas.

Ged a chunnaic sinn luchd-obrach a bha a' tabhann leasan agus gnìomhan a bha a' coinneachadh ri feuman ionnsachaidh a' mhòr-chuid den chloinn, bha cuideachd fada cus amannan ann nuair nach robh na gnìomhan aig an ìre duilgheadais cheart gus dèanamh cinnteach gun robh dùbhlann iomchaidh aig a' chloinn nan ionnsachadh. Aig amannan, chunnaic an luchd-sgrùdaidh modhan-obrach ionnsachaidh làn-chlas nach robh air an dèanamh math gu leòr gus cunntas a ghabhail de làn raon nam feumalachdan ionnsachaidh.

San fharsaingeachd, thug sgoiltean taic aoghaireil èifeachdach do chlann an uair a bha iad a' gluasad bho thràth ionnsachadh gu P1 agus bho P7 gu S1. Ach feumaidh iad fhathast am modhan-obrach a leasachadh a thaobh a bhith a' togail air ro-ionnsachadh na cloinne an uair a bhios iad a' gluasad gu ìre eile sa bhun-sgoil agus suas dhan àrd-sgoil.

Dè cho math 's a tha bun-sgoiltean a' leasachadh càileachd an cuid obrach?


Chomharraich luchd-sgrùdaidh taobhan de cheannardas mar phrìomh neart ann am mòran sgoiltean. Far an robh ceannardas air leth èifeachdach ann an sgoiltean, bha an ceannard agus na h-àrd-mhanaidsearan a' faighinn spèis mhòr bho choimhearsnachd na sgoile agus a' toirt stiùir shoilleir agus làidir gus a bhith a' toirt taic do leasachadh sgoile. Bha àrd mhiannan aca airson clann agus dùilean luchd-obrach.

Tha dealas agus obair-sgioba an luchd-obrach gus dèanamh cinnteach gu bheil eòlasan ionnsachaidh deimhinneach aig a' chloinn air fhaicinn mar neart sa mhòr-chuid de sgoiltean. Nas motha agus nas motha, bha ceannardas sgaoilte, far a bheil an luchd-obrach air fad a' gabhail seilbh air a bhith a' stiùireadh leasachaidhean san sgoil, air fhaicinn mar nì a bha a' toirt buaidh dheimhinneach air leasachadh ionnsachaidh agus teagasg.

Tha sinn air leasachaidhean comharraichte fhaicinn ann am modhan-obrach agus dol an sàs luchd-obrach le ionnsachadh proifeiseanta. Tha na Bun-bheusan airson Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-dhreuchd aig Comhairle Teagasg Choitcheann na h-Alba air a chleachdadh nas motha gus taic a thoirt do ghnìomhan leasachadh proifeiseanta. Sna sgoiltean a b' èifeachdaich, tha modhan-obrach mar ionnsachadh proifeiseanta agus sgrùdadh co-obrachail taobh a-staigh agus eadar sgoiltean agus cleachdadh rannsachadh a-nis mar phàirt mòran nas motha de ghnìomhan ionnsachaidh proifeiseanta.

Tha fianais bho sgrùdadh a' sealltainn gu bheil deagh raon de phròiseasan nan àite sa mhòr-chuid de sgoiltean airson a bhith a' luachadh an cuid obrach agus a bhith a' dèanamh leasachaidhean riatanach. Anns sna sgoiltean far an robh sin as èifeachdaiche, bha an luchd-obrach a' cleachdadh raon de luchd-ùidh agus com-pàirtichean bho choimhearsnachd na sgoile, a' gabhail a-steach clann agus pàrantan, ann a bhith a' stèidheachadh prìomhachasan airson leasachadh, gan stiùireadh air adhart agus a' luachadh am buaidh air a bhith a' leasachadh ionnsachadh agus teagasg. Ach lorg luchd-sgrùdaidh gu bheil cus bhun-sgoiltean ann aig nach eil fiosrachadh làidir air coileanadh agus buileachadh na cloinne. Tha buntanas aig seo air càileachd agus air buaidh fèin-luachadh. Sna sgoiltean sin, cha robh na modhan-obrach a thaobh tracadh agus sgrùdadh adhartas na cloinne èifeachdach agus, mar thoradh air sin, cha robh seo a' toirt taic do luchd-obrach ann a bhith a' leasachadh coileanadh agus buileachadh na cloinne. Fhuair sinn a-mach cuideachd gun robh, ann an cuid de sgoiltean, duilgheadasan ann a thaobh a bhith a' fastadh cheannardan agus luchd-obrach a dheigheadh an àite feadhainn a bha a' fàgail agus bha seo a' toirt buaidh air comas nan sgoiltean càileachd an cuid obrach a leasachadh.

Measaidhean comharran càileachd bhun-sgoiltean – 1 Faoilleach 2012 gu 30 Ògmhios 2016



Bho 1 Faoilleach 2012 gu 30 Ògmhios 2016 rinn sinn sgrùdadh air 514 bun-sgoiltean air feadh Alba. Fhuair a' mhòr-chuid de bhun-sgoiltean sgrùdadh deimhinneach⁴.



⁴ Riarachail no nas fheàrr anns gach fear de na comharran càileachd a leanas: leasachaidhean ann an coileanadh, eòlasan luchd-ionnsachaidh agus coinneachadh ri feumalachdan luchd-ionnsachaidh ann am bun-sgoiltean a chaidh a sgrùdadh eadar Faoilleach 2012 agus Ògmhios 2016

Measadh, tracadh agus sgrùdadh buileachadh agus coileanadh cloinne



Tha eòlas domhainn aig ceannard agus luchd-obrach Bun-sgoil Naomh Choinnich, Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas air adhartas na cloinne. Coinnichidh iad tric gus bruidhinn air cho math 's a tha clann ag ionnsachadh. Tha tracadh agus sgrùdadh làidir aig an sgoil air adhartas agus coileanadh cloinne.

Cleachdar seo gus eadar-theachdan ionnsachaidh a phlanadh airson an ama ri teachd agus na builean as fheàrr a chur air dòigh airson gach neach-ionnsachaidh. Tha tuigse shoilleir aig gach neach-obrach air mar a tha clann fa leth, buidhnean de luchd-ionnsachaidh agus an fheadhainn às na cùlaibhean mì-leasaichte as miosa a' dèanamh adhartas thar an ionnsachaidh.

Tha iad a' cleachdadh raon farsaing de dh'altan mheasaidhean cunbhalach cho math ri innleachdan ionnsachaidh gnìomhach agus co-obrachail gus buileachadh agus coileanadh cloinne a mheasadh, a thracadh agus a sgrùdadh. Tha luchd-obrach bhon aon ìre agus thar ìrean ag obair còmhla gus inbhean a cho-roinn agus dol an sàs ann an gnìomhan cuimseachaidh. Bidh an t-àrd sgioba rianachd a' sgrùdadh gach pàirt de chleachdadh sa chlasrum, a' sampladh obair cloinne, a' cumail chòmhradh fòcasach le clann, a' tracadh adhartas cloinne, agus a' sgrùdadh an fhiosrachaidh bho mheasaidhean gu mionaideach. Tha seo a' leigeil leotha còmhradh susbainteach a chumail le luchd-obrach air adhartas cloinne agus targaidean a chur airson buileachadh. Mar thoradh air na modhan-obrach seo, tha buileachadh thar na sgoile gu math àrd.

A' leasachadh a' churraicealaim gus ionnsachadh àrd-chàileachdail a libhrigeadh

Chuir luchd-obrach bho Sgoil Middleton Park, Comhairle Baile Obar Dheathain, fòcas air leasachadh a' churraicealaim gus dèanamh cinnteach gu bheil cunbhalachd modh-obrach agus adhartas ann bho sgoil-àraich gu P7. Leasaich luchd-obrach frèaman curraicealaim agus dh'obraich iad gu dlùth le com-pàirtichean aig an aon ìre nuair a bhathar a' planadh eòlasan ionnsachaidh. Chuidich seo ann a bhith a' toirt seachad cunbhalachd thar buidhnean bliadhna agus cothroman a b' fhiach airson clann a bhith ag ionnsachadh ri taobh an co-aioisean ann an clasaichean diofaraichte.

Chuidich coimhearsnachd agus luchd-ùidhe na sgoile prìomhachasan a chomharrachadh gus cur ris na co-theacsan airson ionnsachadh. Mar eisimpleir, b'e cleachdadh a' bhlàir a-muigh aon raon a chaidh a chomharrachadh. Mar thoradh air an fhòcas seo chleachd luchd-obrach a' choimhearsnachd glè mhath gus an curraicealam a neartachadh agus cothroman a thoirt do chlann ionnsachadh le bhith a' cleachdadh fìor-cho-theacsan.

Dh'obraich luchd-obrach gu math le sgoiltean co-cheangailte gus tuigse cho-roinnte air inbhean a leasachadh thar raointean a' churraicealaim agus modhan-measaidh agus cuimseachadh. Chuidich seo ann a bhith ag àrdachadh na thathar a' sùileachadh bho inbhean taobh a-staigh ìrean Curraicealaim airson Sàr-mhathais.

A' tracadh coileanadh na cloinne



Thug Bun-sgoil Naomh Mhìcheil, Comhairle Dhùn Phrìs is Ghall-Ghàidhealaibh, air adhart plana a leasachadh air mar a bhios iad a' tracadh adhartas cloinne ann an coileanadh nas fharsainghe, a' gabhail a-staigh ionnsachadh an dà chuid taobh a-staigh agus taobh a-muigh na sgoile. Chruthaich an sgoil an Sgeama Dhuaisean SKILL (gràdhadair ionnsachaidh soirbheachail, coibhneil, neo-eisimeileach) a tha a' toirt taic do dh'ionnsachadh neo-eisimeileach agus brosnachaidh tro fhrèam dùbhlach agus measgachaidh.

Tha clann bho chlas a h-aon gu seachd a' cur fòcas air gach fear de na ceithir comasan de Churraicealam airson Sàr-mhathais fo structar umha, airgead agus òr. Tha am modh-obrach seo a thaobh clàradh agus barantachadh sgilean agus coileanadh cloinne tro ìrean na bun-sgoile air buaidh dheimhinneach, bhrosnachail a thoirt do chlann gu dol an sàs ann an eòlasan ionnsachaidh àrd-chàileachdail a leudaicheas pàirteachas agus a leasaicheas dealas. A thuilleadh air sin, bha pàrantan a' faireachdainn gun robh iad an sàs barrachd agus nas comasaich air cur ri ionnsachadh an cloinne. Bheachdaich luchd-obrach gum b' e dòigh èifeachdach agus furasta a bh' ann gus ionnsachadh cudromach a chlàradh ann an raointean a bha tric na bu doirbhe a ghlacadh.

Àrd-sgoiltean

San fharsaingeachd, bha luchd-sgrùdadh sa chumantas a' lorg gun robh na daoine òga sna h-àrd-sgoiltean air an deagh bhrosnachadh gu bhith ag ionnsachadh, a' coileanadh agus a' soirbheachadh. Ann am mòran shuidheachaidhean, bha na ceumannan a bha air an gabhail leis na sgoiltean gus com-pàirteachasan a leasachadh le feadhainn eile, a' gabhail a-steach pàrantan, luchd-fastaidh, oilthighean, colaistean agus a' choimhearsnachd ionadail a' toirt buaidh dheimhinneach air an raon agus càileachd nan eòlasan ionnsachaidh a bha rim faotainn leis na daoine òga.

Eadar 2012-16, dh'fhàs planadh a' churraicealaim agus structairean sna h-àrd-sgoiltean mean air mhean mar a bha teisteanasan ùra a' dol an àite seann fheadhainn agus a bha prògraman leithid Leasachadh an Sgioba-obrach Òg a' tòiseachadh a bhith air an cur an sàs. Mar thoradh air seo, fhuair an luchd-sgrùdadh a-mach gun robh àrd-sgoiltean a' tabhann barrachd chothroman do dhaoine òga a bhith a' coileanadh thar farsaingeachd de raointean. Tha feum leantainneach a bhith a' cuimseachadh air a bhith a' leasachadh buileachadh agus coileanadh dhaoine òga a' dèanamh cinnteach, mar eisimpleir, gu bheil an curraicealam a' tabhann shlighean a tha sùbailte gu leòr gus coinneachadh ri feuman ionnsachaidh dhaoine òga fa leth. Bu chòir dha sgoiltean cuideachd feum nas fheàrr a dhèanamh de fhianais a chaidh a chruinneachadh tro fhèin-luachadh gus cuimseachadh air prìomhachasan aig am bi a' bhuidheas as fheàrr air a bhith a' leasachadh ionnsachadh.

Dè cho math 's a tha clann ag ionnsachadh agus a' coileanadh?

Thar àm na h-aithisg seo, tha leasachaidhean cudromach air tachairt ann an càileachd an ionnsachaidh ann an àrd-sgoiltean. San fharsaingeachd, fhuair luchd-sgrùdadh gun robh daoine òga ann am foghlam àrd-sgoile air am brosnachadh agus bha beachd deimhinneach aca air an ionnsachadh. Bha càileachd nan conaltraidhean eadar tidsearan agus daoine òga fa leth, air na neartan agus na h-ath cheumannan aca nan ionnsachadh, air a thighinn air adhart gu mòr. Tha seo a' cuideachadh dhaoine òga gus a bhith nas neo-eisimeilich nan ionnsachadh.

Sa mhòr-chuid de sgoiltean a chaidh an sgrùdadh, bha an luchd-obrach a' toirt co-theacsan iomchaidh do na daoine òga a thaobh an ionnsachadh. Chunnaic sinn deagh eisimpleirean de sgoiltean, agus an com-pàirtichean, a' toirt deagh raon farsaing de dh'eòlasan ionnsachaidh airson daoine òga, a' gabhail a-steach greisean-gnìomhachais, ionnsachadh colaiste agus comhairle dhreuchdail. Ach, bha càileachd an ionnsachaidh a bha daoine òga a' faighinn ag atharrachadh cus sna sgoiltean agus eadar sgoiltean. Ann an cuid de sgoiltean, fhuair sinn gun robh an ìre caochlaideachd air a mheudachadh le duilgheadasan ann a bhith a' fastadh luchd-obrach. Feumaidh leasachadh cunbhalachd ann an ionnsachadh agus ann am feumalachdan teagaisg a bhith na fhìor phrìomhachas do na h-àrd-sgoiltean air fad.

Ged a bha a' mhòr-chuid de dhaoine òga a' faireachdainn gu bheil a' dèiligeadh riutha gu cothromach agus le spèis ann an raon na h-àrd-sgoile⁵, fhuair an luchd-sgrùdadh gun robh sealladh cumhang aig cuid de sgoiltean air còraichean dhaoine òga. Feumaidh sgoiltean mar sin beachdachadh air dòighean ùra cruthachail a thaobh a bhith a' toirt taic do dhaoine òga air fad a bhith a' cur am beachdan an cèill, agus a bhith a' gabhail sùim dhiubh sin.

Tha leasachadh seasmhach anns a' cheudad de dhaoine òga a tha a' fàgail na sgoile airson chinn-ùidhe sheaghach. Tha an ceudad de luchd-fàgail a tha a' coileanadh SCQF 4 agus SCQF 5 ann an Teisteanasan Nàiseanta ann an litearras agus àireamhachd air a thighinn air adhart mar a tha coileanadh dhaoine òga a tha a' fuireach anns a' mhòr-chuid de làraich ann an Clàr-amais Alba de Iomadh Dìth.

Chleachd sgoiltean raon farsaing de chreideasachadh gus coileanaidhean aithneachadh. A thuilleadh air creideasachadh, mhothaich an luchd-sgrùdadh gun robh daoine òga a' leasachadh bhudhan agus sgilean tro bhith a' togail airgead airson carthannas, obair saor-thoileach nan coimhearsnachd ionadail agus ann a bhith a' gabhail orra fhèin dreuchdan ceannardais san sgoil leithid ballrachd ann an comhairle nan sgoilear, prefeactan agus budaidhean don chloinn as òige. Bha iad a' leasachadh sgilean daonnachd cruinneil tro chom-pàirteachas ann an ullachaidhean com-pàirteachais le sgoiltean ann an dùthchannan eile.

⁵ Stèidhichte air na freagairtean gu ceisteachain ro-sgrùdadh aig Foghlam Alba rè an ama 1 Faoilleach 2012 gu 30 Ògmhios 2016

Sheall fianais bhon sgrùdadh againn gun robh luchd-obrach mothachail air dè cho cudromach 's a bha e a bhith ag adhartachadh agus a' leasachadh sgilean àireamhachd dhaoine òga thar a' churraicealaim. Ach tha mòran sgoiltean fhathast aig ìre thràth ann a bhith a' cur seo an gnìomh gu soirbheachail. Ann an litearras agus Beurla, fhuair luchd-sgrùdaidh a-mach gun robh daoine òga pungail agus a' taisbeanadh fiosrachadh agus beachdan gu math ann an grunnan cho-theacsan. Far an robh co-theacsa iomchaidh agus fìor aig gnìomhan còmhraidh, mar òraidean iomairt no còmhraidhean impidheach, chuir na daoine òga an ionnsachadh mu chànan gu feum ann an dòigh èifeachdach. Fhuair sinn cuideachd gun robh daoine òga a' dèiligeadh gu math ri anailis de litreachas agus dlùth leughadh de theacsan neo-fhicsean. Feumaidh sgoiltean leantainn orra a' dèanamh cinnteach gu bheil daoine òga an sàs ann an teacsaichean de dh'ìoma-fhillteachd agus dùbhlán iomchaidh, gu sònraichte an uair a bhios iad a' leasachadh sgilean leughaidh de dh'àrd-òrdugh.

Fhuair luchd-sgrùdaidh gum feum sgoiltean leantainn orra a bhith ag obair air adhartas na h-òigridh a mheasadh rè an fhoghlaim fharsaing choitcheann agus tuigse cho-roinnte nas fheàrr a leasachadh air inbhean. Ann an cuid de sgoiltean, cha b' urrainn dhaibh fiosrachadh cinnteach a thoirt air an adhartas a bha an òigridh a' dèanamh san ionnsachadh aca.

Dè cho math 's a tha àrd-sgoiltean a' toirt taic do chloinn a bhith a' leasachadh agus ag ionnsachadh?

Tha planadh curraicealaim agus structairean taobh a-staigh an raoin air leantainn orra a' leasachadh mean air mhean mar a tha teisteanasan ùra a' dol an àite fheadhainn nas sine. Thar nan ceithir bliadhna a chaidh seachad, is e am prìomh chuimse airson an raoin a bhith a' leasachadh chùrsaichean aig an ìre as àirde. Tha sgoiltean air a bhith a' dèanamh lèirmheas agus a' leasachadh nan structairean curraicealaim aca gus cunntas a ghabhail air an eòlas aca ann a bhith a' libhrigeadh Theisteanasan Nàiseanta agus an fheum a tha ann sùbailteachd nas motha a chruthachadh aig an ìre as àirde gus coinneachadh ri feumalachdan nan daoine òga air fad. Bu chòir do sgoiltean leantainn orra a bhith a' cur dlùth fhaire ri bhith a' dèanamh lèirmheas air eòlas dhaoine òga ann an S3 gus leantainn air adhart gu foghlam farsaing coitcheann agus aig an aon àm a bhith a' tabhann adhartas èifeachdach chun na h-ìre as àirde agus gu cùrsaichean a tha a' leantainn air adhart gu teisteanasan. Tha an luchd-sgrùdaidh air mothachadh nach eil fhathast cothroman ann airson ionnsachadh eadar-chuspaireil, ionnsachadh san àite-obrach, coileanaidhean cruthachail agus pearsanta an-còmhnaidh air am planadh math gu leòr gus dèanamh cinnteach gun urrainn dha na daoine òga an ionnsachadh a chur an gnìomh agus adhartas a dhèanamh le gu leòr astar agus dùbhlán. Suas gu deireadh an ama a tha an aithisg seo a' dèiligeadh ris, fhuair sinn a-mach gun robh mòran de na sgoiltean ag ath-thadhal air deilbh an curraicealaim S1 gu S3 ann an solas an eòlais a fhuair iad ann a bhith a' deilbh phrògraman ùra aig an ìre as àirde.

Fhuair sinn gun robh mòran sgoiltean air freagairt gu math ris na dùbhlain a bhith a' deilbh shlighean airson luchd-ionnsachaidh tron fhoghlam fharsaing choitcheann agus an ìre as àirde, agus a' mìneachadh nan atharrachaidhean do phàrantan agus do luchd-ionnsachaidh. Sa mhodh-obrach as fheàrr, bha sgoiltean gu soilleir a' deilbh a' churraicealaim airson na h-ìre as àirde mar ìre so-leantainn trì bliadhna, a' gabhail a-steach shlighean le solarachan taobh a-muigh na sgoile mar a bhiodh iomchaidh. Feumaidh gach sgoil leantainn orra a' cuimseachadh air a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil shlighean ionnsachaidh aig na daoine òga air fad gus a dhèanamh comasach dhaibh an t-adhartas as fheàrr a dhèanamh. Tha seo a' gabhail a-steach leantainn air adhart ag obair le bun-sgoiltean gus togail air ro-ionnsachadh a tha air àite a ghabhail aig ìrean na bun-sgoile. Ann an cuid de chùisean, fhuair sinn gun robh feum aig sgoiltean a bhith a' meudachadh gu mòr astar agus doimhneachd na h-obrach a bha iad a' dèanamh ann a bhith a' leasachadh a' churraicealaim.

On chaidh Leasachadh an Sgioba-obrach Òg, Ro-innleachd Fastadh Òigridh na h-Alba fhoillseachadh san Ògmhios 2014, tha luchd-sgrùdaidh air mothachadh gu bheil a' cuimseachadh nas motha air leasachadh sgilean dhaoine òga. Tha seo a' gabhail a-steach dealas agus stiùir nas motha ann a bhith a' leasachadh chom-pàirteachasan le teaghlaiichean, gnothachasan ionadail agus buidhnean foghlam coimhearsnachd agus leasachadh gu bhith a' cur ri ionnsachadh dhaoine òga. Feumaidh cuid de sgoiltean leasachadh a dhèanamh air an astar a bhios aca ann a bhith a' leudachadh an solair gus a bhith a' leasachadh eòlas agus adhartas dhaoine òga a thaobh sgilean. Gu sònraichte, feumaidh sgoiltean obrachadh le daoine òga agus am pàrantan gus dèanamh cinnteach gu bheil tuigse shoilleir aig daoine òga air an sgilean fhèin agus an cur an sàs agus an iomchaidheachd an dèidh na sgoile.

Bhiodh e, mar eisimpleir, na bhuannachd do dhaoine òga tuilleadh taic fhaighinn ann a bhith ag innse do luchd-fastaidh mu dheidhinn nan sgilean a tha iad air a thogail. Tha sinn air faicinn gu bheil Coidsichean Dreuchd aig Leasachadh Sgilean na h-Alba a' toirt taic do luchd-obrach sgoile ann a bhith a' faighinn tuigse air na slighean a tha rim faotainn do dhaoine òga aig aois-sgoile. Gus tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air seo, feumaidh sgoiltean a-nis barrachd feum a dhèanamh de stòrasan planadh dreuchd mar [My World of Work](#)⁶.

Tha cothrom ann fhathast airson tuilleadh leasachaidh, gu h-àraidh ann a bhith a' toirt irean iomchaidh de dhùbhlán agus de chothroman do dhaoine òga an ionnsachadh a chur gu feum ann an co-theacsan eadar-dhealaichte. Chun seo, chan eil na modhan-obrach a thaobh a bhith a' pearsanachadh ionnsachadh gus coinneachadh ri feuman luchd-ionnsachaidh a tha a' sìor-fhàs nas eadar-dhealaichte an còmhnaidh èifeachdach. Tha feum air tuilleadh obrach gus dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile buidheann de dhaoine òga, a' gabhail a-steach feadhainn le feuman taic a bharrachd a' gluasad air adhart gu ceann-uidhe deimhinneach.

Thar an raoin, tha luchd-sgrùdaidh air feallsanachd na sgoile a chomharrachadh, an taic aoghaireil do dhaoine òga, agus càileachd a' chuideachaidh airson dhaoine òga a bha feumach air taic a bharrachd mar raointean làidir. Bha sgoiltean a' cleachdadh raon farsaing de mhodhan-obrach gus càirdeasan agus modh deimhinneach a bhrosnachadh. San fharsaingeachd, fhuair sinn gun robh an luchd-obrach a' brosnachadh chàirdeasan agus modh deimhinneach, agus a' dèiligeadh ri droch ghiùlain ann an dòigh iomchaidh. Tha lùghdachadh seasmhach air a bhith san àireamh de dhùnadh a-mach sealach bho sgoiltean a tha air tachairt san àm a thathar a' dèiligeadh ris san aithisg seo.

Tha sinn air faicinn sgoiltean a' fàs nas mothachail air an dreuchdan taobh a-staigh Ga Fhaighinn Ceart airson Gach Pàiste agus ag obair le com-pàirtichean gus cànan nas cunbhalach agus co-roinnte a leasachadh airson a bhith a' dèiligeadh ri slàinte agus sunnd. Feumaidh barrachd obair a bhith air a dhèanamh a-nis gus dèanamh cinnteach gum bi foghlam mu dheidhinn Dhàimhean, Slàinte ghnèitheasach agus Pàrantachd a' toirt eòlas agus sgilean do dhaoine òga gus roghainnean fiosraichte, earbsach agus fallain a dhèanamh mu dheidhinn am beatha, an saoghal fìor agus an saoghal air-loidhne.

Dè cho math 's a tha àrd-sgoiltean a' leasachadh càileachd an cuid obrach?


Ann am mòran sgoiltean, thug an luchd-sgrùdaidh breith air taobhan de cheannardas a' cheannaird-sgoile agus an sgioba àrd-cheannardais mar phrìomh neartan. Gu sònraichte, nochd mòran cheannardan-sgoile sgil ann a bhith a' stiùireadh leasachaidh le sealladh agus stiùir shoilleir. Fhuair sinn gun robh na ceannardan a b' èifeachdaich a' cleachdadh dàta agus rannsachadh gu math gus taic a chur ri leasachadh. Sa mhòr-chuid de dh'àrd-sgoiltean a chaidh an sgrùdadh, bha ceannardas aig a h-uile ìre sa choitcheannas èifeachdach. Bha seo a' gabhail a-steach ceannardas gach neach-obrach, a' gabhail a-steach ceannardan nan roinnean, prìomh thidsearan agus tidsearan air ùr-theisteanachadh, agus ceannardas dhaoine òga. Sna cùisean a b' fheàrr, bha cuimse air ceannardas sgaoilte a' neartachadh comas nan sgoiltean sin a bhith ag obair gu com-pàirteachail agus a' cumhachdachadh cheannardan aig a h-uile ìre a bhith a' stiùireadh atharrachadh agus mar thoradh air seo bhathar a' faighinn builean deimhinneach. Bha càirdeasan proifeiseanta eadar sgoiltean agus an com-pàirtichean glè thrì air am faicinn mar nì a bha làidir.

Rè cùrsa an ama ris a bheilear a' dèiligeadh san aithisg seo, tha sinn air leasachaidhean deimhinneach fhaicinn ann am modhan-obrach a thaobh ionnsachadh fad-dhreuchd proifeiseanta (CLPL). Sa mhòr-chuid de dh'àrd-sgoiltean, bha na ceannardan agus na tidsearan dealasach mu, agus an sàs ann, an raon farsaing de chothroman CLPL san sgoil aca, san ùghdarras ionadail aca agus gu nàiseanta.

Fhuair luchd-sgrùdaidh a-mach gun robh raon de phròiseasan èifeachdach ann an àite aig a' mhòr-chuid de sgoiltean airson a bhith a' cruinneachadh fianais air càileachd an cuid obrach, ach cha robh seo an-còmhnaidh air a chleachdadh gu h-èifeachdach gus planadh agus faighinn leasachaidhean ann am builean do dhaoine òga. Tha feum ann fhathast do sgoiltean a bhith a' leasachadh am modh-obrach le com-pàirtichean gus luachadh a dhèanamh air buaidh co-obrachadh a thaobh a bhith a' leasachadh bhùilean airson dhaoine òga. Tha càileachd agus buaidh mheasadh, sgrùdadh agus tracadh de dh'adhartas dhaoine òga rè an fhoghlaim fharsaing choitcheann na raon a tha a' cur feum air leasachadh leantainneach. Bha cus dhe na sgoiltean a chaidh an sgrùdadh nach robh comasach dàta làn-sgoile a thabhann mu dheidhinn coileanadh ìrean a' Churraicealam airson Sàr-mhathais airson S1 gu S3.

⁶ Seirbheis lin gus taic a thoirt do phlanadh dhreuchd èifeachdach

Measaidhean comharran càileachd àrd-sgoiltean – 1 Faoilleach 2012 gu 30 Ògmhios 2016



Bho 1 Faoilleach 2012 gu 30 Ògmhios 2016 rinn sinn sgrùdadh air 109 àrd-sgoiltean air feadh Alba. Fhuair a' mhòr-chuid de dh'àrd-sgoiltean sgrùdadh deimhinneach ⁷.

Leasachadh tro fhèin-mheasadh agus guth an neach-ionnsachaidh

Ann an Acadamaidh Bearsden, Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Ear, tha lèirsinn gu math soilleir aig a' cheannard, agus aig an iar-cheannard aig a bheil uallach airson fèin-mheasadh, a thaobh leasachadh sgoile. Tha iad a' toirt prìomhachas glè àrd do fhèin-mheasadh agus gnìomhan leasachaidh ann an obair làitheil na sgoile. Tha pàirt glè chudromach aig prìomh-thidsearan agus luchd-obrach ann an leasachadh sgoile. Bheir luchd-obrach agus òigridh taic don lèirsinn seo, agus tuigidh iad gur e uallach orra uile a th' ann an leasachadh sgoile. Mar thoradh air seo, tha cultar gu math làidir ann de leasachadh leantainneach le fòcas air iarrtas maireannach gus inbhean glè àrd de bhuileachadh a chumail agus dèanamh cinnteach às cinn-uidhe deimhinneach dhaibh uile.

Tha òigridh aig cnag na cùise a thaobh modhan fèin-mheasaidh agus builean. Tha iad tuigseach, fosgailte agus deònach an sgoil a leasachadh. Tha guth an neach-ionnsachaidh air a bhith na phrìomhachas thar na sgoile airson grunn bhliadhnaichean. Bho chionn greis, ghabh sin a-staigh cruthachadh de Sgioba Mòr-Mhiannach Bearsden, anns a bheil 30 òigridh bho AS1 gu AS6. Tha sgilean aig an òigridh ann a bhith a' co-roinn beachdan mheasaidh air càileachd an ionnsachaidh le luchd-obrach ann an dòigh modhail, cuideachail agus deimhinneach. Bidh an òigridh a' lìonadh plana leasachadh sgoileir agus ag obair còmhla gus uallach a ghabhail airson buileachadh a' phlana sin.

Bhon obair seo, nì luchd-obrach sgrùdadh air a' chleachdadh aca agus comharraichidh iad gnìomhan airson atharrachadh. Tha fianais shoilleir ann gu bheil na modhan seo ag adhbhrachadh leasachaidh anns an sgoil. Tha an òigridh ag ionnsachadh barrachd mu dheidhinn leasachadh sgoile tro ullachadh tionndadh dhaibh fhèin de dh'aithisg Inbhean agus Càileachd. Rinn sgoilearan taisbeanadh do am pàrantan air 'cumadh-inntinn fàsmhor'. Mar thoradh air seo, tha tuigse nas fheàrr aig pàrantan air gnàth-eòlas ionnsachadh an cuid cloinne anns an sgoil. Leanadh an obair seo le pàrantan a' tadhal air roinnean cuspair gus pàirt a ghabhail ann an leasan an àbhaisteach gus eòlas fhaighinn air clasrum Curraicealam airson Sàr-mhathais.

7

Riarachail no nas fheàrr anns gach fear de na comharran càileachd a leanas: leasachaidhean ann an coileanadh, eòlasan luchd-ionnsachaidh agus coinneachadh ri feumalachdan luchd-ionnsachaidh ann an àrd-sgoiltean a chaidh an sgrùdadh eadar Faoilleach 2012 agus Ògmhios 2016

Obair chom-pàirteachais gus coileanadh pearsanta na h-òigridh a neartachadh



Ann an Àrd-sgoil Eastwood, Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear, tha obair chom-pàirteachas èifeachdach le ionnsachadh coimhearsnachd agus seirbhisean leasachaidh agus eile a' cumail taic gu soirbheachail ri òigridh gus an coileanadh pearsanta aca a leudachadh. Tha òigridh a' dol an sàs gu deimhinneach le raon eòlasan taobh a-muigh a' chlasruim, grunn dhiubh a tha a' faighinn taic bho chom-pàirtichean. Tha na h-eòlasan seo a' toirt chothroman do dh'òigridh an cuid eòlais agus sgilean a leasachadh agus a chur gu feum ann an co-theacsan iomchaidh le fàth.

Tha òigridh ann an AS5 agus AS6 a' leasachadh an sgilean airson beatha agus obair tro thaghadh de chothroman stiùiridh, a' gabhail a-staigh stiùireadh ghnìomhan às-dèidh sgoile agus aig àm lòn, leithid danns Bollywood agus buidhnean bhrosnaichean-caithreim agus an comann Scalextrics. Tha òigridh anns a' bhuidheann dràma a' sgrìobhadh sgrìobtaichean agus a' stiùireadh a' bhuidhinn gus seò sgoile a chur air dòigh. Mar thoradh air seo, tha iad a' leasachadh an cuid misneachd agus fèin-mheas. Ghabh an òigridh a' fàthachadh 'Acadamaidh na Stoidhle' an t-uallach gu lèir airson taisbeanadh fasain a chur air dòigh agus a bharrachd leasaich iad an cuid sgilean ann an eagrachas agus obair-sgioba.

Ruitheadh clas 'Sgoiltean don Mhargadh' ann an co-bhonn le Comann na h-Ùireach agus gnìomhachas ionadail. Thug seo cothrom don òigridh obair còmhla le clann bho bhun-sgoiltean co-cheangailte agus le còcaire gus bathar ullachadh gus reic don phoball. Mar thoradh air an ùidh aig òigridh ann an AS6, leasaich an sgoil prògram gus comas-làimhseachaidh a thogail ann a bhith a' toirt taic do shlàinte inntinn an co-aisean le bhith a' trèanadh buidheann de dh'òigridh ann an ciad-chobhair inntinn. Chuir àrd-sgoilearan gnìomhan air dòigh gus maoin a thogail gus teisteanas fhaighinn ann an Ciad-chobhair Èiginn le Ciad-chobhair Naomh Anndra agus aire air an t-seirbhis seo àrdachadh am measg coimhearsnachd na sgoile.

Sgoiltean sònraichte agus sgoiltean sònraichte còmhnaidheach

San fharsaingeachd, fhuair luchd-sgrùdaidh a-mach gun robh sgoiltean sònraichte agus sgoiltean sònraichte còmhnaidheach mar as trice a' coileanadh gu math. An dà chuid ann an sgoiltean sònraichte agus sgoiltean sònraichte còmhnaidheach, fhuaras gun robh neartan sònraichte ann a thaobh càirdeasan de dh'àrd-chàileachd eadar a' chlann, daoine òga agus an luchd-obrach, agus dealas aig luchd-obrach ann a bhith a' leasachadh cùram agus sunnd na cloinne agus daoine òga.

Chunnaic sinn fianais gun robh sgoiltean air an curraicealam aca a leasachadh agus fhuair sinn gu bheil clann agus daoine òga a-nis a' faighinn eòlas air cothroman nas dùbhланаich agus nas iomchaidh gus an sgilean a leasachadh airson ionnsachadh, beatha agus obair. Chunnaic luchd-sgrùdaidh raon de dh'eisimpleirean de mhodh-obrach àrd-èifeachdach ann an cleachdadh teicneòlas gus taic conaltraidh a thoirt do luchd-ionnsachaidh le feuman nas iom-fhillte.

Ann an grunnan chùisean, ge-tà, fhuair luchd-sgrùdaidh a-mach gun robh feum aig sgoiltean tuilleadh àrdachadh a dhèanamh air buileachadh agus meudachadh a dhèanamh air sùileachadh de as urrainn do chlann agus daoine òga a choileanadh. Gus taic a thoirt dhan seo, feumaidh an luchd-obrach sgrùdadh agus tracadh buileachadh agus coileanadh cloinne agus daoine òga nas cruaidhe agus an uair sin gnìomh iomchaidh a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gun dèan iad adhartas iomchaidh.

Dè cho math 's a tha clann agus daoine òga ag ionnsachadh agus a' coileanadh?

Anns na sgoiltean còmhnaidheach agus sna sgoiltean neo-chòmhnaidheach a chaidh a sgrùdadh, sa choitcheannas chunnaic sinn clann agus daoine òga ag ionnsachadh ann an àrainn dheimhinneach agus bhrosnachail. Bha eisimpleirean ann de luchd-obrach a' cleachdadh modhan-obrach chruthachail gus clann agus daoine òga le feumalachdan ionnsachaidh iom-fhillte a chur an sàs tro bhith a' cleachdadh co-theacsan fìor agus iomchaidh airson ionnsachadh. Gus tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air eòlasan ionnsachaidh, feumaidh clann agus daoine òga a bhith an sàs nas motha ann a bhith a' dèanamh taghadh mun ionnsachadh agus a bhith a' planadh an ath cheumnan. Bheireadh seo taic do chlann agus daoine òga a bhith a' stiùireadh an ionnsachadh aca fhèin.

Chunnaic an luchd-sgrùdaidh luchd-obrach a' cleachdadh raon iomchaidh de ghnìomhan agus stoidhlean ionnsachaidh gus luchd-ionnsachaidh a chur an sàs a bha ga fhaighinn doirbh a bhith a' toirt dlùth-àire don obair airson mòran ùine. Sna sgoiltean sònraichte a b' èifeachdaich, bha tuigse shoilleir aig luchd-ionnsachaidh air adhbharan nan leasan agus air na nithean a bhathar a' sùileachadh a dh'ionnsaicheadh iad. Ach cha robh seo cunbhalach thairis air an raon agus, mar thoradh air sin, mhothaich an luchd-sgrùdaidh aig amannan nach robh cuid den chloinn agus de na daoine òga air am brosnachadh agus glè thric nach robh iad an sàs.

Sa mhòr-chuid de sgoiltean sònraichte còmhnaidheach a chaidh a sgrùdadh, bha ionnsachadh na cloinne agus nan daoine òga a' faighinn deagh thaic bhon luchd-cùraim. Sna sgoiltean san robh seo ag obair na b' fheàrr, lorg sinn gun robh fhios aig an luchd-cùraim air na nithean far an robh a' chlann agus na daoine òga feumach air taic a bharrachd gus an cuideachadh a bhith a' soirbheachadh nan ionnsachadh tro stiùireadh practaigeach. Bha eisimpleirean a' gabhail a-steach cuideachadh clann agus daoine òga misneachd fhaighinn ann a bhith ag obair le airgead an uair a bhiodh iad sna bùithtean no a' dol airson biadh.

B' e neart sònraichte san raon a chaidh a lorg an dòigh anns an robh luchd-obrach a' cleachdadh nithean faicsinneach mar dhealbhan agus samhlan gus taic a thoirt do thuigse luchd-ionnsachaidh. Bha am modh-obrach seo air a chleachdadh gu h-èifeachdach gus taic a thoirt do chlann agus daoine òga le duilgheadasan mar uathachas no feumalachdan ionnsachaidh iom-fhillte nach robh comasach an-còmhnaidh a bhith a' leantainn cainnt. Chunnaic an luchd-sgrùdaidh cuideachd eisimpleirean drùidhteach de luchd-obrach a bha a' dèanamh feum èifeachdach de theicneòlas soifhostaigeach gus taic a thoirt do chonaltradh a thaobh luchd-ionnsachaidh le feumalachdan nas iom-fhillte, a' gabhail a-steach nithean mar siognafaidhearan, taic conaltraidh le guth agus teicneòlas sùla.

Fhuair an luchd-sgrùdadh gun robh an ìre mhath a h-uile sgoil sònraichte agus sgoil sònraichte còmhnaidheach le cuimse soilleir agus iomchaidh air slàinte agus sunnd. Mar thoradh air sin, bha a' mhòr-chuid de chlann agus daoine òga a' leasachadh sgilean ann a bhith a' mineachadh agus a' cur an cèill am faireachdainnean. Sna sgoiltean sin, bha a' mhòr-chuid de chlann agus daoine òga a' dèanamh deagh adhartas ann a bhith a' leasachadh an slàinte-inntinn agus an sunnd, gu h-àraidh a thaobh càirdeasan pearsanta agus ann am fàs neo-eisimeileach agus misneachail.

Thar an raoin, tha barrachd dhaoine òga a-nis a' coileanadh Theisteanasan Nàiseanta, gu h-àraidh aig ìrean SCQF 1 agus 2. Tha daoine òga le feumalachdan taic a bharrachd cuideachd a' coileanadh aig ìrean SCQF 3 agus 4. Tha rùm ann airson leasachadh a dhèanamh air dè cho math 's a tha daoine òga a' coileanadh aig ìrean 5, 6 agus 7.

Tha fianais bho sgrùdadh a' sealltainn gu bheil clann agus daoine òga a' faighinn eòlas air soirbheachas tro raon nas fharsaing de dh'iomairtean coimhearsnachd. Gu sònraichte, tha iad a-nis an sàs nas motha ann an greisean-obrach agus cur-seachadan spòrs. Chaidh an coileanadh aithneachadh tro raon de chreideasachan, a' gabhail a-steach Duais Diùc Dhùn Èideann, Duaisean Dynamic Youth agus Duais Iain Muir.

Ged a tha an dealbh iomlan ga leasachadh, tha cothrom ann fhathast coileanadh àrdachadh agus sùileachaidhean a mheudachadh a thaobh cuid den chloinn agus daoine òga aig a bheil tuilleadh dhùbhlain, mar eisimpleir iadsan a tha nan luchd-cùraim òga no a tha a' fulang suidheachadh èiginn ionmhasail. Bu chòir do sgoiltean cuideachd ceumannan nas gnìomhaich a ghabhail ann a bhith a' lùghdachadh bhacaidhean a thaobh ionnsachadh do chlann agus daoine òga a tha ann an cunnart, leithid clann a thathar a' coimhead às an dèidh agus feadhainn le feumalachdan sòisealta agus faireachail.

Dè cho math 's a tha sgoiltean sònraichte a' toirt taic do chloinn agus daoine òga a bhith a' leasachadh agus ag ionnsachadh?

Rè àm na h-aithisg seo, fhuair sinn gun robh na sgoiltean sònraichte air fad air lèirmheas agus ath-leasachadh a dhèanamh air a' churraicealam aca gu ìre shusbainteach. Chunnaic sinn sgoiltean aig a bheil modh-obrach làn-amalaichte agus àrd-èifeachdach a thaobh planadh ionnsachadh dhaoine òga. Tha buaidh aig seo air buileachadh agus coileanadh. Sna sgoiltean sin, bha clann agus daoine òga a' faighinn eòlas air modh-obrach co-leanailteach a thaobh ionnsachadh thar a' churraicealaim agus tha meudachadh ann an roghainn agus pearsantachadh gan cuideachadh ann a bhith a' coinneachadh am feumalachdan ann an dòigh nas èifeachdaich.

An ìre mhath anns a h-uile sgoil shònraichte, mhothaich an luchd-sgrùdadh do leasachaidhean sa churraicealam aig an ìre a bu shine. Bhathar a' sìor-thabhann chothroman na bu dùbhlanaich agus na b' iomchaidh do dhaoine òga gus a bhith a' leasachadh sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair ann an dòighean a bha a' gabhail sùim de ro-ionnsachadh agus a' daingneachadh adhartas aig astar iomchaidh.

Ach fhuair an luchd-sgrùdadh ann an cuid de sgoiltean gun robh astar leasachadh a' churraicealaim air a bhith ro shlaodach. Anns na sgoiltean sin, cha robh an luchd-obrach fhathast sgileil gu leòr gu bhith a' planadh ionnsachadh a tha a' gabhail cunntas air na ceithir co-theacsan de dh'ionnsachadh. Mar thoradh air sin, cha robh clann agus daoine òga a' faighinn eòlas air cothromachd iomchaidh de dh'ionnsachadh a bha a rèir am feumalachdan ionnsachaidh. Bha eisimpleirean ann de dh'eòlasan ionnsachaidh agus de chothroman airson buileachadh aig clann agus daoine òga a bhith air an lùghdachadh mar thoradh air curraicealam cuingealaichte. Bha seo a' gabhail a-steach gun chothrom a bhith aig clann agus daoine òga a bhith ag ionnsachadh nua-chànan ann an àireamh bhrìgheil de sgoiltean sònraichte.

Sa mhòr-chuid de sgoiltean sònraichte, chunnaic an luchd-sgrùdadh clann agus daoine òga a' faighinn buannachd bho àrainn a bha deimhinneach, àrachail agus beairteach a thaobh conaltradh. Bha an luchd-obrach a' dèanamh deagh fheum den bhlàr a-muigh agus den choimhearsnachd ionadail gus cur ri eòlasan an luchd-ionnsachaidh. Mar thoradh air leasachaidhean sa churraicealam, bha a' mhòr-chuid de dhaoine òga a' faighinn chothroman na b' fheàrr gus cuspairean a thaghadh a chuidicheadh iad ann a bhith a' coileanadh raon na b' fharsaing de Theisteanasan Nàiseanta agus de dhuaisean pearsanta.

A thaobh a' mhòr-chuid de sgoiltean a chaidh a sgrùdadh, bha deagh raon de cheanglaichean aca ris a' choimhearsnachd, com-pàirtichean gnothachais agus buidhnean solair trèinidh a bha a' tabhann ghreisean-obrach brioghmhor. Ann an sgoiltean sònraichte còmhnaidheach, bha seo a' gabhail a-steach greisean gnìomhachais a bha faisg air an sgoil agus, aig amannan, san sgìre san robh dachaigh an neach òg. Fhuair sinn gun robh clann agus daoine òga a' faighinn buannachd bho mheudachadh sa phlanadh pearsanta aca a bha gan cuideachadh a bhith a' dol an sàs nas motha nan ionnsachadh agus a' meudachadh am brosnachadh.

Chomharraich luchd-sgrùdaidh eisimpleirean de ghnìomhan air leth, an dà chuid ann an sgoiltean sònraichte agus ann an sgoiltean sònraichte còmhnaidheach far an robh luchd-obrach ag àladh modhan-obrach gu sgìleil gus cuideachadh na cloinne a bhith a' faireachdainn tèarainte, air an coimhead às an dèidh agus gus an cuideachadh a bhith a' meudachadh an comais. Bha deagh thuigse aig an luchd-obrach air na h-uallachaidhean fa leth a bha orra gus taic a thoirt do chlann. Ann an sgoiltean mar sin, bha an luchd-ionnsachaidh gu math stòlda an uair a thigeadh iad do na clasaichean leis na gnìomhan air am beachdachadh gu math a bha air an deagh mhaidseadh ri feumalachdan agus ùidhean gach pearsa fa leth.


Ged a bha taic phearsanta do dhaoine òga a bha a' gluasad air adhart bhon t-seirbheis iomchaidh sa mhòr-chuid de sgoiltean, chomharraich sinn tursan an uair nach robh cothrom iomchaidh aig daoine òga air comhairle. Sna h-eisimpleirean a b' fheàrr, dh'obraich na sgoiltean ann an com-pàirteachas le prìomh bhuidhnean, a' gabhail a-steach Leasachadh Sgìlean na h-Alba, seirbheisean inbheach, goireasan coimhearsnachd agus colaistean gus raon de shlighean a thabhann airson coinneachadh ri feumalachdan dhaoine òga agus an cuideachadh ann a bhith a' dèanamh adhartas

Dè cho math 's a tha sgoiltean sònraichte a' leasachadh càileachd an cuid obrach?

Fhuair an luchd-sgrùdaidh a-mach gun robh ceannardas agus rianachd a' mhòr-chuid de sgoiltean sònraichte agus sgoiltean còmhnaidheach sònraichte èifeachdach. Sna h-eisimpleirean a b' fheàrr, chunnaic sinn gun robh an ceannardas de dh'àrd-chàileachd a' cumhachdachadh agus a' leasachadh comas ceannardais thar an àrd-sgioba-rianachd agus an luchd-obrach. Bha an àrd-luchd-stiùiridh a' brosnachadh mhodhan-obrach chruthachail agus ùr-ghnàthasach gus coinneachadh ri feumalachdan luchd-ionnsachaidh le feumalachdan iom-fhillte agus a' leasachadh chàirdeasan-obrach làidir is èifeachdach le raon-fharsaing de chom-pàirtichean sa choimhearsnachd ionadail.

Ann an sgoiltean còmhnaidheach sònraichte agus seirbheisean cùraim tèarainte, bha a' mhòr-chuid den luchd-stiùiridh a' brosnachadh cultar a bha co-chomhairleach agus colaisteach. Bha iad a' stèidheachadh cultar de leasachadh leantainneach a bha a' cuimseachadh air leasachadh bhuilean na cloinne agus nan daoine òga thar a' chùraim agus an fhoghlaim. Ach fhuair luchd-sgrùdaidh grunn eisimpleirean far nach robh na h-àrd-sgiobaidhean a' toirt stiùir a bha soilleir gu leòr do luchd-obrach foghlaim no a' sgrùdadh agus a' luachadh càileachd an ionnsachaidh agus an teagaisg gu h-èifeachdach.

Thar an raoin, bhreithnich an luchd-sgrùdaidh gur ann caochlaideach a bha buaidh fèin-mheasaidh air adhartas na cloinne agus nan daoine òga. Tha mòran sgoiltean sònraichte agus sgoiltean còmhnaidheach sònraichte fhathast aig ìre thràth ann a bhith a' cur an gnìomh mhodhan-obrach èifeachdach a thaobh a bhith a' tracadh adhartas an luchd-ionnsachaidh tron fhoghlam fharsaing choitcheann. Chan eil iad fhathast air modhan-obrach làidir a leasachadh a thaobh dèanamh cuimseachd air ìrean buileachaidh.



⁸ Riarachail no nas fheàrr anns gach fear de na comharran càileachd a leanas: leasachaidhean ann an coileanadh, eòlasan luchd-ionnsachaidh agus coinneachadh ri feumalachdan luchd-ionnsachaidh ann an sgoiltean sònraichte, sgoiltean còmhnaidh sònraichte nam measg, a chaidh a sgrùdadh eadar Faoilleach 2012 agus Ògmhios 2016.

Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig

Tha riatanas air Foghlam Alba fo reachdas sgrùdadh a dhèanamh air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG). Bho 1 Faoilleach 2012 gu 30 Ògmhios 2016, rinn sinn sgrùdadh air solar na Gàidhlig ann an 42 suidheachadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, agus bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean. Bha seo a' gabhail a-steach sgoiltean Foghlam Meadhan Gàidhlig agus suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne, agus sgoiltean far a bheil Beurla agus Foghlam Meadhan Gàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh san aon t-suidheachadh.

San fharsaingeachd, fhuair sinn gun robh a' mhòr-chuid den chloinn agus de na daoine òga ann am FMG a' dèanamh deagh adhartas ann a bhith a' leasachadh am fileantas sa Ghàidhlig tron fhoghlam fharsaing choitcheann. Mun àm a ruigeadh iad an ìre a b' àirde, tha buileachadh sa Ghàidhlig mar chuspair làidir. Ach ann an suidheachaidhean tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, dh'fhaodadh a' chlann a bhith a' dèanamh adhartas na b' fheàrr agus modhan-obrach na bu sheasmhaich a bhith aca a thaobh bogadh sa chànan⁹.

Tha ùidh ann an dreuchd Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) mar chànan a bharrachd agus leasachadh FMG ann an cuid de cheàrnaidhean de dh'Alba a' fàs.

Gus taic a thoirt don iarrtas seo, tha feum ann dèanamh cinnteach gu bheil gu leòr luchd-cleachdaidh ann agus cothroman ionnsachaidh proifeiseanta tùsail agus fad-dhreuchd, agus goireasan teagaisg de dheagh chàileachd a tha gu sònraichte airson FMG.

Dè cho math 's a tha clann agus daoine òga ag ionnsachadh agus a' coileanadh?

Thar na mòr-chuid de dh'ìrean, fhuair an luchd-sgrùdaidh gun robh luchd-obrach ag obair gu h-èifeachdach gus càirdeasan taiceil a stèidheachadh anns an robh clann agus daoine òga air am brosnachadh a bhith ag ionnsachadh.

Anns na suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh agus cùram chloinne a b' èifeachdaich air an do thadhail sinn, bha an luchd-obrach air taghadh beairteach de ghnìomhan a phlanadh tro mheadhan na Gàidhlig de dh'àrd-chàileachd. Bha seo a' cuideachadh na cloinne a bhith ag ionnsachadh a' chànan mar phàirt de bhogadh. Ach ann an iomadh cùis bha feum air tuilleadh leasachaidhean san dòigh anns an robh an luchd-obrach ag eadar-obrachadh leis a' chloinn tron Ghàidhlig ann an gnìomhan cluiche. Ann an cus shuidheachaidhean, mhothaich an luchd-sgrùdaidh nach robh an luchd-obrach a' tabhann ach beagan gnìomhan ionnsachaidh tron Ghàidhlig, leithid 'àm fàilte' no seinn òrain. Mar thoradh air sin, fhuair sinn nach robh clann a' dèanamh adhartas gu leòr ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig.

M Bha a' mhòr chuid de na bun-sgoiltean a sgrùd sinn a' dèanamh deagh fheum de [chomhairle nàiseanta](#) gus na cothroman a tha aig clann ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig a leasachadh. Thar nan raointean, bha na cùisean a bha a' cur bacadh air clann a bhith ag ionnsachadh gu cunbhalach tro mheadhan na Gàidhlig a' gabhail a-steach dìth tuigse cho-roinnte aig luchd-obrach air a' chleachdadh as fheàrr ann an FMG, gainne luchd-obrach agus, aig amannan, dìth fileantas luchd-teagaisg sa Ghàidhlig

Aig ìrean na bun-sgoile, bha eòlasan na cloinne gu tric air am meudachadh le bhith ag obair le com-pàirtichean a bha air leth fileanta sa Ghàidhlig. Chomharraich luchd-sgrùdaidh gur e ath cheum feumail a bhiodh ann a bhith a' dèanamh cinnteach à adhartas soilleir ann an ionnsachadh na cloinne tro na gnìomhan sin a bha beairteach a thaobh na Gàidhlig a bha a' leantainn air adhart tro ìrean na h-àrd-sgoile. Bu chòir dhan seo a bhith a' gabhail a-steach a bhith a' cleachdadh sgeamaichean dhuaisean foirmeil. Bu chòir do luchd-obrach a bhith a' toirt taic do chlann agus daoine òga a bhith ag aithneachadh nan sgilean cudromach airson ionnsachadh, beatha agus obair a tha iad a' leasachadh. Bu chòir dhaibh cuideachd a bhith ag obair le com-pàirtichean, gus cuideachadh dhaoine òga a bhith a' tuigsinn nan cothroman dreuchdail a tha ann do dhaoine a tha fileanta sa Ghàidhlig.

⁹ Aig an ìre thràth de dh'ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig, agus far nach eil cànan sam bith eile air a chleachdadh, canar 'bogadh' ris.

San fharsaingeachd, aig ìrean na bun-sgoile agus bho S1 gu S3 fhuair luchd-sgrùdaidh a-mach gun robh a' mhòr-chuid de chlann agus daoine òga ann am FMG a' dèanamh deagh adhartas ann a bhith a' leasachadh am fileantas sa Ghàidhlig. Bha sgilean labhairt na Gàidhlig aig a' chloinn agus daoine òga gu tric air an neartachadh le bhith a' gabhail pàirt ann an eòlasan ionnsachaidh mar dheasbad agus dràma. Chunnaic sinn, a' mhòr-chuid den ùine, gun robh luchd-obrach a' cleachdadh slatan-tomhais soilleir gus clann agus daoine òga a chuideachadh eòlas a bhith aca air an dòigh sam biodh iad soirbheachail ann a bhith a' leasachadh an sgilean sgrìobhadh.

Fhuair sinn gun robh tuigse shoilleir aig luchd-obrach aig ìrean na bun-sgoile air dè cho cudromach 's a tha e a bhith a' leasachadh sgilean làidir agus fileanta ann a bhith a' leughadh na Gàidhlig mus tòisich iad a' leughadh na Beurla. Mhothaich an luchd-sgrùdaidh gum feumadh clann agus daoine òga a dhol an sàs ann le raon de theacsaichean Gàidhlig gus an cànan riatanach a leasachadh gus anailis a dhèanamh air ceàrd an sgrìobhadair tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha an fhianais againn a' sealltainn gu bheil feum aig na sgoiltean sa bheil foghlam farsaing coitcheann air ullachaidhean nas fheàrr a bhith aca ann an àite airson measadh agus tracadh adhartas agus coileanadh cloinne agus daoine òga ann an FMG. Bu chòir do luchd-obrach leantainn orra a' planadh raon de mheasadh a tha a' gabhail cunntas de na modhan-obrach suaicheanta airson FMG. An uair a bhithear a' measadh na Beurla, feumaidh an luchd-obrach aithneachadh gum bi a' chlann a' leasachadh an sgilean ann am Beurla nas fhaide air adhart sa churraicealam na bhios an co-aioisean a tha ag ionnsachadh tro mheadhan na Beurla.

San fharsaingeachd, tha buileachadh tron Ghàidhlig aig an ìre as sine làidir. Fhuair a' mhòr-chuid de dhaoine òga a shuidh Teisteanasan Nàiseanta sa Ghàidhlig bho SCQF ìre 5 gu 7 pas aig A-C.

Dè cho math 's a tha clann agus daoine òga a' faighinn taic gus a bhith ag ionnsachadh agus a' leasachadh?

Fhuair an luchd-sgrùdaidh gun robh clann agus daoine òga ann am bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean sa choitcheannas a' faighinn deagh taic len ionnsachadh agus le leasachadh litearras agus Gàidhlig. Sa mhòr-chuid de chùisean a chaidh fhaicinn, thug an luchd-obrach gnìomhan don chloinn agus do na daoine òga a bha aig ìre dùbhlain iomchaidh.

An uair a bha e ri fhaotainn, bha luchd-taic a bhruidhneadh a' Ghàidhlig a' toirt taic èifeachdach do luchd-ionnsachaidh. Bha seo ag obrachadh gu math an uair a bha an taic air ullachadh an co-bhoinn ris na tidsearan. Fhuair sinn gun robh seo a' cuideachadh thidsearan ionnsachadh a phlanadh airson clasaichean ioma-ìre.

Thar nan roinnean, tha mòran sgòp ann fhathast leasachadh a dhèanamh air an taic a thathar a' toirt do luchd-ionnsachaidh le feumalachdan taic a bharrachd. Fhuair sinn gun robh mòran de na h-àrd-sgoiltean a' cleachdadh àm taic phearsanta gus conaltraidhean riaghailteach a dhèanamh le daoine òga mu dheidhinn ionnsachadh agus adhartas. Feumaidh na conaltraidhean sin a-nis a bhith nas sònraichte do dhaoine òga a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig agus a bhith air an coileanadh tro mheadhan na Gàidhlig.

Ann an suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh agus cùram chloinne, tha sinn air sònrachadh gum feum clann eòlas fhaighinn air barrachd dhen churraicealam tro mheadhan na Gàidhlig gus coinneachadh nas fheàrr ris na feumalachdan ionnsachaidh aca.

Fhuair an luchd-sgrùdaidh gun robh a' mhòr-chuid den luchd-obrach sna bun-sgoiltean a' cleachdadh a' Churraicealam airson Sàr-mhathais gu math ann a bhith a' planadh eòlasan ionnsachaidh a bha farsaing agus cothromach. Ach mhothaich iad gun robh feum ann air leasachaidhean ann an àrd-sgoiltean gus dèanamh cinnteach gum biodh slighean ionnsachaidh pearsanaichte ann do dhaoine òga ann an FMG. Feumaidh luchd-obrach feum nas fheàrr a dhèanamh de theicneòlas didseatach, com-pàirteachasan leis a' choimhearsnachd ionadail agus gnothachasan agus colaistean gus taic a thoirt ann a bhith a' libhrigeadh cuid den churraicealam tro mheadhan na Ghàidhlig.

Thar raointean, chomharraich an luchd-sgrùdaidh feum airson raon nas fharsaing de stòrasan FMG. Feumaidh na stòrasan sin cumail suas ri leasachaidhean sa churraicealam, teicneòlas didseatach agus prògraman ùra leithid na feadhainn a tha a' cuimseachadh air a bhith ag àrdachadh coileanadh.

Tha an luchd-sgrùdaidh air faicinn luchd-obrach a' dèanamh deagh fheum de chomhairle ann an [Ionnsachadh Cànanain ann an Alba: Modh-obrach 1 + 2](#) gus a bhith a' meudachadh nan àireamhan dhiubhsan a tha a' dèanamh Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) thar ìrean na bun-sgoile. Ach mhothaich iad lùghdachadh san àireamh de dhaoine òga a bha a' dèanamh Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) agus Gàidhlig aig an ìre as àirde. Tha e cudromach dèanamh cinnteach gun urrainn dha daoine òga leantainn orra ag ionnsachadh na Gàidhlig suas gu agus tron ìre as àirde. Bheireadh seo taic do bharrachd dhaoine òga a bhith a' dèanamh Theisteanasan Nàiseanta tro mheadhan na Gàidhlig.

Dè cho math 's a tha sgoiltean a' leasachadh càileachd an cuid obrach?

Fhuair sinn gun robh an luchd-obrach air dèiligeadh gu math ri cothroman ionnsachadh proifeiseanta fad-dhreuchd a tha gu sònraichte a' cuimseachadh air ceannardas ann am FMG. Ach tha cothrom ann do luchd-solair barrachd feum a dhèanamh de chomhairle nàiseanta air Gàidhlig, mar eisimpleir an uair a bhios iad a' leasachadh an lèirsinn. Gu tric feumaidh sgoiltean feum nas fheàrr a dhèanamh de mhodhan-obrach fèin-luachaidh gus prìomhachasan a chomharrachadh a leanas air adhart gu leasachaidhean ann an càileachd FMG. Bu chòir dhaibh leantainn orra a' dèanamh cinnteach gu bheil teaghlaichean an sàs gu brìgheil ann a bhith a' toirt taic do ghnìomhan leasachaidh. Tha e cuideachd cudromach gu bheil buannachdan dà-chànanaidh, mar a tha air a thàrmachadh tro FMG, air an àrdachadh le teaghlaichean.

Ann an suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh agus cùram chloinne FMG, tha feum ann a bhith a' tabhann ionnsachadh proifeiseanta iomchaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-obrach air an deagh ullachadh gus dèiligeadh ris an leudachadh a tha a' dol a thighinn sna h-uairean airson tràth-ionnsachadh agus cùram chloinne.



Sgoiltean neo-eisimeileach

Bidh Foghlam Alba a' sgrùdadh sampall beag de sgoiltean neo-eisimeileach gach bliadhna. Bidh an sampall sgrùdaidh a' gabhail a-steach aois 3-18, agus sgoiltean còmhnaidheach agus sgoiltean latha, sgoiltean ullachaidh agus bun-sgoiltean, sgoiltean Steiner, sgoiltean eadar-nàiseanta, sgoiltean Ministrealachd an Dion agus sgoiltean creideimh. Bidh luchd-sgrùdaidh cuideachd an sàs ann an leasachadh càileachd agus cuairtean dol an sàs proifeiseanta (QUIPE) agus sgrùdaidhean air sgoiltean a tha air an clàradh às ùr. Rè an ama bho Fhaoilleach 2012 gu Ògmhios 2016 choilean sinn 10 sgrùdaidhean, 25 cuairtean QUIPE agus 9 sgrùdaidhean an dèidh clàraidh.

Fhuair an luchd-sgrùdaidh gun robh an luchd-ionnsachaidh ann an sgoiltean neo-eisimeileach mar as trice àrd-bhrosnaichte agus dleasanach, le beachd deimhinneach a thaobh ionnsachadh. Tha suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh agus cùram chloinne a' tabhann eòlasan de dh'àrd-chàileachd do chlann nas òige. Cha mhòr nach eil na sgoiltean air fad air cultar de fhèin-luachadh agus chnuasachadh a chur an sàs thar nan sgiobaidhean luchd-obrach. Bha na modhan-obrach èifeachdach sin a' leantainn air adhart gu builean air leth deimhinneach do luchd-ionnsachaidh, gu sònraichte a thaobh toraidhean dheuchainnean agus a thaobh a bhith a' faighinn cinn-uidhe dheimhinneach. Tha feum ann a-nis do sgoiltean a bhith a' tracadh ann an dòigh nas rianail na sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair a bhios clann agus daoine òga a' faighinn tro na tachartasan farsaing agus eadar-dhealaichte air a' bhlàr a-muigh.

Dè cho math 's a tha clann agus daoine òga ag ionnsachadh agus a' coileanadh ann an sgoiltean neo-eisimeileach?

An ìre mhath anns a h-uile sgoil, b' e prìomh neart a chaidh a lorg brosnachadh agus beachdan deimhinneach luchd-ionnsachaidh den h-uile aois. Sa mhodh-obrach a b' èifeachdaich, lorg an luchd-sgrùdaidh gun robh cothroman riaghailteach aig clann agus daoine òga a bhith a' com-pàirteachadh agus a' co-roinn an ionnsachaidh le an co-aoisean, agus bha iad soilleir mu dheidhinn nan targaidean aca fhèin agus na h-ath cheumnan nan ionnsachadh. Sa mhòr-chuid de sgoiltean, chunnaic sinn luchd-ionnsachaidh a' faighinn buannachd à cothrom furasta air teicneòlas didseatach a bha a' cur ri an ionnsachadh. Ach fhuair sinn gun robh eadar-dhealachadh ann an càileachd an ionnsachaidh agus an teagaisg thar agus taobh a-staigh roinnean sa mhòr-chuid de sgoiltean. Tha cothrom ann do luchd-obrach a bhith a' co-roinn modh-obrach àrd-èifeachdach ann an ionnsachadh agus teagasg ann an dòigh nas fharsainge. Bu chòir dhan seo a bhith a' gabhail a-steach modh-obrach a bha a' coimhead a-mach nas motha, mar eisimpleir le bhith a' tadhal air sgoiltean eile.

Chomharraich sinn dè cho cudromach 's a bha guth sgoileir mar fheart leasachaidh ann an sgoiltean neo-eisimeileach. Anns an ìre mhath a h-uile sgoil, bha cothroman fiùghanta aig luchd-ionnsachaidh a bhith a' toirt buaidh air taobhan de bheatha na sgoile, mar eisimpleir tro chomataidhean agus buidhnean fòcais. Bu chòir a-nis barrachd àite a bhith aca ann a bhith a' cumadh agus a' stiùireadh an ionnsachaidh aca fhèin sna clasaichean.

Choilean àireamhan àrda de chlann agus daoine òga inbhean coileanaidh glè mhath no sàr mhath sa mhòr-chuid de sgoiltean agus, an ìre mhath sa h-uile sgoil, choilean na daoine òga aig ìre mhath no sàr mhath ann an deuchainnean. Bha na sgoiltean a' toirt cothroman leudaichte agus beairteach do luchd-ionnsachaidh a bhith a' coileanadh nas fharsainge le bhith a' com-pàirteachadh, mar eisimpleir ann an spòrs, eòlasan ciùil, cultarail, còmhnaidheach air a' bhlàr a-muigh agus gu h-eadar-nàiseanta agus tha seo a' leantainn air adhart mar phrìomh neart san raon.

Dè cho math 's a tha sgoiltean neo-eisimeileach a' toirt taic do chlann agus daoine òga a bhith a' coileanadh?

San fharsaingeachd, chunnaic an luchd-sgrùdaidh clann aig ìre sgoil-àraich agus bun-sgoile a' faighinn buannachd bho àrainnean ionnsachaidh a bha brosnachail agus àrachail. Bhruidhinn mòran dhaoine òga aig na h-ìrean a b' àirde san àrd-sgoil a' moladh dealas an tidsearan ann a bhith a' toirt dhaibh taic a bha pearsanta agus iomchaidh an uair a bha feum aca air. Fhuair sinn gun robh càirdeasan àrd-thaiceil aig clann agus daoine òga leis na tidsearan agus le inbhich eile, leithid an luchd-obrach ann an taighean-còmhnaidh.

San fharsaingeachd, fhuair sinn gun robh luchd-obrach ann an sgoiltean neo-eisimeileach ag obair le pàrantan, com-pàirtichean agus buidhnean gu h-èifeachdach gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh fa leth. An ìre mhath anns a h-uile sgoil, bha an luchd-obrach a' cur an sàs prionnsabalan Ga Fhaighinn Ceart airson Gach Pàiste gu soirbheachail. Sa chleachdadh a b' fheàrr, chunnaic sinn gun robh deagh mhothachadh aig a' chloinn agus na daoine òga air slàinte agus sunnd agus bha e comasach dhaibh bruidhinn mu dheidhinn nan neartan agus feumalachdan aca. Bha a' mhòr-chuid de sgoiltean a' lèirmheas agus ag ùrachadh am prògraman agus na cùrsaichean airson slàinte phearsanta agus shòisealta gu riaghailteach. Ach chomharraich an luchd-sgrùdaidh laigsean ann am modhan-obrach a thaobh dìon cloinne agus barantachadh ann am beagan sgoiltean. Bha seo a' gabhail a-steach cùisean luchd-obrach mar modhan-obrach smachd agus cleachdaidhean fastaidh sàbhailte.

Tha lèirsinn agus amasan sgoiltean neo-eisimeileach fa leth a' toirt buaidh air a bheil no nach eil iad a' cur a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais an sàs. Fhuair sinn gun robh an luchd-obrach an ìre math sa h-uile sgoile a' dèanamh lèirmheas air a' churraicealam gu riaghailteach. Sna h-eisimpleirean a b' fheàrr, bha an luchd-stiùiridh air coimhearsnachdan na sgoile air fad a thoirt a-steach ann a bhith a' coimhead às ùr air feallsanachd a' churraicealaim gus coinneachadh ri feumalachdan na cloinne agus nan daoine òga gu soirbheachail. Mar thoradh air sin, fhuair sinn gun robh àireamh de sgoiltean a bha a' sior-fhàs a' leudachadh nan slighean ionnsachaidh a bha rim faotainn do dhaoine òga aig ìrean na h-àrd-sgoile, a' gabhail a-steach a bhith a' tabhann chùrsaichean agus chuspairean ùra. Bha na sgoiltean a' tabhann dheuchainnean agus theisteanasan à Alba no Sasainn, no measgachadh de na dhà. Bha dha no trì sgoiltean a' toirt a' chothruim do dhaoine òga am Baccalaureate Eadar-nàiseanta a dhèanamh. Thar àm na h-aithisg seo chunnaic sinn gun robh sgoiltean a' toirt sùil nas mionaidich air farsaingeachd eòlasan dhaoine òga aig na tràth ìrean san àrd-sgoil gus barrachd chothroman a thoirt a thaobh ionnsachadh ann an doimhneachd. Tha sgoiltean air cothroman de dh'àrd-chàileachd a thoirt do luchd-ionnsachaidh gus coileanadh pearsanta a dhèanamh ann a bhith a' leasachadh sgilean ann an ceannardas agus saoranachd tro bheatha an sgoile agus an coimhearsnachd.

Fhuair luchd-sgrùdaidh a-mach gun robh clann gu bitheanta a' faighinn deagh thaic ann an sgoiltean a tha a' tabhann solar 3-18 gus gluasad furasta a dhèanamh bho thràth ionnsachadh gu bun-sgoil, agus bho ìrean na bun-sgoile gu ìrean na h-àrd-sgoile. Ach tha fhathast rùm ann do sgoiltean a bhith a' togail air ro-ionnsachadh na cloinne nas èifeachdaich mar a bhios iad a' gluasad air adhart bho ìre gu ìre.

Dè cho math 's a tha sgoiltean neo-eisimeileach a' dèanamh cinnteach à leasachadh leantainneach?

Chaidh fhaighinn a-mach gur e neart a bha ann an ceannardas atharrachaidh agus leasachaidh ann an sgoiltean neo-eisimeileach. Ann an glè bheag de sgoiltean chomharraich sinn laigsean anns na h-ullachaidhean airson riaghlachas agus ann am modhan-obrach a thaobh a bhith a' conaltradh ri agus a bhith a' dol an sàs le pàrantan.

Sa mhòr-chuid de sgoiltean, tha na h-àrd sgiobaidhean ceannardais air modhan-obrach math no nas fheàrr na sin a leasachadh gus planadh airson adhartas, stèidhichte air fèin-luachadh ceart. Anns na sgoiltean a bha san t-sampall, fhuair sinn gun deach an ìre mhath a h-uile duine òg air adhart gus àite fhaighinn ann an oilthigh no colaiste. Tha cothrom aig a' mhòr-chuid de sgoiltean leasachadh a dhèanamh air an dòigh anns am bi iad a' cleachdadh luchd-ionnsachaidh, pàrantan agus an com-pàirtichean ann a bhith a' comharrachadh agus a' lèirmheas nam prìomhachasan airson leasachadh.

San fharsaingeachd, tha luchd-obrach ann an sgoiltean neo-eisimeileach air buannachd fhaighinn à cothroman riaghailteach gus a dhol an sàs ann an ionnsachadh proifeiseanta fad-dhreuchd de dh'àrd-chàileachd gus am modh-obrach a leasachadh. Fhuair sinn gun robh a' mhòr-chuid de sgoiltean a' tracadh adhartas sgoilearach chloinne agus dhaoine òga gu math. Tha a-nis feum aig na sgoiltean a bhith a' dèanamh tracadh a tha a' cheart cho math air na sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair a bhios clann agus daoine òga a' faighinn tro na gnìomhan farsaing agus eadar-dhealaichte air taobh a-muigh a' chlas a tha gu tric mar fheart làidir den roinn seo.

Clann a' stiùireadh an ionnsachadh



Anns a' chlas àraich ann an Sgoil Beaconhurst, Sruighlea, tha fìor ghuth aig a' chloinn agus iad a' stiùireadh phàirtean den ionnsachadh agus leasachadh aca ann an dòighean ùr-ghnàthach. Mar eisimpleir, dh'innis clann don luchd-obrach gun robh iad airson an sgilean rothaireachd a leasachadh. Thug an luchd-obrach taic sgileil don chloinn plana gnìomh dhaibh fhèin a leasachadh gus an cuideachadh ionnsachadh dol air baidhseagal gu sàbhailte agus gu h-èifeachdach.

Mar thoradh air seo, rinn clann sgrùdadh air na cunnartan, dh'ionnsaich iad mu chumail nam baidhseagalan agus sàbhailteachd rathaidean agus rinn iad measadh air na sgilean rothaireachd ann an dòigh a bha brìoghmhor agus gu math freagarrach. Chlàr iad an cuid ionnsachaidh gu neo-eisimeileach ann an leabhraichean làir agus anns na pasgain slighe-ionnsachaidh aca. Mar thoradh air an dicheall agus an dealas aca gus ionnsachadh tha a' chlann uile comasach air dol mun cuairt raon na sgoile gu sàbhailte agus gun chuideachadh bho inbhich anns a' bhliadhna ro-sgoil aca.

Slàinte agus sunnd – a' coinneachadh ri feumalachdan coimhearsnachd na sgoile

Chaidh Sgoil George Heriot ann an Dùn Èideann a stèidheachadh ann an 1628 gus mic bhanntrach so-leònta oideachadh. Às dèidh cha mhòr 400 bliadhna, tha an sgoil a' solarachadh eòlasan ionnsachaidh àrd-chàileachdail agus taic phearsanta don choimhearsnachd làithreach de chlann agus òigridh, nam measg mu 80 balaich agus nigheanan a chaill am màthair no an athair.



Choisinn Sgoil George Heriot aithne nàiseanta mar Sgoil Measadh Chòraichean. Mar thoradh air an obair glè èifeachdach san raon seo, tha fòcas gu math làidir aig an sgoil air a bhith a' cumail taic ri buidhnean so-leònta de luchd-ionnsachaidh agus am pàrantan/luchd-cùraim.

A bharrachd air prògraman sònraichte a tha a' dèiligeadh ri ceistean call agus bàis, stèidhich luchd-obrach George Heriot buidhnean taic a tha a' dèiligeadh ri tòrr raointean eile de shlàinte agus sunnd a tha a' buntainn ri coimhearsnachd na sgoile. Mar eisimpleir, tha buidheann soirbheachail Luchd-cùraim Òg ann a tha a' toirt co-thaic do chlann agus òigridh agus buidheann LGBT glè ghnìomhach. Cuirear air dòigh gu cunbhalach bùthan-obrach do phàrantan air raointean a' gabhail a-staigh 'Furachas', 'A' togail dheugairean', 'Inntinn an Deugaire' agus sàbhailteachd air-loidhne. Tha cuideam gu math làidir air feadh coimhearsnachd na sgoile air cho cudromach 's a tha co-mheas agus air cumhachdachadh cloinne agus òigridh.

Ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd

Gu ruige 2015, bhiomaid a' sgrùdadh na coimhearsnachd¹⁰ ionnsachaidh mun cuairt air àrd-sgoiltean neo-chreidmheach aig an aon àm agus gun deach an sgoil a sgrùdadh. Bho 2015 air adhart, ghluais sinn gu bhith a' dèanamh sgrùdaidhean anns an robh fòcas air àrainn nas fharsaing an ùghdarrais ionadail. An cois seo, bhiodh trì sgrùdaidhean de dh'Àite Cruthachail, an co-bhonn le Alba Chruthachail; agus trì sgrùdaidhean de dh'Urrasan Leasachaidh an co-bhonn leis an Comann Urrasan Leasachaidh na h-Alba.

Chomharraich an luchd-sgrùdaidh grunnan phrìomh neartan ann an obair nan seirbheisean ionnsachadh coimhearsnachd is leasachaidh (CLD). Fhuair sinn a-mach gun robh deagh bhuaidh aig saor-thoilich òga sna coimhearsnachdan ionadail aca agus gun robh na seirbheisean a' sìor-thoirt taic do dh'ionnsachadh teaghlach is pàrantachd ann an co-bhonn leis na sgoiltean.

Chomharraich an luchd-sgrùdaidh gu bheil an còrr ann ri dhèanamh, ged a tha dòighean fèin-mheasaidh ann an ionnsachadh coimhearsnachd is com-pàirtichean leasachaidh a' dol am feabhas. Tha e comasach cuideachd a bhith a' clàradh is a' tomhas na buaidh a tha aig saor-thoileachas air daoine fa leth agus air coimhearsnachdan. Feumaidh an raon beachdachadh a-nis air dè seòrsa solair as urrainnear a chur air dòigh gus taic a chumail ri leasachadh dreuchdail is trèanadh an sgioba-obrach.

Dè cho math 's a tha com-pàirtichean a' toirt piseach air ionnsachadh, a' cur chothroman beatha am meud, ag adhartachadh is a' glèidheadh sunnd?

Chomharraich an luchd-sgrùdaidh caochladh phrìomh neartan ann an obair CLD. Nam measg seo bha taic èifeachdach airson so-fhastachd agus sgilean beatha an luchd-ionnsachadh a mheudachadh, agus gnìomhachdan air an deagh dhealbhadh a thug piseach air slàinte inntinn is sunnd dhaoine fa leth agus a chuir am misneachd is fèin-mheasadh am meud. Fhuair sinn a-mach gun robh a' chuid as motha de sholar CLD air amas mar as dual air an fheadhainn a bu mhotha a bha feumach air. Chuir a' chuid as motha de sholar gu làidir ri bhith ag àrdachadh na h-àireimh de dh'òigridh a bha a' toirt a-mach raon de theisteanasan creideasach. Do chuid de òigridh so-leònte, le cion chothroman no le cion mhisneachd, fhuair sinn a-mach gun robh an com-pàirteachadh ann an duaisean òigridh creideasach a' cuideachadh ann a bhith a' togail an ath-leumachd agus do chuid dhiubh, 's e rud a bha seo a bha ag atharrachadh am beathannan gu math.

San fharsaingeachd, tha an àireamh de dh'òigridh a tha a' faighinn duaisean òigridh air a dhol am meud, a' gabhail a-steach na h-àireamhan de dh'òigridh a bhios ag obair gu saor-thoileach tro sgeamaichean duais leithid Duais Dhiùc Dhùn Èideann, Duais Choileanaidh Òigridh, agus duaisean Saltire. Mar thoradh air seo, aig ìre nàiseanta, tha saor-thoileachas làidir ann an iomadh coimhearsnachd ionnsachaidh. Fhuair sinn a-mach gun robh saor-thoilich, saor-thoilich òga nam measg, a' cuideachadh a bhith a' cur am meud chothroman beatha agus a' togail faireachadh coimhearsnachd nas treasa.

Mhothaich sinn gun robh mòran òigridh a bha a' frithealadh bhuidhnean òigridh is gnìomhachdan eile às an sgoil a' faighinn raon farsaing de sgilean a bha a' cur ris na bha iad a' faighinn ann an suidheachaidhean eile. Bha an àireamh de dh'òigridh a bha comasach air bruidhinn air na bha iad ag ionnsachadh a' dol am meud. Chomharraich an luchd-sgrùdaidh gun robh saor-thoilich is buidhnean coimhearsnachd a' togail nan sgilean, misneachd is comas aca tro thaic agus trèanadh aig deagh ìre bho raon farsaing de sholaraichean CLD san roinn phoblach agus san treas roinn.

¹⁰ An raon de sholaraichean CLD air am maoinneachadh gu poblach sna sgìrean cruinn-eòlasach timcheall air àrd-sgoiltean neo-chreidmheach

Ann an iomadh coimhearsnachd ionnsachaidh, fhuair an luchd-sgrùdaidh a-mach gun robh buannachd aig luchd-ionnsachaidh a bha nan inbhich bho sholar a bha a' toirt piseach air an sgilean ann an litearrachd is àireamhachd, am measg sin ionnsachadh a bha air amas gu pongail air an fheadhainn a bha gu h-àraidh gann de chothroman agus an fheadhainn aig an robh na h-ìrean as ìsle de dh'uidheamachaidhean. Chaidh iomadh inbheach air adhart gu ionnsachadh eile is cosnadh mar thoradh air an taic bho sholarichean CLD. Mheas an luchd-sgrùdaidh gun robh an solar a bha a' cuideachadh na feadhna aig nach robh Beurla an cànan màithreil a dhol air adhart gu ionnsachadh eile, fastadh agus foghlam adhartach is foghlam àrd-ìre de chàileachd mhath. Ach mhothaich sinn gun robh beàrn ann an solar de chothroman airson ionnsachadh teaghlaich is inbhich ann an cuid de choimhearsnachdan ionnsachaidh.

Ann an cha mhòr gach coimhearsnachd ionnsachaidh, chomharraich an luchd-sgrùdaidh gur e neart cumanta a bha anns an dòigh sam biodh buidhnean a bha air an ruith sa choimhearsnachd ag obair còmhla ris a' choimhearsnachd ionadail. Thug sinn fa-near gun robh daoine ionadail air an comasachadh a bhith a' toirt buaidh air co-dhùnaidhean sna coimhearsnachdan ionadail anns na h-eisimpleirean as èifeachdaiche. Bha daoine ionadail a' sìor-fhaighinn sheirbheisean ùra agus a' cruthachadh chothroman cosnaidh ann an sgìrean mì-leasaichte, mar eisimpleir tro bhith a' cur air dòigh urrasan leasachaidh. Tha rum ann airson solarichean a bhith a' toirt daoine ionadail an sàs ann am pròiseasan sam bithear a' dèanamh co-dhùnaidhean, a' gabhail a-steach nan Com-pàirteachasan Planadh Coimhearsnachd.

Dè cho math 's a tha com-pàirtichean ag obair còmhla agus a' toirt piseach air càileachd nan seirbheisean is an t-solair?

Air feadh CLD, tha an luchd-sgrùdaidh air barrachd is barrachd fianais fhaicinn gu bheil com-pàirtichean ag obair còmhla nas èifeachdaiche airson càileachd an t-solair a leasachadh ri linn na h-aithisg seo. Anns a' chuid as motha de choimhearsnachdan ionnsachaidh, bha na com-pàirtichean soilleir mu na pàirtean a bha aca fhèin agus mar a bha iad a' cur ri ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd san sgìre ionadail. Sna h-eisimpleirean as fheàrr, chunnaic sinn com-pàirteachasan a bha air an deagh leasachadh agus iad bunaichte air earbsa is spèis do chàch a chèile. Ann an cuid bheag de choimhearsnachdan, tha barrachd ann ri dèanamh airson dèanamh cinnteach gu bheil solar nan seirbheisean co-chrochte agus gu bheil an ìre as ìsle de dhùblachadh ann.

Chunnaic sinn barrachd is barrachd fianais cuideachd de chom-pàirteachas èifeachdach ag obair eadar ionnsachadh coimhearsnachd agus solarichean leasachaidh is sgoiltean. Mhothaich sinn gu bheil gnothachasan ionadail is buidhnean coimhearsnachd a' sìor-chur barrachd ris a' churraicealam ann an àrd-sgoiltean. Air sàillibh seo, tha fòcas nas soilleire ann an cuid de sgoiltean air a bhith a' leasachadh sgilean airson ionnsachadh, beatha is obair. 'S ann a b' èifeachdaiche a bha seo nuair a bhiodh na tidsearan agus an luchd-obrach an ionnsachaidh coimhearsnachd is leasachadh a' planadh agus a' measadh chothroman ionnsachaidh còmhla. Mhothaich an luchd-sgrùdaidh gu tric gun robh luchd-obrach CLD a bha ag obair ann an sgoiltean a' cur ri taic a thoirt gu ionnsachadh nan daoine òga ann an dòigh a bha luachmhor, gu h-àraidh a thaobh na feadhna òga a dh'fheumadh cothachadh ri dùbhlain a bharrachd. Am measg nan eisimpleirean an seo, bha oifigearan com-pàirteachas dachaigh/sgoile a bha ag obair gu dìreach leis na teaghlaichean airson piseach a thoirt air coileanadh is soirbheachas, agus ionnsachadh teaghlaich.


Ged a bha planadh airson leasachadh làidir ann an seirbheisean CLD aig cuid de dh'ùghdarrasan ionadail, feumaidh cuid mhòr eile fianais a chur gu barrachd feum ann a bhith a' tuigsinn nam prìomhachasan a bu chòir a bhith aca san àm ri teachd. 'S e roinn nach deach a leasachadh gu leòr fhathast a tha ann am fèin-mheasadh agus planadh còmhla eadar seirbheisean CLD agus an com-pàirtichean.

San Òg-mhios 2012, dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba an [Community Learning and Development Strategic Guidance](#) a tha ag amas air Com-pàirteachasan Planadh Coimhearsnachd.

Thàinig às an seo an riatanas gum feum gach ùghdarras ionadail plana ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd. Sna h-eisimpleirean as èifeachdaiche a chunnaic sinn, bha structaran com-pàirteach a' cumail taic ri leasachadh nam planaichean seo. Mar thoradh air seo, tha rùn agus seilbh chumanta air a leasachadh. Ann an cùis no dhà, ge-tà, cha robh na planaichean sònraichte no so-thomhais gu ìre a bha math gu leòr.

Anns a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail tha àireamh an luchd-obrach ann an dreuchdan ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd air a bhith a' crìonadh sna còig bliadhnaichean a dh'fhalbh. Le barrachd iarrtasan orra, nas lugha de luchd-obrach làn-thìde agus le bhith an crochadh nas motha air luchd-obrach pàirt-ùine is saor-thoilich, feumar barrachd a dhèanamh airson taic a chumail ri leasachadh dreuchdail agus trèanadh aig gach ìre de sgioba-obrach an ionnsachaidh is leasachaidh coimhearsnachd gus càileachd na seirbheis a ghlèidheadh, agus tha seo a' ciallachadh cuideachd a' cosg airgead nas motha ann an leasachadh ceannardais.

Measaidhean comharran càileachd coimhearsnachd ionnsachaidh – 1 Faoilleach 2012 gu 30 Ògmhios 2016



* Bhathar a' dèanamh nam measaidhean airson nan QI seo bhon Fhaoilleach 2012 dhan Ògmhios 2012, agus an dèidh seo chaidh an dà QI a chur ri chèile airson aon QI a bha a' toirt a-steach gach pàirtiche.

** Bhathar a' dèanamh nam measaidhean airson an QI seo bhon t-Sultain 2012 dhan Ògmhios 2016, agus bha an QI air a sgaradh gu dhà ron an sin.

Com-pàirtichean ag obair còmhla ann an ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd gus taic a chumail ri òigridh

Ann an Comhairle Lodainn Mheadhanaich, tha slighean ionnsachaidh a tha air an toirt seachad le Ionnsachadh Fad-beatha agus So-fhastachd (LLE) a' toirt piseach air cothroman beatha òigridh. Tha na prògraman seo ag amas gu sònraichte air 10 raointean dreuchdail agus tha iad a' toirt taic gu h-èifeachdach don fheadhainn a tha as fheumaich oirre. Tha na Slighean Ionnsachaidh, Leacaich agus Leacaich 2 nam pàirt riatanach de sholar ionnsachaidh na comhairle agus tha iad ag obair gu dlùth le gach àrd-sgoil san sgìre. Tha an t-seirbheis a' cleachdadh dòigh-obrach ceangailte airson freagairt air na feumalachdan aig clann is òigridh aig a bheil raon de dh'easbhaidhean sòisealta, faireachail agus giùlanach agus iad gun a bhith an sàs ann am foghlam leis a' mhòr-chuid. Tha an sgioba a' tairgse taic shùbailteach airson an òigridh fhaighinn an sàs ann am foghlam is dreuchdan a-rithist gus an tèid aca air an làn-chomas a ruigsinn. Tha an t-ionnsachadh air a shònrachadh a rèir na tha gach duine fa leth feumach air agus thathar ga ath-sgrùdadh gu cunbhalach. Tha tòrr dealais agus taic dhian bhon sgioba gu bhith a' togail caidreabh làidir is làn earbsa leis an òigridh. Tha cuid den òigridh a' dol a dh'fhaighinn duaisean Saltire is Youth Achievement. Tha na slighean adhartach, taiceil is a' cur thuige a-rithist ùidh is creideamh na h-òigridh gus na h-ath-cheumannan aca a dhèanamh cinnteach—co-dhiù an e barrachd theisteanasan, saor-thoileachas, colaiste no obraichean ann an roinnean sònraichte mar reic, rianachd, slighe uaine gus ceòl a tha san amharc dhaibh.

Iomradh bho Mhamaidh: "Thàinig an dà latha oirre bho bhith na sìneadh an siud 's an seo fad an latha agus an ìre mhath sìos is mì-thoilichte gu bhith làn spionnaidh is fada nas brosnachte. Tha mi air mo dhòigh gun do ghnog an luchd-obrach agaibh air an doras is gun do chuidich sibh mo nighean fhaighinn a-steach dhan t-slighe uaine."

Iomradh bho neach-obrach LLE: "Bha fear den òigridh dhan tug mi taic glè shàmhach is cha do bhruidhinn e cus. Dh'obair mi còmhla ris an CITB agus ris a' chompanaidh pheantadh a bha aig a' bhràthair airson preantasachd ùr-nodha a chur air dòigh. Tha e ag obair còig làithean san t-seachdain a-nis, agus cuid de dh'oidhcheannan is deiridhean-seachdain. Chuir mi umhail mhòr air, bha coltas nas misneachail air is bha e bruidhneach, agus bha obair gach latha ga chuideachadh gu mòr le fhèin-leasachadh. Tha an t-òigear is a theaghlach glè thaingeil às an taic bhuamsa is bhon sgioba obair shòisealta."



Fiosrachadh dhreuchdan, seirbheisean comhairle is stiùiridh

Rinn Foghlam Alba sgrùdaidhean bhon taobh a-muigh de fhiosrachadh dhreuchdan, seirbheisean comhairle is stiùiridh (CIAG) an co-bhonn le Leasachadh Sgilean na h-Alba (SDS) bhon Ghiblean 2014.

Thar gach roinn seirbheis, fhuair sinn a-mach gun robh obair còmhla le sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus buidhnean coimhearsnachd làidir. Bha luchd-obrach SDS a' cur chom-pàirtichean an sàs gu math ann am planadh is libhrigeadh sheirbheisean còmhla. Rinneadh cinnteach le seo gun robh na seirbheisean a' freagairt ri feumalachdan aithnichte luchd-cleachdaidh, coimhearsnachdan agus prìomh luchd-ùidhe.

A' dol air adhart, bu chòir gum bithear a' cumail fòcas air com-pàirtichean, a' toirt a-steach sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail, ag obair còmhla ris an SDS gus taic a chumail ri feabhas.

Toraidhean is Buaidh

San fharsaingeachd, tha piseach leantainneach air àireamhan na h-òigridh a tha a' gluasad gu cinn-uidhe matha an dèidh dhaibh an sgoil fhàgail. Tha luchd-obrach an SDS a' cumail taic ri toirt gu buil an Tomhais Com-pàirteachaidh¹¹, a thugadh am follais o chionn ghoirid, ann an dòigh mhath. Ged a thugadh an tomhas ùr a-steach ann an 2015, chan eil gach ùghdarras ionadail agus àrd-sgoiltean-còmhnaidh mothachail air.

Fhuair an luchd-sgrùdaidh a-mach gun robh làthaireachd làidir aig luchd-obrach dhreuchdan ann an àrd-sgoiltean ionadail agus gun robh iad ag obair glè èifeachdach le luchd-obrach na sgoile airson seirbheisean CIAG a chur air adhart. Bha luchd-obrach dhreuchdan glè fhaicsinneach agus ruigsinneach leis na sgoilearan. Bhathar a' toirt deagh thaic don òigridh ann a bhith a' leasachadh an cuid sgilean ann an eagrachadh dhreuchdan agus a' tighinn gu co-dhùnaidhean iomchaidh mu na h-ath-cheumnan aca an dèidh dhaibh an sgoil fhàgail. Mar thoradh air a bhith ag obair ann an co-bhonn làidir, tha an àireamh aig ìre nàiseanta de dh'òigridh a tha air a dhol gu ceann-uidhe math air a dhol am feabhas thar tràth na h-aithisge seo.

Mhòthaich sinn gun robh an luchd-obrach dhreuchdan a' cleachdadh fiosrachadh bho sgoiltean gu math ann a bhith a' toirt seachad taic iomchaidh a bha ag amas air na sgoilearan bu mhòtha a bha so-leònte agus a bha an cunnart gun a bhith a' gluasad air adhart gu ceann-uidhe math. A dh'aindeoin seo, tha an fhianais againn a' sealltainn gun robh amannan ann anns nach b' urrainn do luchd-obrach dhreuchdan SDS faighinn gu sgoilearan ann an àrd-sgoiltean airson an comasachadh a bhith a' libhrigeadh fiosrachadh dhreuchdan is seirbheisean stiùiridh. Mar thoradh air seo, cha d' fhuair cuid de na h-òigridh an ìre de sheirbheis a bha a dhìth orra.

Bha an luchd-sgrùdaidh den bheachd gun robh na roinnean seirbheis¹² a sgrùdaich sinn a' toirt seachad raon de sholar a bha air a phlanadh gu math airson freagairt ri feumalachdan nan coimhearsnachd, an luchd-ùidhe, agus an luchd-cleachdaidh. Cha mhòr nach d' fhuair iad gun robh gach neach-cleachdaidh inbheach glè shàsaichte le raon nan seirbheisean a fhuair iad bho luchd-obrach dhreuchdan. Tha an taic a tha ga thairgse tro chòidseadh aona-neach agus stiùireadh, agus cuideachadh le sgilean lorg obrach, air iomadh inbheach a chuideachadh a tha an cunnart an obair a chall a bhith a' faighinn obraichean ùra. Bha manaidsèaran a' toirt seachad deagh ìre de thaic airson cuideachadh ann a bhith a' faighinn grèim air luchd-cleachdaidh a bha doirbh conaltradh riutha. Leasaich is libhrig iad seirbheisean a bha a' toirt fa-near do bhuidhnean sòisealta is cultarach eadar-dhealaichte, agus a' cuideachadh luchd-cleachdaidh ann a bhith a' faighinn seachad air cnapan-starra mar dhùthchaileas agus cùisean còmhdhail.

11 Tha an tomhas com-pàirteachaidh a' gabhail àite cinn-uidhe luchd-fàgail na sgoile mar stòras oifigeil Comharra-colleanaidh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba, 'Meudaich an àireamh de dh'òigridh a tha ag ionnsachadh, a' trèanadh no ag obair.'

12 'S e a tha anns na roinnean seirbheis na sgìrean cruinn-eòlach ris a bheil gach seirbheis CIAG a' cumail taic

Libhrigeadh Seirbheis

Chomharraich an luchd-sgrùdaidh gun robh obair chom-pàirteach làidir ann an gach roinn seirbheise. Bha luchd-obrach SDS a' toirt chom-pàirtichean an sàs gu math ann a bhith a' cur ri planadh is libhrigeadh sheirbheisean còmhla. Dh'obair manaidsearan is luchd-obrach SDS gu math còmhla ann a bhith a' toirt seachad dòigh-obrach sgiobach gus freagairt ri feumalachdan luchd-cleachdaidh is prìomh luchd-ùidhe. Mhothaich sinn gun robh caidreabhan matha agus taiceil ann eadar luchd-obrach airson deagh obair sgiobach a chur air adhart agus deagh chonaltradh is com-pàirteachadh de fhiosrachadh le com-pàirtichean. Dh'obair luchd-obrach SDS gu math còmhla ri com-pàirtichean ionadail airson dèanamh cinnteach gun robh na seirbheisean a' freagairt ris na feumalachdan a chaidh aithneachadh aig luchd-cleachdaidh, coimhearsnachdan is prìomh luchd-ùidhe. San fharsaingeachd, bhreithnich sinn gun robh an raon de sheirbheisean a bha ri fhaighinn le luchd-cleachdaidh is com-pàirtichean air a dheagh phlanadh agus gun robh e a' toirt fa-near do phrìomhachasan nàiseanta agus feumalachdan ionadail. Cha mhòr nach robh deagh rian obrach anns gach sgìre ùghdarras ionadail a chaidh a sgrùdadh airson a bhith a' dol an sàs le luchd-cleachdaidh a tha so-leònte agus leis an fheadhainn aig a bheil easbhaidhean sònraichte a bharrachd. Ghabh an luchd-obrach SDS uallach a dhèanamh cinnteach gun robh ìre de mhathas nan àiteachan iomchaidh agus gun tug iad seachad cothroman gu leòr, earbsach a bhith a' cleachdadh teicneòlas fiosrachaidh is conaltraidh (ICT). Ach mhothaich an luchd-sgrùdaidh gun robh droch bhuaidh air libhrigeadh sheirbheisean CIAG bho àm gu àm ann an sgoiltean leis nach robhar comasach air ITC a chleachdadh gu h-earbsach, agus gun robh seo a' bacadh buannachd sheiseanan obair ann am buidheann agus cleachdadh de sheirbheisean mar [My World of Work](#)¹³.

Ceannardas is cultar càileachd

Bhreithnich an luchd-sgrùdaidh gun robh manaidsearan is ceannardan sgioba, san fharsaingeachd, ag obair gu tairbheach le com-pàirtichean airson libhrigeadh sheirbheisean a phlanadh. Chuir manaidsearan SDS gu math ri buidhnean ionadail Planadh Com-pàirteachas Coimhearsnachd agus chùim iad deagh thaic ri bhith a' toirt gu buil Leasachadh an Sgioba-obrach Òg agus leasachadh sgilean so-fhastachd.


Chleachd sgiobaidhean ionadail is manaidsearan sgìre gu h-èifeachdadh dreuchd ceannard sgioba airson caidreabhan a leasachadh is a chumail ri com-pàirtichean. Bhathar a' brosnachadh an luchd-obrach beachdan a thoirt am follais agus iad seo a leasachadh ann an dòighean a bhiodh a' toirt piseach air èifeachd sheirbheisean. Mar thoradh air seo, mhothaich an luchd-sgrùdaidh gun robh an luchd-obrach air am brosnachadh a bhith a' libhrigeadh sheirbheisean de chàileachd àrd. Tha deagh bhuaidh air a bhith aig toirt a-steach '*Ceannardas Làitheil*¹⁴' air leasachadh sgilean ceannardais thar nan sgioba agus air seilbh luchd-obrach de libhrigeadh sheirbheisean.

Leudaich SDS seirbheisean CIAG am broinn sgoiltean gus toirt a-steach gach buidheann bhliadhnail agus airson barrachd chothroman a thoirt seachad airson planadh còmhla is ionnsachadh proifeiseanta fad-dreuchd. Bu chòir seo a bhith air a bhuileachadh bhon Lùnastal 2016. Ach, thuige seo, mhothaich sinn nach robh a' chuid mhòr de òigridh sna sgoiltean mothachail gu leòr air na seòrsachan de chothroman obrach a dh'fhaodadh a bhith rim faighinn san sgìre ionadail aca. A bharrachd air sin, anns a' mhòr-chuid de sgoiltean, bha toirt a-steach [Inbhe Foghlam Dhreuchdan \(3-18\)](#) aig ìre thràth agus cha do dhrùidh e fhathast gu ruige sheirbheisean ionnsachaidh is teagaisg.

¹³ Seirbheis eadar-lìon airson taic a chumail ri planadh dreuchd èifeachdach

¹⁴ Dòigh-obrach cheannardais SDS

Measaidhean càileachd CIAG - 1 Faoilleach 2012 gu 30 Ògmhios 2016



Tha Foghlam Alba air sgrùdaidhean an taobh a-muigh a dhèanamh air fiosrachadh dhreuchdan, seirbheisean comhairle is stiùiridh an co-bhonn le Leasachadh Sgìlean na h-Alba bhon Ghiblean 2014. Bhon Ghiblean 2014 dhan Ògmhios 2016, tha luchd-sgrùdaidh na Bànrìghe air 10 seirbheisean a sgrùdadh. Chaidh a' chuid as motha de sheirbheisean a measadh mar glè mhath anns gach comharra càileachd.

Ag obair còmhla ri pàrantan gus mothachadh àrdachadh air Inbhe Foghlam Dhreuchdan àrdachadh

Chomharraich sgioba Fiosrachadh Dhreuchdan, Comhairle is Stiùireadh ann an Comhairle Sgìre Rinn Friù gun robh feum ann piseach a thoirt air mothachadh pàrantan den Inbhe Foghlam Dhreuchdan (CES) agus an raon de shlighean an dèidh sgoile a tha ri fhaighinn do dh'òigridh. Nam measg seo bha libhrigeadh thaisbeanaidhean do chathraichean gach comhairle pàrant ann am bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean gus sgìlean stiùireadh dreuchd (CMS) agus còraichean CES a mhìneachadh.

Chuir an luchd-obrach SDS air dòigh com-pàirteachas le Colaiste Taobh Siar na h-Alba agus fastaidhearan ionadail gus tachartas preantasachd ùr-nodha a chumail do pàrantan is òigridh. Bha an tachartas ag amas air fiosrachadh pongail is co-aimsireil a thoirt seachad air slighean-inntrigidh do phreantasachdan ùr-nodha agus an raon de chothroman san sgìre. Mar phàirt den phròiseact Dearbhair Tràth, chomharraich an luchd-obrach SDS sgoil san robh pàtran de dh'ùidh iosal aig pàrantan ann. Dh'obair an luchd-obrach SDS leis an sgoil gus feasgar pàrantan a chumail ann an ionad coimhearsnachd san sgìre. Chuir an tachartas air adhart mothachadh de sheirbheisean SDS agus CMS. Mhothaich an luchd-obrach SDS ag obair ann an sgoiltean gun robh cothrom ann ceangal a dhèanamh le pàrantan na h-òigridh ann an S2/S3 a bha a' taghadh an cuspairean. Tha na tachartasan seo air a bhith a' leudachadh is a' doimhneachadh tuigse nan sgoilearan is nam pàrantan air an raon de chothroman a tha rim faighinn an dèidh na sgoile do dh'òigridh san sgìre agus chuir e air adhart an tuigse den CMS.

A' leasachadh slighean an ìre as àirde air feadh sgìre

Rinn an luchd-sgrùdaidh sgrùdadh tèamatach air aon taobh de sholar ann an sgìre Mhoireibh. Bha sgrùdadh tèamatach am measg aon de grunn dhòighean-obrach ùra ann an sgrùdadh a bhathar gam feuchainn ann an 2015-16. 'S e a bha na lùib ach sgioba den luchd-sgrùdaidh ag obair air feadh sgìre ùghdarrais ionadail gus tèam sònraichte a rannsachadh le fòcas air mar a thèid leis an neach-ionnsachaidh seach air institiud foghlaim no seirbheis fa leth. Bhreithnich an luchd-sgrùdaidh air cho math 's a bha slighean ionnsachaidh san ìre as àirde den Churraicealam airson Sàr-mhathais a' leantainn do chinn-uidhe matha don òigridh.



Air feadh nan àrd-sgoiltean ann an Comhairle Mhoireibh, tha obair chom-pàirteach le luchd-obrach dhreuchdan Leasachadh Sgìlean na h-Alba làidir. Bha an òigridh a' cur meas air an taic a fhuair iad bhon chòidse dhreuchdan ceangailte aca. Tha eòlasan ionnsachaidh barrachd is barrachd a' freagairt air am feumalachdan fa leth. Tha còidsean dhreuchdan ag obair gu math còmhla ri luchd-obrach stiùiridh gus sgìlean stiùiridh dreuchd fhisge a-steach gu prògraman foghlam pearsanta is sòisealta.

Tha obair chom-pàirteach èifeachdach a' leigeil le òigridh ceann-uidhe math fhaighinn an dèidh dhaibh an sgoil fhàgail. Tha leasachaidhean leantainneach ann an obair chom-pàirteach a' leigeil le òigridh a bhith a' cleachdadh phrògraman no eòlasan-obrach mar na prògraman Dreuchd Deiseil, Feachdsgìlean no Ruig, a bharrachd air ionnsachadh san sgoil, sa cholaiste no eòlas-obrach. Mar thoradh air na cothroman seo tha an òigridh a' leasachadh an cuid sgìlean ionnsachaidh, beatha is obair agus thathar gan làn-thaiceadh fhad 's a tha iad a' gluasad gu beatha an dèidh na h-ìre as àirde den Churraicealam airson Sàr-mhathais.

Colaistean

San ùine eadar 2012 is 2016, rinn Foghlam Alba 36 sgrùdaidhean on taobh a-muigh ann an colaistean na h-Alba. Bhathar a' bunaiteachadh nan sgrùdaidhean colaiste air 100 tadhal breithneachail, ris an canar Com-pàirteachadh Bliadhna, air feadh gach colaiste.

Tha an t-atharrachadh gu stèidh sgìreil tro bhith a' cur air bhonn colaistean mòra iomadh-làrach, an cois le Aontaidhean Buil sgìreil ùra agus cuingealachaidhean maoinachaidh san roinn phoblaich, air grunn de dhùbhlain ùra a chur fa chomhair raon nan colaistean. Tha iad aig an aon àm air cothroman cudromach ùra a chur fa comhair. Ged a tha na colaistean air adhartas air choreigin a dhèanamh a thaobh cur a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais an gnìomh, tha an còrr ann ri dhèanamh. Tha an àireamh de luchd-ionnsachaidh ann an colaistean air a dhol am meud, agus tuilleadh dhiubh a-nis a' gluasad gu prògraman làn-thìde agus tuilleadh dhiubh 15-18 bliadhna a dh'aois.

Chomharraich an luchd-sgrùdaidh gun robh grunn neartan ann a chithear ann an raon nan colaistean. Gu seachd àraidh, tha dòighean-obrach air an deagh leasachadh ann an colaistean airson beachdan an luchd-ionnsachaidh a ghabhail. Thathar a' riochdachadh an luchd-ionnsachadh glè mhath aig gach ìre am broinn cholaistean agus tha iad a' cleachdadh raon de chothroman airson cur gu h-èifeachdach ri co-dhùnaidhean a dhèanamh agus ro-innleachd nan colaistean a leasachadh.

San fharsaingeachd, tha rèatan coileanaidh air prògraman colaiste air a dhol am feabhas. Tha a' chuid as motha de luchd-ionnsachaidh làn-thìde a' dèanamh na cùise sa chùrsa cholaiste aca.

A' dol air adhart tha feum ann gum bi fòcas aig colaistean air builean an luchd-ionnsachaidh 15-18 bliadhna a dh'aois a chur am feabhas air cùrsaichean làn-thìde, oir is ann acasan a tha cuid de na rèatan soirbheachais as ìsle.

Dè cho math 's a tha an luchd-ionnsachaidh a' tighinn air adhart is a' faighinn builean freagarrach de dh'àrd chàileachd?

San fharsaingeachd, tha rèatan coileanaidh air prògraman colaiste làn-thìde air a dhol am feabhas. Tha a' chuid as motha den luchd-ionnsachaidh làn-thìde a' dèanamh na cùise sa chùrsa cholaiste aca. Is gnàth gum bi rèatan pais ann am prògraman Foghlam Àrd-ìre nas àirde na ann am prògraman Foghlam Adhartach. Thar an raoin, tha faisg air leth-phàirt den luchd-ionnsachaidh air prògraman colaiste làn-thìde 15-18 bliadhna a dh'aois. Ach tha rèatan soirbheachais na buidhne seo am measg na feadhna as ìsle. Is ann sa bhuidhinn seo a tha an àireamh as motha de luchd-ionnsachaidh a tha a' tarraing a-mach às am prògram mus cuir iad crìoch air, agus an àireamh as àirde de dhaoine a chuireas crìoch air am prògram le ach pàirt den t-soirbheachas. Chomharraich an luchd-sgrùdaidh gu bheil colaiste no dhà ann aig nach eil dòighean-obrach làidir ann airson luchd-ionnsachaidh aithneachadh a tha gu h-àraidh an cunnart tarraing a-mach às a' phrògram agus gun robh cuid dhiubh iar-ghnìomhach seach ro-ghnìomhach. Mar thoradh air seo, cha d' fhuair cuid den luchd-ionnsachaidh eadar-ghabhail aig ìre thràth gu leòr airson an cuideachadh a bhith a' fuasgladh nan cùisean a bha a' toirt buaidh air an cuid fhoghlaim.

Fhuair an luchd-sgrùdaidh a-mach gun robh solar colaiste air a dhealbhadh gu math san fharsaingeachd. Tha e a' freagairt air raon farsaing de fheumalachdan an luchd-ionnsachaidh, agus seo a' toirt a-steach òigridh aig a bheil easbhaidhean taic a bharrachd. Cha mhòr nach robh gach colaiste a' tairgse phrògraman ann an raon farsaing de chuspairean. Bha mòran dhiubh air barantachadh fhaighinn bhon taobh a-muigh airson nan dòighean-obrach aca ann a bhith a' cumail taic ri òigridh. Chunnaic sinn deagh eisimpleirean de cholaistean a bhith ag obair gu dlùth le roinnean obair shòisealta agus sgoiltean ionadail airson fiosrachadh a chom-pàirteachadh agus taic a chumail ri luchd-ionnsachaidh so-leònte.

Dè cho èifeachdach 's a tha pròiseasan ionnsachaidh is teagasg nan colaistean?

Mhothaich sinn gun robh cha mhòr gach colaiste a' planadh a' churraicealaim gu math. Bha iad ag obair gu h-èifeachdach le raon de chom-pàirtichean an taobh a-muigh agus bhathar gan riochdachadh gu math air prìomh bhuidhnean planaich sna sgìrean aca fhèin. Barrachd is barrachd, bha na colaistean a' cur tacsas ris na '*Planaichean Leasachadh Sgilean*'¹⁵ a chaidh an cruthachadh le Leasachadh Sgilean na h-Alba (SDS) agus beachdan a ghabhail bho bhuidhnean gnìomhachais gus buaidh a thoirt air agus fiosrachadh a thoirt gu planadh ro-innleachd sholair. Tro bhith a' leasachadh lèirsinn chom-pàirteach agus tuigse feumalachdan an luchd-ionnsachaidh, dh'fhidir sinn gum bi colaistean a' co-obrachadh gu bhith a' ro-aithneachadh agus a' freagairt ri feumalachdan an dà chuid an eaconomaidh ionadail is nàiseanta.

Bhreithnich an luchd-sgrùdaidh gu bheil cus atharraidh ann a thaobh adhartas ann an toirt gu buil an Curraicealam airson Sàr-mhathais thar raon nan colaistean. Tha colaistean a' leudachadh na tha iad a' tairgse san ìre as àirde aca gus freagairt air feumalachdan na h-òigridh. Mar thoradh air sin, tha an àireamh de phrògraman dreuchdail a tha air an tairgse a' dol am meud ann an raon farsaing de chuspairean. Ach mhothaich sinn nach bi a' chuid as motha de cholaistean ag aithneachadh le gu leòr soillse mar a bhithear a' leasachadh chòraichean aig an ìre as àirde don luchd-ionnsachaidh ri linn libhrigeadh nam prògram. Tha barrachd obrach ann ri dhèanamh gus dèanamh cinnteach gum bi na prògraman a' toirt seachad eòlasan-obrach brioghmhor don luchd-ionnsachaidh uile. Mar thoradh air seo, bha cuid den luchd-ionnsachaidh nach d' fhuair buannachd à eòlas-obrach ann an saoghal na h-obrach airson an taiceadh ann a bhith a' leasachadh sgilean so-fhastachd.

Thòisich cuid de na colaistean air Preantasachd Bun-ìre a libhrigeadh, agus seo a' toirt a-steach feuchainn a-mach modailean le libhrigeadh com-pàirtichte an cois le sgoiltean ionadail is fastaidhearan. Ged a tha sinn aig ìre thràth leis an deuchainn, mhothaich sinn gu bheil na modailean seo a' leantainn gu solar a tha air eadar-cheangail nas fheàrr agus eòlas-obrach nas làine don luchd-ionnsachaidh òg, gu h-àraidh a thaobh riatanasan saoghal na h-obrach.

Bhathar a' fighe leasachadh sgilean ionnsachaidh, beatha is obrach a-steach sa churraicealam sa mhòr-chuid de na colaistean. Chunnaic an luchd-sgrùdaidh gun robhar a' brosnachadh an luchd-ionnsachaidh leis an luchd-obrach a bhith a' cnuasachadh gu cunbhalach air leasachadh nan sgilean seo agus sùil a chumail air an cuid adhartais rè a' phrògram. Sa chuid as motha de na prògraman, bha an luchd-obrach a' cumail taic ris an luchd-ionnsachaidh gu math ann a bhith a' dèanamh cheanglaichean eadar an cuid ionnsachaidh sa chlasrum agus saoghal na h-obrach. Sa chuid as motha de chùisean, mhothaich an luchd-sgrùdaidh gun robh an luchd-obrach a' cleachdadh modhan-obrach ceisteachail gu h-èifeachdach airson dèanamh cinnteach gun robh an luchd-ionnsachaidh a' tuigsinn. Thug iad seachad fiosrachadh cuideachail, an dà chuid sgriobhte agus labhairte, don luchd-ionnsachaidh air na tha aca ri dhèanamh airson a bhith a' leasachadh no a' leudachadh an cuid eòlais. Chuidich seo an luchd-ionnsachaidh ann a bhith a' cnuasachadh air an cuid adhartais.

Shònraich an luchd-sgrùdaidh gum biodh colaistean a' cleachdadh teicneòlasan didseatach airson taic èifeachdach a chumail ri ionnsachadh is teagasg agus iad sin a dhèanamh nas fheàrr. Cha mhòr nach eil Àrainneachdan Ionnsachaidh Mas-fhìor (VLE) deagh-leasaichte aig gach aon a bha a' leigeil leis an luchd-ionnsachaidh studaigeadh gu neo-eisimeileach agus stòrasan fhaighinn taobh a-muigh leasan foirmeil. Bidh luchd-teagasg a' cur VLEan gu feum gu math airson taic a chumail ri dòighean measaidh leantainneach, leigeil le daoine stuthan-ionnsachaidh fhaighinn, agus leigeil leis an luchd-ionnsachaidh obair còmhla air gnìomhachdan ionnsachaidh is pìosan-obrach. Tha modhan-obrach air an deagh leasachadh aig cuid mhòr de na colaistean airson faighinn air-loidhne. Mar thoradh air seo, chunnaic sinn luchd-ionnsachaidh air an taiceadh a bhith a' cur gu feum an innleachdan fhèin leithid tablaidean agus fònaichean-glic san ionnsachadh aca.

Tha fianais bho na sgrùdaidhean againn a' sealltainn gu bheil luchd-obrach colaiste agus còidsean dreuchd SDS a' solarachadh sheirbheisean stiùiridh uile-chuimseach airson cuideachadh a bhith a' dèanamh cinnteach gun robh fios ga chumail ri luchd-ionnsachaidh san ìre as àirde mu na h-ath-cheumannan san ionnsachadh aca no slighean a ghabhadh iad gu bhith air am fastadh. Bha colaiste no dhà a' cur [My World of Work](#)¹⁶ gu feum math, airson cur am follais gu bheil raon farsaing de chothroman ann do luchd-ionnsachaidh. Ach, cha robhar a' faighinn làn bhuannachd às an t-seirbheis seo air feadh raon nan colaistean air fad fhathast.

¹⁵ 'Bidh '*Planaichean Leasachadh Sgilean*' a' toirt cunntas air suidheachadh margaid an eaconomaidh is na saothrach, buailteachdan an sgìlean is solar uidheamachaidh agus beachdan fhastaidhearan air cùisean mòra sgilean aig a bheil buaidh air fàs san roinn

¹⁶ Seirbheis eadar-lìon airson taic a thoirt do phlanadh èifeachdach dreuchd

Dè cho math 's a tha an luchd-ionnsachaidh a' dol an sàs san ionnsachadh aca fhèin agus ann an obair is beatha na colaiste aca?

Mhothaich an luchd-sgrùdaidh gun robh modhan-obrach air an deagh leasachadh aig colaistean gu tric airson beachdan luchd-ionnsachaidh a ghabhail. Bhathar a' riochdachadh an luchd-ionnsachaidh gu math aig gach ìre am broinn cholaistean agus bha iad a' cur gu feum raon de chothroman gu h-èifeachdach airson cur ri bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean agus leasachadh ro-innleachd na colaiste. Nuair a bha an luchd-ionnsachaidh a' gabhail làn phàirt ann, bha cultar com-pàirteachais aig na colaistean, bhathar a' measadh an luchd-ionnsachaidh mar chom-pàirtichean, agus bhathar a' cur luach nan cuid bheachdan.

San fharsaingeachd, chunnacas gun robh an luchd-ionnsachaidh glè mheasail air an taic a bha iad a' faighinn bho luchd-obrach na colaiste. Bha iad a' cur fàilte air a' chothrom a bhith ag ionnsachadh teòrig an cois le sgilean dèanadach agus ghabh iad greisean gnìomhachais os làimh gus an cuideachadh le bhith a' leasachadh an cuid sgilean airson fastaidh. Bha feartan sòisealta beatha na colaiste agus co-theacs phrògraman colaiste aig an robh fòcas air raon dreuchdail san robh ùidh aca a' còrdadh riutha. Bha luchd-ionnsachaidh na b' òige a' faighinn buannachd à cultar taiceil nan colaistean agus an cothrom a bha aca a bhith ag ionnsachadh còmhla ris an leithidean de gach aois.

Dè cho math 's a tha na colaistean air an stiùireadh agus dè cho math 's a tha iad a' toirt piseach air càileachd an cuid sheirbheisean airson luchd-ionnsachaidh is luchd-ùidhe?

Tha an dà latha air tighinn air ceannardas sna colaistean thairis air na trì bliadhnaichean a dh'fhalbh. Chaill an raon tòrr mòr eòlais is teòmachd am measg an luchd-obrach, gu h-àraidh aig ìre mheadhanach is àrd ann am manaidsearachd. Tha sgèal na h-àireamh de luchd-obrach a tha a' gabhail os làimh obraichean ùra aig ìrean meadhanach is àrd de mhanaidsearachd subsainteach. Tha sinn air aithneachadh gu bheil buaidh nan amalachaidhean air fhàgail gum feumadh luchd-obrach feadh iomadh làrach fàs cleachdte ri modhan-obrach ùra, leithid a' toirt gu buil modhan càileachd ùra agus a' leantainn ri modhan ùra ann an conaltradh agus aithisg.

A dh'aindeoin is gun d' fhuair an luchd-obrach gu bheil ceannardas cholaistean èifeachdach, sa mhòr-chuid, air leasachaidhean fhaighinn airson luchd-ionnsachaidh, mhothaich sinn gun robh dùbhlain aig colaiste no dhà a thaobh ceannardais aig am b' urrainnear droch bhuaidh a bhith air adhartas is builean an luchd-ionnsachaidh mur an dèiligear riutha. Cha mhòr nach robh gach colaiste a sgrùdaich sinn ag obair gu math còmhla ri raon de chom-pàirtichean an taobh a-muigh, a' toirt a-steach fastaidhearean ionadail is àrd-sgoiltean. Bha iad a' cur gu deagh fheum na caidreabhan seo airson slighean dreuchdail obrach a phlanadh agus taic a chumail ro òigridh a ghluasad air adhart an dèidh na sgoile. Ach, ann an colaiste no dhà, chan eil planadh còmhla eadar colaistean is com-pàirtichean làidir gu leòr fhathast airson taic a chumail ri modhan ro-innleachdach làn-leasaichte sgireil.

Bhreithnich sinn gun robh na colaistean a' cleachdadh fèin-mheasadh gu math, san fharsaingeachd airson beachdachadh air gach taobh den gnìomhasan agus airson taic a chumail ri planadh-gnìomha a dh'ionnsaigh leasachaidh. Tha seo air a bhith gu h-àraidh faicsinneach ann an colaistean nach deach tro aonadh mar thoradh air roinnealachadh. Ach nuair a tha an t-aonadh air fhàgail gu bheil institudan ùra, nas motha ann, tha luchd-obrach colaiste air tighinn thairis air dùbhlain ann an leasachadh is buileachadh mhodhan fèin-mheasaidh ùra thar na colaiste. Thàinig e am follais bho àm gu àm gun robh obair sgiobach air a bhith duilich eadar manaidsèaran àrd ìre agus manaidsèaran obrachaidh agus ann an cùis no dhà tha droch bhuaidh air a bhith aig seo air càileachd san fharsaingeachd de fhèin-mheasadh agus planaidhean gnìomha airson leasachaidh.

Tha iomadh colaiste air aithneachadh gum feum iad piseach a thoirt air rèataichean soirbheachais an luchd-ionnsachaidh air prògraman làn-thìde Foghlam Adhartach agus sin na phrìomhachas aca. Mhothaich sinn gun robh comharran-coileanaidh air a dhol am feabhas gu soilleir far an robh coinneamhan sgiobaidhean cùrsa ag amas gu sònraichte air glèidheadh agus coileanadh an luchd-ionnsachaidh a bha 15-18 bliadhna a dh'aois. Ach cha bhi a' chuid as motha de cholaistean a' dèanamh anailis fhathast air coileanadh luchd-ionnsachaidh san ìre as àirde mar bhuidheann fa leth. Tha seo a' cuingealachadh comas nan sgioba cùrsa a bhith ag aithneachadh gnìomhan a dh'fhaodadh iad fheuchainn airson leasachadh a tha sònraichte do fheumalachdan an luchd-ionnsachaidh a tha 15-18 bliadhna a dh'aois air prògraman colaiste làn-thìde.

A' cumail taic ri gluasad gu cinn-uidhe matha airson an fheadhainn a tha a' fàgail na sgoile tro bhith a' com-pàirteachadh dàta gu h-èifeachdach



Tha obair chom-pàirteach eadar Colaiste Shrath Fhoirthe agus an t-ùghdarras ionadail air piseach susbainteach a thoirt air planadh modhan gluasaid airson sgoilearan san ìre as àirde den Churraicealam airson Sàr-mhathais. Tha portal com-pàirteachadh dàta na sgoile a' toirt taic do chom-pàirtichean a bhith a' cumail sùil air, a' stiùireadh agus a' cumail taic ri bhith a' gluasad gu prògraman colaiste le bhith a' toirt seachad fiosrachadh ris a' mhionaid mu phròiseas an tagraidh do gach sgoilear.

Thathar a' leigeil le luchd-obrach sgoile gluasad gu luath ann a bhith a' toirt taic shònraichte do sgoilearan fa leth, mar eisimpleir nuair a tha iad ag ullachadh airson agallamhan, a' faighinn a-mach às an sgoil, a' planadh siubhal gu colaiste, a' frithealadh agallamhan, no a' ruigsinn cùmhnantan inntigidh. Tha seo a' leigeil le luchd-obrach na sgoile cobhair shònraichte a thoirt seachad agus sgoilearan a thaiceadh le bhith ag aithneachadh cinn-uidhe eile a tha math. Tha anailis nas pongail de dhàta an dà chuid leis a' cholaiste agus an ùghdarras ionadail a' cuideachadh chom-pàirtichean a bhith ag aithneachadh bhuaileachdan agus a' toirt taic do bhith a' cur air dòigh planadh còmhla airson deagh chleachdadh a chom-pàirteachadh eadar sgoiltean. Tha a' cholaiste air comharradh nam prògraman far nach eil sgoilearan a cheart cho soirbheachail ann a bhith a' faighinn àite. Tha seo air leigeil leis a' cholaiste sgrùdadh a dhèanamh air pròiseasan trusaidh airson nam prògraman seo agus cnapan-starra tuiteamach inntigidh a thoirt air falbh.

A' fighe tionnsgain agus iomairt a-steach sa churraicealam

Dh'aithnich luchd-obrach ann an Colaiste na Gàidhealtachd a Tuath gu bheil cur air adhart sgilean tionnsgain is iomairt air leth cudromach ann an coimhearsnachdan anns a bheil atharrachadh eaconamach a' gabhail àite. Tha leasachadh nan sgilean seo air a mheas na phrìomhachas mòr ann a bhith a' brosnachadh òigridh a bhith a' cruthachadh an cothroman cosnaidh fhèin agus a' cur ri eaconomaidh na sgìre ionadail. Thathar a' toirt seo gu buil le bhith a' cur ràmh a-steach ann an grunn dhòighean agus a' dèanamh cinnteach gu bheil an cothrom aig gach neach-ionnsachaidh bunaichte ann an colaiste a bhith a' faighinn nan sgilean seo, ge b' e dè an cuspair dreuchdail sònraichte aca. Tha mìosachan làn thachartasan a' cumail taic ris an luchd-ionnsachaidh a bhith a' gabhail pàirt ann an tachartasan leithid leasachadh sgilean, bùthan-obrach sgilean stiùireadh dreuchd agus a' tadhal air fastaidhearean. A bharrachd air seo, tha pròiseact iomairt an lùib gach prògram làn-thìde a tha a' freagairt ri gach roinn den churraicealam. Tha cuid mhòr de na tachartasan air an co-òrdanachadh is air an cur air adhart le inntearnach bho '*Institiud Albannach airson Tionnsgain*' a bhios a' stiùireadh agus a' cur air adhart cothroman iomairt thar na colaiste. Tha ceatharnaich iomairt luchd-obrach ag obair còmhla ri ceatharnaich shaor-thoileach bho am measg an luchd-ionnsachaidh airson dèanamh cinnteach gu bheil na gnìomhan seo air an taiceadh is cur air adhart gu h-èifeachdach dhan luchd-ionnsachaidh.

Seirbheisean Saidhceòlas foghlai

Thug Foghlam Alba a-steach modh-obrach ùr airson seirbheisean saidhceòlas foghlam (EPS) a sgrùdadh anns a' Ghiblean 2015 a' cur gu feum modail sgrùdaidh aig a bheil fòcas làidir air a bhith a' dearbhadh fianais gnìomhachdan fèin-mheasaidh a ghabhadh os làimh leis na seirbheisean fhèin. Rè an ama a thathar ga chòmhdach leis an aithisg seo, fhuair sinn a-mach gun tàinig piseach air càileachd ceannardas EPS. Tha lèirsinn nas soilleire ann a-nis airson seirbheisean a tha bunaichte air prìomhachasan nàiseanta is ionadail. Mhothaich sinn cuideachd gun robh EPS a' fàs na bu cheangailte ri planadh ùghdarrasan ionadail. Chomharraich an luchd-sgrùdaidh gun robh pròiseasan fèin-mheasaidh na b' fheàrr aig seirbheisean, ach gum feum iad fòcas nas pongaile fhaighinn air a bhith a' tomhas buaidh agus buil an gnìomhan.

Chomharraich an luchd-sgrùdaidh gun robh eisimpleirean sa mhòr-chuid den EPS de dheagh chleachdadh a thaobh ionnsachaidh is teagaisg agus obair chom-pàirteach. Bha a' chuid as motha de sheirbheisean a' leasachadh pàirt nas motha ann an casgadh agus eadar-ghabhail thràth a thaobh chùisean slàinte inntinn ann an clann is òigridh.

Dè cho math 's a tha seirbheisean saidhceòlas foghlaim a' cumail taic ri clann is òigridh is iad ag ionnsachadh is a' coileanadh?

Fhuair an luchd-sgrùdaidh a-mach gum bi EPS a' tairgse raon farsaing de sheirbheisean do phàrantan, teaghlaichean agus luchd-cùraim a bhith a' cumail taic ri clann is òigridh mar neart sònraichte. Bha seo a' gabhail a-steach obair còmhla ri feadhainn eile gus prògraman ionnsachaidh teaghlaich a thoirt seachad leithid 'P Tribilte' agus 'Pàrantachd Shèimh'. Cha mhòr nach robh gach EPS a chaidh a sgrùdadh a' solarachadh comhairle is seirbheisean co-chomhairleachaidh glè èifeachdach do phàrantan le clann fo aois sgoile aig a bheil easbaidhean taice sònraichte. Bha iad a' ceangal gu math le pàrantan cloinne nas sine agus òigridh cuideachd gus comhairle a thoirt seachad air taic a chumail ri ionnsachadh is leasachadh sòisio-faireachail. Mar thoradh air seo, cha mhòr nach do bhreithnicheadh gun robh gach ùghdarras ionadail agus a' chuid as motha de luchd-ùidhe eile mar phàrantan/luchd-cùraim, luchd-obrach sòisealta, agus luchd-dreuchd slàinte a' cur luach air na tha EPS a' dèanamh.

Tha ar fianais a' sealltainn gun robh na seirbheisean a' toirt seachad raon math de ghnìomhachdan a thogas comas ann an dòigh glè mhath airson luchd-teagaisg is luchd-dreuchd eile, a' gabhail a-steach comhairle, co-chomhairleachadh agus ionnsachadh dreuchdail fad-dhreuchd. Bha na gnìomhachdan seo a' cumail taic ri luchd-obrach ann a bhith a' cuideachadh le freagairt air feumalachdan na h-òigridh ann an roinnean mar leasachadh sgilean litearrachd, a' toirt gu buil Ga Fhaighinn Ceart airson Gach Pàiste agus cur air adhart deagh ghiùlan mar àraich is modhan eiridneach.

Bhreithnich an luchd-sgrùdaidh gun robh an obair a bha EPS a' dèanamh gus taic a chumail ri leasachadh sgilean litearrachd tràth gu tric na prìomh neart. Bha iomadh seirbheis a' toirt am follais stuthan de chàileachd àrd do sgoiltean, a' ceangal gu dìreach leis an luchd-obrach, agus a' leasachadh stiùireadh ann am poileasaidh is obrachadh airson ùghdarrasan ionadail gus piseach a thoirt air càileachd an ionnsachaidh, an teagaisg, agus measadh sgilean tràth litearrachd na cloinne. Bhreithnich sinn gun robh na modhan-obrach seo a' cuideachadh ann a bhith a' togail comas ann an sgoiltean airson piseach a thoirt air coileanadh ann an litearrachd airson cloinne, gu h-àraidh aig na h-ìrean tràtha. Anns an ùine bhig a dh'fhalbh, tha EPS air taic a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail ann a bhith a' leasachadh mhodhan-obrach ann an ionnsachadh is teagasg airson cuideachadh le dèiligeadh ris a' bheàrn choileanaidh a bhuineas do bhochdainn. Feumaidh EPS cumail orra a-nis togail air na neartan seo gus am bi buaidh aca air sgilean tuigse aig ìrean nas àirde agus roinnean eile ionnsachaidh, a' gabhail a-steach àireamhachd agus tomhas slàinte is sunnd.

Mhòthaich sinn gun do ghabh EPS pàirt fada na bu mhòtha ann a bhith a' cumail taic ri slàinte inntinn cloinne agus òigridh. Cha mhòr nach eil an obair seo air fad ro-chasgach is eadar-ghabhailteach tràth le daoine fa leth, teaghlachan agus sgoiltean. Tha an obair seo—air fèin-dhochann, casgadh fèin-mhurt, a' leasachadh caidreabhan altramaidh agus a' toirt piseach air fèin-fhoghainteachd na cloinne is na h-òigridh—a' cuideachadh le bhith a' lùghdachadh na h-uimhir de dhaoine a thathar gan cur air adhart gu buidhnean eile leithid Seirbheis Slàinte Inntinn Cloinne is Òigridh. Mhòthaich an luchd-sgrùdaidh gun robh càileachd agus doimhneachd na h-obrach san roinn seo air a dhol am feabhas cuideachd agus gun robhar a' sìor-thairgse barrachd eadar-ghabhailean slànachaidh leithid slànachadh modh-giùlain cognatach, stiùireadh eadar-obrach bhideo agus dòigh-obrach a tha bunaichte air fuasglaidhean. Tha feum ann a-nis air dàta nas earbsaiche airson sealltainn buaidh ro-chasgach a tha aig eadar-ghabhail thràth air trioblaidean nas miosa slàinte a lùghdachadh.

Ron an seo, bha EPS ag obair còmhla ri solaraichean an dèidh sgoile airson taic a chumail ri òigridh gu ruige aois 24 bliadhna. Mar phàirt dheth seo, bhathar a' toirt seachad fiosrachadh measaidh agus comhairle air ro-innleachdan iomchaidh eadar-ghabhail do dh'òigridh le easbhaidhean taice a bharrachd. Bha buaidh aig cuingealachadh maoinachaidh air obair den t-seòrsa seo. Ged a tha a' chuid as motha a' tairgse comhairle, cha do chomharraich an luchd-sgrùdaidh ach beagan sheirbheisean a tha a-nis a' solarachadh seirbheis iomlan agus uile-chuimseach thar nan còig prìomh dleastanasan, 's e sin co-chomhairleachadh, measadh, eadar-ghabhail, trèanadh agus rannsachadh don fheadhainn a tha 18-24 bliadhna a dh'aois.

Dè cho math 's tha seirbheisean saidhceòlas foghlaim a' toirt piseach air càileachd an cuid obrach?

Tha an luchd-sgrùdaidh againn a' mothachadh gu bheil ceannardas EPS air a dhol am feabhas. Fhuair sinn gu bheil lèirsinn shoilleir aig a' chuid as motha de sheirbheisean a tha a' buntainn do phrìomhachasan nàiseanta is ionadail. Tha na seirbheisean a-nis nas fhille le planadh nan ùghdarras ionadail, rud a tha gan cuideachadh le bhith a' cur barrachd ri agus a' toirt buaidh nas motha air na prìomhachasan as cudromaich airson leasachaidh a dh'ainmich na comhairlean.

Ach tha an fhianais againn a' sealltainn gum bi cus sheirbheisean a' tomhas èifeachd nam pròiseasan fèin-mheasaidh seach buaidh agus builean an obrach. Feumaidh seirbheisean cumail orra le bhith a' leasachadh na pàirte rannsachaidh aca a bhith nas uile-chuimsich agus ceangal nas dlùithe ri litreachas rannsachaidh acadamaeagaich gus an tèid aca air leantainn orra a bhith ag ùr-ghnàthachadh is a' toirt teòirigean ùra gu cleachdadh foghlaim.

Tha an àireamh de luchd saidhceòlas foghlaim a' lùghdachadh agus tha buaidh aig seo air comas nan seirbheisean a bhith a' solarachadh nam prìomh dleastanasan aca fhathast a tha nan trì ìre de dh'obair. Mhòthaich sinn gum bi àite cosnadh bhàn leantainneach ann an cuid mhòr de sheirbheisean agus gu bheil e doirbh dhaibh luchd-obrach ùr a thrusadh. Airson dèiligeadh ri seo, cha mhòr nach eil gach seirbheis a' rannsachadh mar as urrainn dhaibh atharrachadh am modail de libhrigeadh seirbheise gus an dèan iad cinnteach gum bi gnòthaichean co-chothromach don luchd-ùidhe uile.

A' leasachadh sgilean litearrachd aig ìrean nas àirde

Tha Seirbheis Saidhceòlais Shiorrachd Dhùn Breatann an Iar (WDEPS) air a bhith a' cumail taic ris an ùghdarras fhoghlaim ann a bhith a' toirt piseach air sgilean aig ìrean nas àirde ann an leughadh is tuigse aig a' chloinn tro bhith a' cleachdadh dòigh-teagaisg cho-chuimseach (Palinscar agus Brown 1984). Gheibh gach bun-sgoil is àrd-sgoil trèanadh agus stuthan bhon EPS agus seiseanan còidsidh às dèidh làimh.

Chaidh dàta a thrusadh gach bliadhna bho 2012 airson a' bhuidhe a mheasadh air clann agus tidsearan, agus airson leasachaidhean coileanaidh a thomhas, le fòcas air a' bheàrn choileanaidh a lùghdachadh airson na feadhna a bha bu mhotha fo ana-chothrom.

Fhuair WDEPS a-mach gun robh an dòigh-obrach (le fianais bho shaidheans pisich):

- a' toirt piseach air tuigse leughaidh (buannachd 16 mìos thar tràth 6 mìosan) agus mìneachadh na tha ann an clò (buannachd 12 mìos thar tràth 6 mìosan) am measg na feadhna a ghabh pàirt;
- a' cur ri bhith a' lùghdachadh na beàrn coileanaidh eadar an 30% de sgoilearan a bha aig aois bun-sgoile agus a bha a' dèanamh na bu mhiosa agus an 30% dhiubh a bha a' dèanamh na b' fheàrr;
- a' toirt piseach air cleachdadh ro-innleachdan metacognatach nan sgoilearan;
- a' toirt piseach air fios agus tuigse nan tidsearan air mar a bhios iad a' teagasg tuigse leughaidh;
- a' toirt piseach air misneachd nan tidsearan ann a bhith a' teagasg leughaidh; agus
- gu h-àraidh soirbheachail airson na cloinne aig an robh na duilgheadasan as motha ann a bhith a' tuigsinn leughaidh.



Ionnsachadh prìosain

Bidh luchd-sgrùdaidh Foghlam Alba a' measadh càileachd nan gnìomhachdan a-mach à cealla airson nam prìosanach air gach sgrùdadh prìosain a nithear le Àrd-neach-sgrùdaidh na Bànrigh airson Prìosan na h-Alba. Rè na h-ùine eadar Faoilleach 2012 is Ògmhios 2016, ghabh Foghlam Alba pàirt ann an 14 sgrùdaidhean prìosain.

San fharsaingeachd, mhothaich an luchd-sgrùdaidh gum bi prìosan a' tairgse deagh raon de gnìomhachdan ionnsachaidh brìoghmhor a tha a' freagairt ri comas, ùidh agus aois na codach as motha de phrìosanaich. Bha ionnsachadh air a stiùireadh leotha fhèin le cuideachadh iomchaidh bho oidearan nuair a bha feum ann air sin. Chaidh prìomh rud a mhothachadh leis an luchd-sgrùdaidh a b' urrainnear leasachadh agus 's e sin gu bheil feum ann cothroman a b' fheàrr a sholarachadh do phrìosanaich a bhith a' gluasad gu teisteanasan dreuchdail nas adhartaich, agus modhan-obrach a thaobh a bhith a' faighinn fios air ais bho na prìosanaich air càileachd agus planadh gnìomhachdan clàraichte.

Tha Seirbheis Phrìosain na h-Alba (SPS) a' cur gu feum math luachadh an taobh a-muigh agus rannsachadh airson fianais nas fheàrr a bhith aca mun t-solar ionnsachaidh thar nan 13 institiud uile aca.

Dè cho math 's a bhios prìosanaich ag ionnsachadh is a' coileanadh bhuilean?

San fharsaingeachd, fhuair sinn a-mach gum biodh prìosan a' tairgse deagh raon de gnìomhachdan brìoghmhor airson freagairt ri comas, ùidh agus aois na codach as motha de phrìosanaich. An lùib an raoin ud bha cothroman cosnadh ann an grunn rudan mar cur ri chèile fiodh, ath-chuairteachadh is dèiligeadh ri sgudal, obair-ghlèidhidh, solarachadh bidh agus nigheachain. Bhiodh prìosan mar bu trice cuideachd a' toirt seachad cothroman trèanaidh dreuchdail ann an togail, tuathanachas leasa, fuaigheal gnìomhach, glanadh, solarachadh bidh agus peantadh is sgeadachadh.

Anns na h-Ionadan Ionnsachaidh, mhothaich an luchd-sgrùdaidh gun do ghabh na prìosanaich pàirt agus gun do shoirbhich leotha ann an deagh raon de phrògraman aig ìrean SCQF 2-7, nam measg litearrachd, àireamhachd, teicneòlas fiosrachaidh is conaltraidh agus cùrsaichean bun sgilean. Ach mhothaich an luchd-sgrùdaidh nach robh gu leòr chothroman ann do phrìosanaich a ghluasad gu teisteanasan dreuchdail nas adhartaich agus, ann an iomadh cùis, 's e modailean fa leth a bha sna duaisean a bhathar gan tairgse seach duaisean làn.

Thug iomadh prìosanach a-mach teisteanas feumail ann an glanadh gnìomhachail, slàinte is sàbhailteachd, bun sgilean, ciad chobhair san àite obrach (a' toirt a-steach CPR), làimhseachadh le làimh agus sàbhailteachd teine. Bha buidhnean na bu lugha de phrìosanaich a' trèanadh a dh'ionnsaigh cairtean làrach togail agus shoirbhich leotha ann a bhith a' faighinn teisteanasan àrdaichear-forca is iad a' deisealachadh airson an leigeil ma sgaoil. Ach ged a bha an raon de chothroman seo a' meudachadh, bha e fhathast glè bheag.

Dè cho math 's a bhios seirbheis nam prìosan a' cumail taic ri prìosanaich ann a bhith a' leasachadh is ag ionnsachadh?

Bhreithnich an luchd-sgrùdaidh gun robh càileachd nan gnìomhachdan sna h-Ionadan Ionnsachaidh agus air prògraman dreuchdail math agus gun do fhreagair iad ris a' mhòr-chuid de na prìosanaich a ghabh pàirt annta. Bha dà cholaiste a' libhrigeadh nam prògraman ionnsachaidh anns gach prìosan ann an Alba. Bha iad a' solarachadh trèanadh airson luchd-teagaisg a bhith a' toirt seachad raon math de theisteanasan iomchaidh. Bha tòrr den ionnsachadh air a fhèin-stiùireadh, le taic iomchaidh bho na h-oidearan mar a bha sin a dhìth. Chomharraich sinn gun robh luchd-obrach nan Ionadan Ionnsachaidh rim faighinn far an làraich airson taic a chumail ri pàirtean teòirigeach an trèanaidh dhreuchdail agus airson cuideachadh a bhith a' teagasg nam prìosanach ann an sgilean bunaiteach litearrachd is àireamhachd ann an tallaichean còmhnaidh, gu h-àraidh an fheadhainn a tha air an seòrsachadh ann an rèim ghèidhidh.

Chomharraich sinn eisimpleir no dhà de dh'ionnsachadh didseatach agus teisteanasan co-cheangailte a bhathar gan tairgse air feadh na h-oighreachd SPS. Ach mhothaich sinn nach b' urrainnear an t-eadar-lìon a chleachdadh idir ann an gin de phrìosan na h-Alba agus gun robh buaidh mhòr aig sin air a bhith a' cur sgilean didseatach gu feum ann an taic a chumail ri ionnsachadh.

Fhuair an luchd-sgrùdaidh a-mach gun do leasaich an raon de ghnìomhachdan airson prìosanaich an greim sna beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh, ach bha buidheann mhòr ann fhathast de phrìosanaich an greim nach robh a' gabhail pàirt ann am prògraman foghlaim agus dreuchd. Mhothaich sinn gun robh an ìre ìosal de chleachdadh mar thoradh air gnìomhachdan gun a bhith air an cur air adhart glè mhath no nach robh iad ann airson prìosanaich an greim.

Chunnaic sinn gun robh, sa mhòr-chuid, caidreabhan math agus spèis do chàch a chèile am measg prìosanaich is luchd-obrach. Bha na prìosanaich den bheachd gum biodh an luchd-obrach gan cuideachadh gu math sna gnìomhachdan aca. Ged a bha raon farsaing de chomasan aig prìosanaich ann an clasaichean, chunnaic sinn gun robh an luchd-teagaisg a' cumail deagh smachd air astar an ionnsachaidh agus a' toirt seachad dùbhlann freagarrach ri linn gnìomhachdan ionnsachaidh. Mhothaich an luchd-sgrùdaidh nach robh na bha a dhìth de phròiseasan làidir no eagarach airson a bhith ag aithneachadh agus a' toirt taic gu prìosanaich aig an robh easbaidhean taice a bharrachd agus bha an luchd-obrach an crochadh air na prìosanaich ag innse dhaibh mu na h-easbaidhean aca fhèin ma bha feum ann. Ann an cuid de phrìosan, cha robh ach gann gnìomhachdan ann airson prìosanach an rèim ghlèidhidh.

Dè cho math 's a tha seirbheis nam prìosan a' leasachadh càileachd a h-obrach?

Tha ar fianais a' sealltainn gun do chleachd an SPS luachadh is rannsachadh on taobh a-muigh gu math ann a bhith a' cuideachadh le bhith a' cur solar thar nan 13 institiud uile air stèidh fhiosraichte. Bha seo a' gabhail a-steach grunn sgrùdaidhean an taobh a-staigh a rinneadh o chionn ghoirid agus a thug dhaibh fiosrachadh airson a bhith a' leasachadh an ciad Ro-innleachd airson Ionnsachaidh is Sgilean agus Cùmhnant Ginealaich Ùir, a tha air an librigeadh an ceartuair le Colaiste Fhìobha agus Colaiste Ùr Shiorrachd Lannraig.

Am broinn HMYOI Polmont, dhrùidh iomairt mhòr air an luchd-sgrùdaidh a bhathar ga gabhail os làimh ann a bhith ag atharrachadh na h-institiud gu bhith na h-àrainneachd ionnsachaidh. Thathar a' dèanamh Curraicealam airson Sàr-mhathais freagarrach is ga chur an gnìomh a dh'ionnsaigh freagairt ri feumalachdan na h-òigridh a tha an greim. Ghabh Buidheann Stiùiridh Àrainneachd Ionnsachaidh, air a dhèanamh an àirde le prìomh chom-pàirtichean, uallach airson stiùireadh ro-innleachdach air solar foghlaim is trèanaidh. Tha e air a bhith a' leasachadh is a' leudachadh an raoin de dh'ionnsachadh a bhios e a' tairgse, agus thug e seachad leasachadh dreuchdail don luchd-obrach gus an tèid aca air dèiligeadh ris na feumalachdan ionnsachaidh a tha aig na fireannaich òga. Tha seo air fhàgail gu bheil an àireamh de fhìreannaich òga a bhios a' gabhail chothroman an cuid ionnsachaidh a bhith aithnichte is creideasichte air a dhol am meud.

Thar nam prìosan eile, mhothaich sinn gun robh na gnìomhachdan ionnsachaidh air am planadh leis an luchd-obrach airson freagairt ri feumalachdan nam prìosanach. San àrainneachd chuingealaichte, mhothaich sinn gun robh e dùbhlannach do phrìosan gum biodh prìosanaich a' toirt fiosrachadh air ais air càileachd agus planadh gnìomhachdan clàraichte. Mar thoradh air seo, bha na cothroman ach beag aig prìosanaich a bhith a' toirt buaidh air no a' cumachd phàirtean den ionnsachadh fhèin no a bhith a' cur ri planadh nan gnìomhachdan a bha air an tairgse. Chan eil siostaman is modhan-obrach gu bhith a' clàradh na tha ann de phrìosanaich a' gabhail pàirt ann an ionnsachadh agus dè a' bhuidheann a tha aig seo idir làidir fhathast. Airson piseach a bharrachd a thoirt air ionnsachadh, bhreithnich an luchd-sgrùdaidh gum bu chòir don SPS modh-obrach nas co-cheangailte is nas co-sheasmhaich a ghabhail ann a bhith a' cumail taic ri ionnsachadh thar na h-oighreachd aice.

Ionad Chiontach Òga na Bànrigh Polmont

Tha HMYOI Polmont air obair shusbainteach a dhèanamh còmhla ri raon de chom-pàirtichean airson àrainneachd ionnsachaidh a chur air dòigh. Chaidh an Curraicealam airson Sàr-mhathais a dhèanamh freagarrach gus cuideachadh le bhith a' freagairt air feumalachdan na h-òigridh a tha fo ghlas fhad 's a tha còraichean nan ìre as àirde a' ruith agus aig a bheil easbaidhean ionnsachaidh sònraichte, ann an iomadh cùis.

Tha buaidh mhath air a bhith aig seo, an cois ghnìomhachdan is prògraman eile a tha a' toirt taic do na feumalachdan sòisealta is faireachail aca a thàinig gu bhith mar thoradh air cion-chothrom no ciùrradh leanabachd. Tha curraicealam a tha a-nis fad is farsaing air fhàgail gu bheil, mean air mhean, barrachd fhireannach is bhoireannach òga a' gabhail chothroman ionnsachaidh. Tha meudachadh ann cuideachd ann an cothroman creideasachaidh, agus thathar ag aithneachadh is a' comharradh coileanaidh gu cunbhalach.

Tha Buidheann Stiùiridh Àrainneachd Ionnsachaidh, a tha air a dèanamh an àirde le prìomh chom-pàirtichean, na stòras comhairle is taice don ionad. A' leantainn air seo faodaidh an curraicealam cumail air a bhith freagarrach do fheumalachdan na h-òigridh agus a bhith gan uidheamachadh leis an fhiosrachadh is na sgilean a dh'fheumas iad airson a bhith soirbheachail is luachmhor an dèidh dhaibh a bhith air an leigeil ma sgaoil. Tha an àrainn sho-fhastachd agus na h-oifigearan cùraim leantainnich, a chuireadh air dòigh o chionn ghoirid, cuideachd a' toirt piseach air a' ghluasad bho bhith fo ghlas gu bhith sa choimhearsnachd tro cheangal a dhèanamh airson na h-òigridh gu seirbheisean taice is so-fhastachd. An lùib seo tha seirbheisean taigheadais agus sochair, fastadh no foghlam adhartach.



Prìomh Dhùbhlain is cothroman thar raointean

Ann an earrainnean na h-aithisg ron an seo thugadh cunntas air rainse de neartan is feumalachdan leasachaidh anns gach raon anns am bi sinn a' dèanamh sgrùdaidhean is obair mheasaidh. Ann an cuid de chùisean, tha na neartan is laigsean a' buntainn don raon ud a-mhàin, rud a tha a' sealltainn nam feartan eadar-dhealaichte a bhuineas don t-solar, don luchd-ionnsachaidh agus don fheachd-obrach a tha na lùib.

San fharsaingeachd, tha an luchd-sgrùdaidh air fhaicinn gu bheil dealas làidir aig ceannardan agus an luchd-obrach a bhith a' toirt piseach air builean do chloinn is òigridh. Ann an iomadh institiud agus seirbheis dh'ainmich sinn feartan ceannardais mar neart.

Tha foghlam na h-Alba air leth ion-ghabhalta. Leasaich luchd-obrach air feadh gach raoin an eòlas is tuigse de Ga Fhaighinn Ceart airson Gach Pàiste agus tha mòran dhiubh a' cleachdadh nan comharran sunnd airson measadh, planadh is taic iomchaidh a thoirt seachad.

Leasaich eòlasan ionnsachaidh do chloinn is òigridh fad tràth na h-aithisge seo. Gheibh clann is òigridh buannachd à deagh chaidreabhan leis an luchd-obrach is luchd-ionnsachaidh eile. Mar thoradh air seo, san fharsaingeachd, chunnaic sinn clann is òigridh a bha air am brosnachadh, a' gabhail ùidh ann agus a' gabhail làn phàirt anns an ionnsachadh aca. Tha barrachd òigridh a' faighinn creideasachaidh do raon nas fharsaing den chuid ionnsachaidh is choileanadh tro sgeamaichean duais òigridh.

A' coimhead thar na fianaise againn air fad chì sinn còig prìomh fheartan de sholar is cleachdadh foghlaim a bu chòir a bhith nam prìomhachasan airson leasachaidh thar iomadh, no gach, raon mas e is gu bheil luchd-ionnsachaidh Albannach a' dol a choileanadh na dh'fhaodas iad. Is iad seo:

- a' faighinn làn bhuannachd à sùbailteachd a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais gu bhith cho freagarrach 's a ghabhas do fheumalachdan gach neach-ionnsachaidh;
- a' leasachadh mhodhan-obrach airson measaidh is tracadh airson stiùireadh is taic phearsanaichte a thoirt seachad fad an t-siubhail ionnsachaidh;
- a' làn-mheudachadh cur-ris nam com-pàirteachasan le seirbheisean eile, pàrantan agus a' choimhearsnachd air fad airson piseach a thoirt air eòlas ionnsachaidh na cloinne is na h-òigridh;
- a' leasachadh nas motha cleachdadh mhodhan-obrach fèin-mheasaidh is fèin-leasachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil solar gu seasmhach aig ìre àrd de chàileachd; agus
- a' fàs cultar co-obrachail am broinn agus eadar institiudan gus tionnsgain, com-pàirteachadh agus leasachadh còmhla a chur air adhart.

Leanaidh sinn oirnn a-nis le gach puing seo shuas mu seach.

A' faighinn làn bhuannachd à sùbailteachd a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais gu bhith cho freagarrach 's a ghabhas do fheumalachdan gach neach-ionnsachaidh

Chomharraich an luchd-sgrùdaidh iomadh pàirt den ionnsachadh, thar raointean, a chaidh an deagh atharrachadh tro bhith a' toirt gu buil an Curraicealam airson Sàr-mhathais. Bliadhna an dèidh bliadhna, chunnaic sinn mar a dh'fhàs is mar a leasaich an curraicealam. Sa chleachdadh as fheàrr, tha solaraichean air an curraicealam a leasachadh a rèir nan dùilean a thugadh am follais leis an luchd-sgrùdaidh airson taic a chumail ri astar a' bhuileachaidh.

Ach mhothaich sinn nach do rinn cuid de institiudan is seirbheisean an curraicealam freagarrach cho luath no cho ciallach agus a bhathar an dùil.

Feumaidh solaraichean a bhith a' cleachdadh gu tur na pàirtean sùbailteach a bheirear seachad leis a' Churraicealam airson Sàr-mhathais ann a bhith a' dealbhadh curraicealaim a tha gluasadach agus air a ghnàthachadh airson fa-near a thoirt den cho-theacsa ionadail agus feumalachdan agus dòchasan na cloinne is na h-òigridh. Bu chòir a bhith an lùib seo dèanamh cinnteach gu bheil gach neach-ionnsachaidh air a dhùbhlachadh is air a phutadh gu leòr leis an cuid ionnsachaidh agus gu bheilear a' cur cuideim air ionnsachadh is tuigse dhomain seach a bhith dìreach a' dol thairis air tòrr susbaint.

Feumaidh solaraichean curraicealam a dhealbhadh a tha a' toirt seachad slighean adhartachaidh dhan cloinn agus òigridh tro fhoghlam farsaing coitcheann agus an ìre as àirde a tha a' leigeil leis gach neach-ionnsachaidh an t-adhartas as fheàrr a dhèanamh. An lùib seo bithear a' leasachadh shlighean ùra agus prògraman gnàthaichte airson bhuidhnean de chloinn a tha feumach air taic a bharrachd gus dèanamh cinnteach gu bheil iad brosnachtaichte agus a' gabhail ùidh san ionnsachadh. Feumaidh iomadh sgoil barrachd a dhèanamh cuideachd a bhith a' leasachadh càileachd an fhoghlaim fharsaing choitcheann a tha iad a' tairgse sna ciad trì bliadhnaichean àrd-sgoile aca, gus dèanamh cinnteach gu bheil e a' solarachadh doimhneachd is dùbhlachd iomchaidh a leigeas leis an luchd-ionnsachaidh uile coileanadh nas urrainn dhaibh.

Fhad 's a tha solaraichean a' cur gu feum na sùbailteachd a tha aca a-nis ann an dealbhadh ionnsachadh, teagasg is measadh, feumar a bhith faiceallach nach adhbharaich na modhan-obrach ionadail seo uallach obrach neo-riatanach airson an luchd-obrach is an luchd-ionnsachaidh.

Thuige seo, chan eil fhios dè an làn bhuaidh a dh'fhaodas a bhith air litearrachd, àireamhachd agus slàinte is sunnd a stèidheachadh mar phrìomhachasan a ghearras tarsainn air cùisean do thidsearan. Tha feum ann air fòcas nas seasmhaich is èifeachdaich air piseach a thoirt air coileanadh ann an litearrachd is àireamhachd agus air slàinte is sunnd cloinne is òigridh a leasachadh. Feumaidh solaraichean beachdachadh gu domhain air mar a leasaichear slàinte agus sunnd cloinne is òigridh, agus sgilean litearrachd is àireamhachd thar gach roinn a' churraicealaim.

A' leasachadh modhan-obrach airson measaidh is tracadh airson stiùireadh is taic phearsanaichte a thoirt seachad fad an t-siubhail ionnsachaidh

Bu chòir do sholaraichean barrachd a dhèanamh airson a bhith cinnteach gu bheil feumalachdan phàistean is òigridh fa leth agus an cuid ùidhean is dòchasan aig cùl nan co-dhùnaidhean a nithear mu na slighean adhartachaidh a leanas iad tro fhoghlam farsaing coitcheann agus don ìre as àirde. Tha modhan-obrach measaidh, cumail sùil air adhartas agus taic phearsanta aig cridhe na fianais a tha air cùl nan co-dhùnaidhean seo. Leis an fhiosrachadh seo a bhith aca thèid aig solaraichean air togail gu h-èifeachdach air ionnsachadh ro-làimh na cloinne is na h-òigridh, gus dèanamh cinnteach gun gabh an luchd-ionnsachaidh pàirt ann an ionnsachadh aig an ìre iomchaidh de dhuilgheadas.

An lùib fhoghlaim fharsaing choitcheann, tha toirt a-steach barrachd riaghailteachd de bhreithneachadh proifeiseanta, le taic bho mheasaidhean nàiseanta bun-tomhasaichte aig bun-sgoil is na h-ìrean as ìsle san àrd-sgoil, mar phàirt den Fhrèam-obrach Leasachadh Nàiseanta, a' toirt seachad cothrom do sholaraichean seo a làimhseachadh. Bheir na modhan-obrach seo taic dhaibh ann a bhith a' dèanamh bhreithneachaidhean proifeiseanta nas fhiosraichte mu mar a tha clann is òigridh a' faighinn air adhart san ionnsachadh aca.

Feumaidh solaraichean tighinn gu co-dhùnaidhean cudromach mun t-slighe Teisteanasan Nàiseanta as iomchaidh do gach neach-ionnsachaidh. Feumar na co-dhùnaidhean seo a bhith bunaichte air tracadh is sùil dhlùth a chumail air adhartas an luchd-ionnsachaidh tron fhoghlam fharsaing coitcheann. Tha tuigse shoilleir de dh'ìre a' churraicealaim a ruigear anns gach cuspair faisg air deireadh an fhoghlaim fharsaing choitcheann deatamach mar chùl-fhiosrachadh dhan cho-dhùnadh seo agus airson dèanamh cinnteach gum bi adhartas gun amal ann an ionnsachadh airson gach neach-ionnsachaidh is iad a' gluasad dhan ìre as àirde.

A' làn-mheudachadh cur-ris nam com-pàirteachasan le seirbheisean eile, pàrantan agus a' choimhearsnachd air fad airson piseach a thoirt air eòlas ionnsachaidh na cloinne is na h-òigridh

Tha ar fianais gu tric a' sealltainn gu soilleir gu bheil na com-pàirteachasan nan neart a tha a' fàs ann an solar foghlaim. Tha institiudan is seirbheisean a' coimhead barrachd is barrachd air an ceangal le luchd-ùidhe agus a' choimhearsnachd fharsaing a neartachadh. Ach tha an còrr ann ri dhèanamh airson obair chom-pàirteach làidir a chur air stèidh fharsaing ann an dòighean a bheir piseach air solar ionnsachaidh agus a bheir buannachd don chloinn is òigridh dhan ìre as fheàrr.

Mar eisimpleir, feumar barrachd adhartais a dhèanamh eadar solaraichean foghlaim a dh'ionnsaigh planadh co-obrachail air a' churraicealam ann an sgìrean ionadail, co-dhiù gus an tèid aig òigridh air taghaidhean a dhèanamh is adhartachadh gun trioblaid tro shlighean na h-ìre as àirde a nì ciall agus anns am faodadh a bhith measgachadh de sholar sgoile, colaiste agus/no solaraiche trèanaidh.

Ged a rinneadh adhartas susbainteach sna beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh, tha feum ann cuideachd air barrachd dealais agus daingneachd gus obair chom-pàirteach a neartachadh le teaghlaichean, gnothachasan ionadail agus buidhnean ionnsachadh coimhearsnachd is leasachaidh airson taic a chumail ri leasachadh sgilean cloinne is òigridh airson ionnsachaidh, beatha is obrach.

Gu seachd àraidh, bu chòir do sholaraichean a bhith a' neartachadh nas motha mar a bhios pàrantan is teaghlaichean a' gabhail pàirt ann an ionnsachadh an cloinne is a' coimhead air dòighean san toirear a-steach an fheadhainn a tha nas duilghe greim fhaighinn orra.

Le foillseachadh Leasachadh an Sgioba-obrach Òg na h-Alba: Ro-innleachd Cosnaidh Òigridh na h-Alba, thàinig fòcas nas motha air cho cudromach 's a tha com-pàirteachasan ann a bhith a' leasachadh modh-obrach èifeachdach air foghlam dhreuchdan. Feumaidh fòcas gu math soilleir a bhith aig solaraichean air solar ionnsachaidh a leasachadh, adhartachadh is slighean do luchd-ionnsachaidh agus so-fhastachd san amharc, fhad 's a thathar a' fàs com-pàirteachasan a tha ann agus a' cur air bhonn com-pàirteachasan ùra. Bu chòir gum bithear gam measadh seo còmhla agus gu cunbhalach airson dèanamh cinnteach gun tèid builean luchd-ionnsachaidh am feabhas.

A' leasachadh nas motha cleachdadh modhan-obrach fèin-mheasaidh is fèin-leasachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil solar gu seasmhach aig ìre àrd de chàileachd

Ged a tha dealas do phrionnsabalan fèin-mheasaidh na fheart de fhoghlam Albannach a tha air stèidheachadh o chionn fhada, mhothaich sinn gun robh cus seachranachd fhathast ann an cleachdadh is buaidh, air feadh cha mhòr gach raoin, a thaobh fèin-mheasaidh airson fèin-leasachaidh. Do chuid a sholaraichean tha seo a' ciallachadh gum feum iad pròiseasan nas fheàrr a chur air dòigh. Do chàch tha feum ann coimhead nas breithneachaile air an fhianais a chaidh a thional bho fhèin-mheasadh gus obrachadh a-mach na prìomhachasan as iomchaidh airson leasachaidh.

Tha feum ann a-nis air fòcas leantainneach is seasmhach air feadh na dùthcha air fèin-mheasadh is dòighean leasachaidh a chleachdadh gus dèiligeadh ris an t-seachranachd ann an càileachd ionnsachaidh a tha ann an institiudan is seirbheisean agus seo na cheum cudromach a dh'ionnsaigh builean nas fheàrr fhaighinn do chloinn is òigridh.

Tha seo a' ciallachadh gum feumar dèanamh cinnteach gur e cultar a chuireas air adhart leasachaidhean ann an dòighean-teagaisg a tha sna h-institiudan is seirbheisean, agus gu bheil dealas ann ri bhith a' tighinn gu tuigse choithcheann air solar le càileachd àrd agus a tha a' toirt seachad raon de mhodhan-obrach air fèin-mheasadh gus dèanamh cinnteach gum faigh a' chlann is an òigridh uile an t-ionnsachadh as fheàrr fad na h-ùine.

Bu chòir gum bi modhan-obrach leasaichte air fèin-mheasadh a' dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-obrach misneachail ann a bhith a' cleachdadh dhòighean-teagaisg mar 'ceist neach-cleachdaidh' agus gu bheilear a' cur gu feum dàta a tha a' leigeil leotha tuigse dhomhain a leasachadh air teagasg is ionnsachadh air leth èifeachdach agus ceistean breithneachail a chur mun dòigh-obrach aca fhèin.

Feumaidh luchd-obrach ann an institiudan is seirbheisean a dhol an sàs ann an cothroman ionnsachaidh proifeiseanta leotha fhèin agus còmhla a bheir taic dhaibh ann a bhith a' leasachadh an dòighean-obrach fhèin. Tha seo a' gabhail a-steach cleachdadh a cho-phàirteachadh nas fharsaing gus an sgaoil e agus seasmhachd nas fheàrr adhbharachadh ann an càileachd an ionnsachaidh a gheibh a' chlann is an òigridh.

A' fàs cultar co-obrachail am broinn agus eadar institiudan gus tionnsgain, com-pàirteachadh agus leasachadh còmhla a chur air adhart

Tha buannachdan susbainteach aig obair còmhla gu h-èifeachdach ann an, thar agus eadar institiudan agus seirbheisean. Chaidh fhaicinn gu soilleir ann an lèirmheas an OECD an luach a thathar ga chur air obair còmhla mar ro-innleachd agus sin a' moladh gum bu chòir do dh'Alba fòcas a chur air a bhith a' neartachadh 'stiùireadh bhon mheadhan'. 'S e mar a chuirear air adhart obair còmhla aon de na prìomh cheistean air an robh Riaghaltas na h-Alba a' gabhail bheachdan sa cho-chomhairleachadh Comasachadh luchd-teagaisg, pàrantan agus coimhearsnachdan airson tighinn gu Feabhas agus Co-chothromachd - Lèirmheas Riaghaltais.

Chunnaic an luchd-sgrùdaidh deagh eisimpleirean de institiudan is seirbheisean ag obair còmhla airson leasachadh com-pàirteach a chur air adhart, ach bha iad seo ro ghan san fharsaingeachd. Bidh sgaoileadh nas fharsaing de dhòighean ionnsachaidh is teagaisg tro cho-obrachadh èifeachdach eadar solaraichean foghlaim, a dh'fhaodadh a bhith ann an iomadh cruth is cumadh eadar-dhealaichte, deatamach ann a bhith a' lùghdachadh na seachranachd ann an solar a tha ann an-dràsta.

Chunnaic an luchd-sgrùdaidh leasachaidhean ann am modhan-obrach is buaidh ionnsachadh proifeiseanta fad-dhreuchd. Tha barrachd cheannardan is luchd-dreuchd a' dol an sàs ann an ionnsachadh is rannsachadh co-obrachail proifeiseanta. Tha seo gan cuideachadh a bhith a' dèanamh rannsachadh gnìomha agus ga chleachdadh ann an cnuasachadh air an dòighean-obrach fhèin, is atharrachaidhean a dhèanamh a tha stèidhte air fianais agus measadh a dhèanamh air buaidh nan atharrachaidhean seo.

Feumaidh solaraichean togail air an adhartas a rinneadh thuige seo agus co-obrachadh èifeachdach a chur air adhart mar phàirt chunbhalach am modh-obrach ann a bhith a' gabhail os làimh leasachadh eagarach is ionnsachadh dreuchdail, le fòcas air seasmhachd a chur am feabhas ann an ionnsachadh is teagasg.

Co-dhùnadh

Tha sinn a' creidsinn gun dèan e diofar dearbhachail ann a bhith a' coileanadh an dà amais feabhas is co-chothromachd do luchd-ionnsachaidh Albannach a tha aig cridhe an Fhrèam-obrach Leasachadh Nàiseanta ma dhèiligear ris na còig prìomh chùisean airson leasachadh ann an dòigh èifeachdach.

Tha fhios againn gum bi ceannardas fìor mhath deatamach ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil a' dèanamh adhartais math gu leòr, thar gach raoin, agus aig gach ìre san t-siostam. Ged a tha sinn daonnan air cuideam a chur air ceannardas mar neart ann an sgrùdaidhean far a bheil solar làidir no a' dol am feabhas, feumar fòcas leantainneach a bhith air a chur anns gach raoin gus dèanamh cinnteach gu bheil ceannardas math na fheart de gach institiud foghlaim is seirbheise. Tha e deatamach ann a bhith a' buileachadh adhartais agus soirbheachais mar as airidh dhan luchd-ionnsachaidh againn.

Leis gur e a' bhuidheann leasachaidh nàiseanta, tha pàirt deatamach aig Foghlam Alba ri chluich ann a bhith a' cumail taic ri luchd-ionnsachaidh is luchd-dreuchd gus dèiligeadh ris na cùisean cudromach ud tro bhith a' toirt seachad measgachadh de stiùireadh, taic agus conaltradh dìreach tro raon de ghnìomhachdan soilleir is fòcusaichte, agus sgrùdadh is measadh. Bidh na goireasan is gnìomhachdan againn ag amas air taic a chumail ri leasachadh sna roinnean seo.

Cumaidh sinn sùil bhreithneachail air modhan-obrach airson sgrùdaidh is aithisg air càileachd foghlaim thar raointean. Leigidh seo leinn freagairt le luaths is sùbailteachd nuair a thig poileasaidhean is prìomhachasan foghlaim cudromach am bàrr. Cnuasaichidh sinn gu cunbhalach cuideachd air fòcas agus rùintean nan sgrùdaidhean tèamatach de phàirtean sònraichte de foghlam aig ìre nàiseanta stèidhte air prìomhachasan cudromach. San dòigh sin 's e a tha romhainn dèanamh cinnteach gum bi pàirt làidir aig sgrùdadh ri chluich anns an ath thràth de leasachadh foghlam na h-Alba.

Pàipear-taic 1: Bunait fianais agus briathrachas

Tha an fhianais a chaidh iomradh san aithisg seo a' tighinn bho raon farsaing de ghnìomhachdan a rinneadh le Foghlam Alba ri linn Faoilleach 2012-agus - Ògmhios 2016. Tha na toraidhean rannsachaidh bho sgrùdaidhean institiud is seirbheise air an leudachadh le fiosrachadh a thugadh ri chèile bho lèirmheasan air feartan tèamatach de fhoghlam; tadhalan às dèidh làimh agus fòcusaichte do institiudan is seirbheisean; raon farsaing de dh'obair an roinn an fhoghlaim agus eadar-obrachadh le luchd-ùidhe aig ìrean ionadail is nàiseanta.

Briathran càileachdail is uimhireil

Tha na briathran a leanas air an cleachdadh ann an sgrùdadh is aithisgean measaidh agus tha iad air an cleachdadh san sgrìobhainn seo.

Sàr-mhath	math dha-rìribh, aig an ìre as fheàrr san raon
Glè mhath	neartan susbainteach
Math	neartan cudromach a ghabhas leasachadh
Riarachail	tha neartan beagan nas motha na laigsean
Lag	laigsean cudromach
Mì-riarachail	laigsean susbainteach

Tha na briathran cumanta uimhireil a leanas air an cleachdadh le Foghlam Alba

Uile	100 %
Cha mhòr uile	91 - 99%
A' chuid as motha	75 - 90%
A' mhòr-chuid	50 - 74%
A' bheag-chuid/nas lugha na leth	15 - 49%
Feadhainn	nas lugha na 15%

Tha briathran uimhireil eile a thathar gan cleachdadh san sgrìobhainn seo air an tuigsinn mar ann an Gàidhlig làitheil.

Is dòcha nach tig na h-àireamhan à ceud ri chèile gu 100% air sgàth cuairteachadh mu dheireadh.

Clàr de dh'aithisgean sgrùdaidh agus lèirmheas air cuspair

Dh'fhoillsich Foghlam Alba raon de dh'aithisgean rannsachaidh buntainneach air taobhan foghlaim stèidhte air fianais a chaidh a chruinneachadh ri linn Faoilleach 2012-agus -Ògmhios 2016.

Foillseachaidhean 2016

Lèirmheas tèamatach Sgìre Mhoireibh (Cèitean 2016) _

<https://education.gov.scot/Documents/ThematicReviewMorayArea160516.pdf>

Aithisg Preantasachd Ùr-nodha Gruaigearachd: aithisg air lèirmheas air trèanadh far-dhreuchd ann am Preantasachd Ùr-nodha (Samhain 2016)

<https://education.gov.scot/Documents/MAreport-hairdressing-nov16.pdf>

Leasachadh de sho-fhastachd luchd-ionnsachaidh ann an colaistean na h-Alba: Aithisg thaobhan (Sultain 2016)

<https://education.gov.scot/Documents/LearnerEmployabilityColleges300916.pdf>

Planadh agus taobhachas curraicealaim ann an colaistean na h-Alba: Aithisg thaobhach (Sultain 2016)

<https://education.gov.scot/Documents/CurriculumPlanningAndAlignmentInColleges300916.pdf>

Aithisg gearr-chunntas obair-làraich nan àrd-sgoiltean (Sultain 2016)

<https://education.gov.scot/improvement/Documents/frwk12-secondary-school-fieldwork-summary2016.pdf>

Foillseachaidhean 2015

Aithisg threòrach preantasachd ùr-nodha innleadaireachd: aithisg air trèanadh far-obair ann am Preantasachdan Ùr-nodha Innleadaireachd (Samhain 2015)

<https://education.gov.scot/Documents/MAreport-engineering.pdf>

Lèirmheas air duaisean òigridh ann an Alba: A' cuideachadh òigridh a bhith nan saoranaich shoirbheachail, misneachail, èifeachdach is ciallach (Samhain 2015)

<https://education.gov.scot/Documents/youth-awards-review-2015.pdf>

Aithisg bhliadhnail gu SFC air toraidhean rannsachaidh gnìomhachd luachaidh Foghlam Alba ann an colaistean na h-Alba ri linn 1 Lùnastal 2014-31 Iuchar 2015 (Dùbhlachd 2015)

<https://education.gov.scot/Documents/AnnualReporttoSFC181215.pdf>

Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd ann an Curraicealam airson Sàr-mhathais: 1. Ìre as Àirde (Sultain 2015)

<https://education.gov.scot/Documents/CLDinCfEtaskreportSept2015.pdf>

A' tuigsinn luchd-ionnsachaidh a' faighinn soirbheachas gu ìre: Aithisg thèamatach air solar ann an Colaistean na h-Alba air sgàth Comhairle Maoineachaidh na h-Alba (Sultain 2015)

<https://www.education.gov.scot/Documents/UnderstandingLearnersAchievingPartialSuccessReport.pdf>

A' cleachdadh na seirbheis eadar-lìon My World of Work airson taic a chumail ri planadh dreuchd èifeachdach (Sultain 2015)

<https://www.education.gov.scot/Documents/UseMyWoWThematicTaskReport.pdf>

Aithisg thaobhach air modhan-obrach com-pàirteachas an Ùghdarrais Fhoghlaim agus ITE Oilthigh (ciad thràth) (Sultain 2015)

https://education.gov.scot/Documents/AspectReview_ITEPartnershipArrangements1.pdf

Ag ullachadh òigridh don àm ri teachd: luachadh air na modhan-obrach a chuireadh air dòigh le colaistean na h-Alba airson a bhith a' libhrigeadh còraichean na h-ìre as àirde den Churraicealam airson Sàr-mhathais air sgàth Comhairle Maoineachaidh na h-Alba (Sultain 2015)

<https://education.gov.scot/Documents/PreparingYoungPeopleAspectReportFinal2.pdf>

Aithisg bhuaidh churraicealaim Litearrachd is Beurla 3-18 (Giblean 2015)

<https://education.gov.scot/improvement/Documents/lit18-3to18-Curr-Review-Lit- and-Eng.pdf>

Aithisg bhuaidh churraicealaim theicneòlasan 3-18: A' togail sòisealtas - eòlas na h-òigridh air agus builean anns na teicneòlasan (Màrt 2015)

<https://education.gov.scot/improvement/Pages/tec8-technologies-impact-report.aspx>

Aithisg gearr-chunntas obair-làraich nan àrd-sgoiltean

<https://education.gov.scot/improvement/Documents/frwk12-secondary-school-fieldwork-summary2015.pdf>

Foillseachaidhean 2014

A' cumail taic ri luchd-ionnsachaidh a bhith soirbheachail: Aithisg thaobhach air sgàth Comhairle Maoineachaidh na h-Alba air solar sheirbheisean a tha air an libhrigeadh le colaistean na h-Alba gus taic a chumail ri luchd-ionnsachaidh a bhith soirbheachail nan cuid ionnsachaidh (Dàmhair 2014)

<https://education.gov.scot/Documents/Supportinglearnerstosucceed.pdf>

Coimpiutaireachd is meadhanan didseatach: Aithisg thaobhach, stèidhte air cuspair, air solar ann an Colaistean na h-Alba air sgàth Comhairle Maoineachaidh na h-Alba (Sultain 2014)

<https://education.gov.scot/Documents/ComputingDigitalMediaAspectReport.pdf>

A' làn-mheudachadh soirbheachas luchd-ionnsachaidh ann an colaistean na h-Alba: Aithisg thaobhach thèamatach air solar ann an Colaistean na h-Alba air sgàth Comhairle Maoineachaidh na h-Alba (Sultain 2014)

<https://education.gov.scot/Documents/MaxisingLearnerSuccess.pdf>

Ath-nuadhachail (Lùthas): Aithisg thaobhach, stèidhte air cuspair, air solar ann an Colaistean na h-Alba air sgàth Comhairle Maoineachaidh na h-Alba (Sultain 2014)

<https://education.gov.scot/Documents/RenewablesReport260914.pdf>

Beurla do luchd-labhairt chànanan eile ann an colaistean na h-Alba: Aithisg thaobhach, stèidhte air cuspair, air solar ann an colaistean na h-Alba air sgàth Comhairle Maoineachaidh na h-Alba (Ògmhios 2014)

<https://education.gov.scot/Documents/ESOLScotlandsColleges.pdf>

Gnothachas, manaidsearachd is rianachd: Aithisg thaobhach, stèidhte air cuspair, air solar ann an colaistean na h-Alba air sgàth Comhairle Maoineachaidh na h-Alba (Ògmhios 2014)

https://education.gov.scot/Documents/BMA_AspectReport300614.pdf

A' dèanamh Ciall: Foghlam do chloinn is òigridh le doille-fhaclan ann an Alba (Cèitean 2014)

<https://education.gov.scot/improvement/inc37making-sense>

A' freagairt air feumalachdan luchd-ionnsachaidh is fhasaidhearan tro bhith a' planadh gu h-èifeachdach, pròiseasan tagraidh is cead a-steach ann an colaistean na h-Alba: Aithisg thaobhach air solar ann an colaistean na h-Alba air sgàth Comhairle Maoineachaidh na h-Alba (Gearran 2014)

<https://education.gov.scot/Documents/MeetingtheNeeds280214.pdf>

Aithisg bhuidh churraicealaim Foghlam Creideimh is Moraltachd 3-18 (Gearran 2014)

<https://education.gov.scot/improvement/Documents/rme30CurriculumImpactReviewRME.pdf>

Foillseachaidhean 2013

Lèirmheas buaidh churraicealaim cruthachalachd thar ionnsachaidh (Sultain 2013)

https://education.gov.scot/improvement/Documents/Creativity/CRE1_WhatAreCreativitySkills/Creativity3to18.pdf

Lèirmheas buaidh churraicealaim eòlas sòisealta 3-18: ùrachadh 2013 (Sultain 2013)

<https://education.gov.scot/improvement/Documents/SocialStudies3to182013Update.pdf>

Lèirmheas buaidh churraicealaim Na Saidheansan 3-18: ùrachadh 2013 (Sultain 2013)

https://education.gov.scot/improvement/Documents/Sciences/SCI14_SciencesCurriculumImpact/sciences-3-to-18-2013-update.pdf

Slàinte is sunnd: lèirmheas buaidh churraicealaim 3-18 (Sultain 2013)

<https://education.gov.scot/improvement/Documents/hwb14-impact-report.pdf>

Colaistean agus planadh coimhearsnachd: A' làn-mheudachadh mar a chuireas colaistean na h-Alba ri leasachadh de bhuilean airson luchd-ionnsachaidh tro phlanadh coimhearsnachd, ann an co-theacsa sgìreil - Aithisg thaobhach, stèidhte air tèama, air solar ann an Colaistean na h-Alba air sgàth Comhairle Maoineachaidh na h-Alba (Cèitean 2013)

<https://education.gov.scot/Documents/CollegesCommunityPlanning.pdf>

Foillseachaidhean 2012

A' dèanamh an diofair: A' bhuidh aig teisteanasan luchd-obrach air ionnsachadh cloinne sna bliadhnaichean tràth (Samhain 2012)

<https://education.gov.scot/improvement/Documents/elc39MakingTheDifference.pdf>

Gabhail a-steach eòlaichean an taobh a-muigh ann am foghlam sgoile (Samhain 2012)

<https://education.gov.scot/Documents/Involvementofexternalexpertsinschooleducation.pdf>

Foghlam Alba

Taigh Denholm
Almondvale Business Park
Almondvale Way
Baile Dhùn Lèibhe EH54 6GA

T +44 (0)141 282 5000

E enquiries@educationscotland.gov.uk

www.education.gov.scot

© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin, 2017

Faodaidh sibh am fiosrachadh seo ath-chleachdadh (ach na dealbhan is suaicheantasan) saor an-asgaidh ann an cruth no meadhan, fo chumhaichean a' Chead Riaghaltais Fhosgailte san tuigse gu bheil ga ath-chleachdadh gu ceart agus nach ann an co-theacsa a dh'fhaodadh a bhith mealltach. Feumar aideachadh gur ann le Foghlam Alba a tha dlighe-sgrìobhaidh an stutha agus feumar tiotal na sgrìobhainne a bhith air ainmeachadh.

Airson sùil a thoirt air a' chead seo, rachaibh gu

<http://www.nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence> no cuiribh post-d gu:
psi@nationalarchives.gsi.gov.uk

Nuair a tha sinn air fiosrachadh fo dhlige-sgrìobhaidh aig feadhainn eile ainmeachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bhon fheadhainn leis a bheil an dlighe-sgrìobhaidh ud.